



X Blair 122

LIST OF GAELIC BOOKS

And Works on the Highlands

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 & 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation
or for private circulation.

DICTIONARIES AND GRAMMARS.

		s.	d.
M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dic-	tionary, with Grammar, 12mo, cloth,	9	0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, cloth,	10	6
MacPherson's Practical Lessons in Gaelic for the use of English-speaking students,	1	0	
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	1	0	
Reading Book for the Use of Students of the Gaelic Class,	3	6	
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, cloth,	3	6	
Gaelic First Book, 18mo, 2d. : Second do., ...	0	4	
Gaelic Third and Fourth Book, each	0	6	
Gaelic Texts (New Code),	0	6	

GAELIC SONG BOOKS AND HIGHLAND MUSIC.

Athole Collection of Dance Music, etc., 2 vols., <i>folio</i> ,	42	0
Celtic Lyre Gaelic Songs, with English transla-		
tions, and music in both notations, pts. 1 & 2,	0	6
Gaelic Song Book, "The Highland Minstrel," ...	1	0
Killin Collection of Gaelic Songs, with English translation, and music in both notations, <i>folio</i> , cloth, 12s. 6d. ; <i>extra gilt edges</i> , ...	15	0
M'Intyre's Songs, with an English translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," ...	2	0
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, ...	2	6
Mackellar's (Mrs M.) Gaelic and English Songs,	3	6
Macleod's (Neil) Poems and Songs,	3	6
Macpherson's "An Duanaire," a New Collection of Songs, etc., <i>never before published</i> , cloth,	2	0

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

		<i>s. d.</i>
Munro's Selection of Gaelic Songs,	...	0 4
... Am Filidh, do., with music,	...	1 0
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 6
Songs of the Gael, music in both notations,	...	0 6
Sacred Songs of the Gael, do.	...	0 6
<hr/>		
Alleine's Alarm to the Unconverted,	...	1 6
An T-Oranaiche, by Sinclair, 8vo, <i>cloth</i> ,	...	10 6
Assurance of Salvation, 18mo, <i>sewed</i> ,	...	0 6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, <i>sewed</i> ,	...	0 1
Beuton, S. Dioghlumeann, 'S Na H-Achaibh,	...	1 6
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	3
... God's Way of Peace, <i>cloth</i> ,	1 0
Buchan's Apples of Gold, 18mo, <i>sewed</i> ,	...	0 3
Buchannan (Dugald) of Rannoch's Life and Con-		
version, with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> ,	...	0 3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	2 0
... World to Come, or, Visions from Hell, <i>cl.</i> ,	1	6
... Pilgrim's Progress (<i>three parts</i>), <i>cloth</i> ,	...	2 6
... Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	2 0
... Water of Life, <i>cloth</i> ,	...	1 0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	2 0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 0
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	...	0 2
Celtic Magazine, Monthly,	...	0 6
Clark's (Mrs) Three Gaelic Poems, with English		
translation by Kennedy,	...	0 6
Clarsach Na Coille; a Collection of Gaelic Poetry,	3	6
Confession of Faith, fcaps. 8vo, <i>cloth</i> ,	...	2 6
Dewar's (Rev. Dr) Gaelic Sermons, 8vo,	...	0 4
Doctrine and Manner of the Church of Rome,	...	0 3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> ,	...	3 0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	2 6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 6
Edward's (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> ,	...	0 2
Gael (The), a Gaelic Magazine, bound in cloth,		
for 1876 and 1877, in English and Gaelic, <i>each</i>	3	6
Gaelic Song Book, the Highland Minstrel,	...	1 0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	...	1 6

J. S. Murray
Jan 1881

EACHDRAIDH IOSEIPH,

MHIC IACOIB.

EADAR-THEANGAICHTE GU GAILIG

LE P. MACPHARLAIN.

AN TREAS CLÒDH-BHUALADH, AIR A LEASACHADH.

EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.

LORIMER AND GILLIES, PRINTERS, CLYDE STREET, EDINBURGH.

EACHDRAIDH IOSEIPH.

A' CHEUD EARRANN.

'S ANN mu dheireadh an fhogharaidh, an uair a bha sochairean an Fhreasdail air an cuairt-eachadh a stigh gu tearuinte, a bha 'm priomh-athair Iacob, a' co'chainnt r'a theaghlach le eachdraidh a bheatha fein a thoirt dhoibh, agus eachdraidh 'athair Isaac, agus Abrahaim a shean-athair. Eachdraidh a bha co làn de naigh-eachdaibh drùighteach, air an cur an céill gu h-innealta seòlta, air uairibh a' brosnuchadh dheur, agus an àm eile fiambah a ghàire, air an luchd-éisdeachd. Rinn e am barrachd drùghaidh air Ioseph na rinn e air càch, a thug fainear de gach earrann do'n t-seanachas : bha Benjamin beag mar an ceudna, le gluasad cridhe a bhràithre, le beachdachadh air an gnùis, a' co'mhothachadh le'n smuaintibh. Bha Ioseph, caomh-oighre Rachel ghràdhaich, air a ghlacadh le iognadh ri éisdeachd ri eachdraidh 'athar urram-aich, am feedh a bha na deòir gu frasach a' sruthadh o shùilibh. An uair a bha e na aonar, cha b' urra dha gun bhi cnuasachd mu ghliocas agus mu mhaitheas De, ann an roghnachadh Iacoib air thoiseach air Esau, ged a bha rùn air Isaac atharrach' a dheanamh. Thuirt e ris fein, 's e na aonar, "Aineolach 's mar tha mi, òg agus gun fhiosrachadh mu dhiadhachd no mu chealg-

aireachd an t-saoghail, chi mi eadar-dhealachadh mòr eadar m'athair agus bràthair m' athar, Esau. Cha robh am barrachd mùghaidh eadar molaichead Esau agus luimead m' athar, an uair a chaidh an laimhseachadh le m' shean-athair geur-chuiseach, na bha eadar an dà inntinn. Agus cò rinn am mùghadh sin, no idir a b' urrainn a dheanamh ach Dia, a thug dhoibh am beatha, 's a dhealbh iad san aon-bhroinn ? Tha mi toirt buidheachais duit, O Dhe ! gur h-ann do m' athair Iacob a tha 'n gealladh." 'S tric a smuaintich e le tlachd agus toilinntinn air gach fiosrachadh cairdeil a fhuair am priomh-athair o'n Uile-chumhachdach aig Betel agus Peniel. "O !" thuirt e, " gu'm biodh an Dia ceudna, Dia m' athar, maille rium, ceart mar bha e maille ris-san ! Gu'n robh an Dia so na Dhia dhomhsa ann an tir nam beò 'gam stiùradh agus a bhi na chuibhrionn domh am feasd."

Mar so a' beachd-smuainteachadh air gach caochladh a thug am Freasdal air 'athair, agus a' guidhe gu dùrachdach arson gràis chum giùlan 'athar a leantuinn, thuit e na shuain, agus chaidil e ann an sìth agus 'an sàmchair. Air dha bhi na chadal, bhruadair e, agus feuch ! bha e fein agus a bhràithrean uile còmhla air magh a bha dlù do laimh, ag oibreachadh gu dian, a' buain agus a' ceangal ; agus an sguab mu dheireadh a cheangail e, ni a chuir mòr iognadh air, sheas i suas nam meadhon, mar uachdaran ; agus rinn sguaban a bhràithrean uile ùmhachd dhi, mar iochdarain dheònach. Neo-eòlach air mi-run no air farmad, agus am barail gu'n robh a bhràithrean co saor uapa 's a bha e fein,

dh'innis e gu neo-sgàthach dhoibh a bhruadar : ach mo thruaighe ! bhrosnuich an spéis shon-raicht' a bh'aig 'athair dha, suas anna miosguinn agus droch-rùn nan cridheachaibh. Dh'éisd iad ris le ro-aire, agus dhrùigh e orra ; ach cha b' urra dhoibh a chleth nan gnùis an ni a thàrmaich nan cridhe. Dh'fhiorsaich esan, mar òganach a bha ullamh gu foghlum, ciod bu chiall da leithid de dh'aisling ? Ach chuir iad sgàile air am barail, agus le mì-thlachd thionndaidh iad air falbh uaithe, ag rádh ris nach b'aithne dhoibh a bheag mu 'n chùis. Ach cha luaithe dhealaich e riu, na chuir iad an comhairle r'a chéile, mu thimchioll na h-aislinge. Labhair Iudah air tùs, "Mo bhràithre," thuirt e, "Ge b'e co neo-chiontach agus neo-smointeachail a dh' aithris e am bruadar, tha ann am bheachdsa, am barrachd ann seach barail na h-inntinn : agus mar 'eil mi meallta am bharail, tha e cur air a manadh àrd-urram ann am pearsa Ioseiph, no gu'm bi uachdararanachd aig a shliochd air cloinn 'athar. "Air mo shon fein," arsa Simeon, "tha mi meas an iomlain mar thoradh bhi déigheil air urram ; tha sibh fiosrach gu bheil e air 'àrach suas le àrd bharail uime fein, le ro dheòthas 'athar mu 'dhéibhinn. A chionn gu bheil 'athair co toigheach uime, cò aig a 'bheil fhios nach e tha na bhruadar innleachd chum e fein a dheanamh ni's ionmhuinne le'athair, chum sinne a sgaradh a mach o bheannachd ar n-athar, mar rinn e fein air Esau bràth-air ar n-athar ? No ma bhruadair e 'n aisling a dh' aithris e dhuinn san àm, nach 'eil e leòir shoilleir gur ann a chionn gu bheil 'inntinn soc-

raighte air a bhi riaghladh ?” Fhreagair Reuben a bhràthair Simeon air a mhodh so ; “ Cha ’n eil barrachd spéis ar n-athar do Ioseph idir r’ a mholadh, oir ma mheasar gu’n còmhnuich bràithrean ann an sìth maille r’ a chéile, ’s éiginn doibh a bhi co’ionann ; ma ni athair leth-bhreith air aon seach a chéile, togaidh e mòran aimhreite. Gidheadh ’s còir dhuinn ceartas a dheanamh ris a’ ghile ; tha e ro àillidh na phearsa ; feudaidh sibh maise a mbathar fhaicinn air, maille ri foghainteachd ar n-athar ; tha a ghnè co suairce, co taitneach agus co ghaol-thàirngeach ; na deanamaid, matà, gearan neo-stéigheil air ar n-athair, ged a bheir e am barrachd gràidh d’ar bràthair. Chuireadh ar n-athair air thoiseach air bràthair bu shine, uime sin tha’an gealladh a’teachd oirnne ; na dìteamaid, mata, an t-oganach gus am faic sinn ciod a’s deònach le Dia a dheanamh ris.

Air an dòigh so cho’riasanach mic Iacoib r’ a chéile, am feadh a bha Belphegor, aingeal malluichte, aig an robh fuath gamhlach agus mi-run gun tomhas do’n chinne-daoine, agus gu sònruichte do chloinn a gheallaidh, air pilltinn o thurus gràineil dlù air Ierusalem, air teachd am fagus ag itealaich san adhar os an ceann, chum gu’n tuigeadh e ciod m’ an robh iad a co’chainnt, chum dochair a dheanamh dhoibh. Chunnaic e ’m buaireas san robh Simeon, agus chuir e roimhe gu’m meudaicheadh e a mhiosguinn. ‘Se ’n ni a bha’n aire an droch spioraid, Simeon a bhrosnuchadh gu Ioseph a chur gu bàs mar rinn e air cloinn Shechem roimhe so ; ni nam faigheadh e a thoirt air a deanamh, a fhreagrachd

d'a antoileadh mhalluichte air ioma doigh; bheireadh e am priomh-athair le bròn sios do'n uaigh; thàirngeadh e mi-chliu buan air an t-sliochd thaghta; agus dh'fheudadh e Dia cothromach a bhrosnuchadh gu'm fiosrachadh le breitheanas uamhasach. Chum so a dheananmh chuir e roimhe a mhealladh le bruadar; 's a chum na criche so, thàr e dh' ionnsuidh a bhùtha, agus an uair a thuig e gu'n robh e trom na chadal, shèid e dorchadas duaichnidh air a cheudfaithibh uile. Air leis gu'm fac e Ioseph air righ-chaithir, e fein agus a bhràithrean a' sleuchdadh sios da. ag asluchadh cobhair o 'laimh; agus an ùine ghearr thuig e gu'n robh e ceangailte fo chuibh-reach, am fianuis a bhràithre, agus air a thilgeadh am priosan; air leis gu'm fac' e gu'n robh a ghineil fein nan seirbhisich do shliochd Ioseiph. Gu'n robh cliù Ioseiph air 'àrdachadh chum nan nèamhaibh, agus nach robh a chuid eile de chloinn 'athar air an ainmeachadh ach air mhodh neo-mheasail, agus gu sònruichte e fein, le gràin. Osbarr chunnaic e gu'n robh iarmad Ioseiph a' buntainn gu cruaidh an-iochdmhor ri gineil a bhràithrean. 'S amhuil mar sin a mheall àrdnamhaid 'anma e le bruadar a dheachdadh dha o ifrinn. Mhosgail Simeon sa' mhadainn, agus chaidh e mu thimchioll a ghnothaiche saoghalta, le cùram a ghabhail da' threud; ach bha gruaim thosdach air a ghnùis, agus cha d' innis e fhathast a chion fàth.

'San àm cheudna dh' fhàs Ioseph 'an àirde, 'an deadh-ghean 'athar, agus 'an eagal De. 'An ùine ghearr chunnaic e aisling eile, air cho'bhrigh ris a bhruadar roimhe. Air leis gu'n robh e

air magh taitneach, còmhdaichte leis gach feur bu nòsaire agus gach blàth bu mhaisiche; gu'n robh an leòghann agus am mangan nan garaidh-ibh uaigheach; cha robh iad an dian-thòir air an creich le ulfhartaich ghràineil, agus cha robh ach binn-fhuaim na spréidhe r'a chluinntinn. An uair a bha e dol air aghaidh, fo ioghnadh ri maise naduir, agus a 'toirt aoraidh do 'n àrd Chruthai'ear, chunnaic e gluasad neo-chumanta sna neoil; leum a' ghrian, a' ghealach, agus aon-reul-deug a nuas, agus rinn iad umhlachd dha. Air an latha, an dèigh na h-iobairt fheasg-air, an uair a bha teaghlaich Iacoib cruinn aig an suipeir, mar bha gnà an àma; gu neo-chiontach neo-lochdach, dh' innis Ioseph a bhruadar nan làthair uile. Dh'éisd 'athair ris gu furachair, ach mheas e iomchuidh a bharail mu'n aisling a ghleidheadh aige fein, air eagal gu'n dùisgeadh e farmad bràithrean Ioseiph; agus thug e achmhasan beag dha, ag ràdh, "An d'thig mise agus do mhàthair agus do bhràithrean a shleuchda 'sios dhuitse?" Ghabh am bruadar agus a bhrigh greim air inntinn a phriomh-athar; agus ged a thug e beum do Ioseph, smaointich e air a chùis na chridhe, gur ann os àird a bha e, a' cur gniomh mòr éiginn air a mhanadh.

Bha chùis air atharrachadh aig bràithrean Ioseiph: thug an aisling so am bruadar roimhe gu'n cuimhne, agus air leo gu'n robh iad ionnas cheana fo dhaorsa aig am bràthair. Mheudaich am bruadar so am farmad, agus chuir e maoim orra; gu h-àraidh 'nuair a dh'aithris Simeon a bhruadar fein doibh, ni a cheil e gus a so. Air leo gur gnothach cinnteach a bh'ann, agus nach

robh ach aon doigh air a bhacadh ; agus gu'm b'e sin, (uamhasach ri labhairt) crioch obann a chur air a bheatha ; mar nach biodh cheana fuil gu leòir air an lamhaibh ciontach. B'iongantach gu'm biodh aithriche nan daoine taghta a' cathachadh an aghaidh Dhe, agus a' cur an aghaidh a thoil' a chur an gniomh ! Cia do-lorgachaidh ! slighean an Uile-chumhachdaich ! agus do-rannsachaidh a bhreitheanas !

Dh'imich iad an sin a dh'ionaltradh an treud, air thùs do Shechem, far nach b'fhada gus an d' ith iad suas am feur, 's an sin chaidh iad do Dhotan, far an robh saibhireachd feòir agus fasgadh d'an cuid spréidh. Air bheag 'suim d'an athair cha d'innis iad da gu'n deachaidh iad air imrich ; co dhiubh is ann a thachair so o chion-smuainteachaidh, no o rùn gu'm faigh-eadh iad cur as do Ioseph, cha'n fhois domh ; ach lion an dol air astar inntinn an athar le iomaguin ; air an aobhar sin chuir e Ioseph air an tòir a dh'fhiorsrachadh m'an leas. Air dhoibh Dotan a ruigheachd, chuir iad an comhairle ri chéile mar chuireadh iad an aghaidh àrdachadh am bràthar, air an d'amhairc iad a nis le fuath, agus chuir a chuidh bu phailte dhiubh rompa a chur gu bàs. Mar so bha'm peacadh anabh-arrach an-trom le smaointeach' air am bràthair a mharbhadh ; agus b'e crioch an comhairle, gu'n dòirteadh na bràithrean fuil am bràthar, agus sin gun uiread agus coire r'a chur as a leth.

Chuir an athair Ioseph a dh'fhaicinn cionnas a bha a bhràithrean, ni bu deòin leis a dheanamh. Chaidh e air tùs do Shechem, far an robh fiuthair aig' am faighinn, ach an ionad tachairt

riusan 's ann a thachair coigreach air, neach 'nuair a chunnaic e òganach dreachmhòr air iomrall san fhearrann a thainig am fagus, agus thuirt e ris mar a leanas : "A fhleasgaich, m'as math mo bheachd, is coigreach san àite so thu, air seacharan an tòir air cuspair eiginn ; is ann a mhuinntir na tire mise, agus m'as miann leat e bheir mi dhuit gach fiosrachadh a tha 'm chomas. 'Si toil De nach bi sinn mi-thlusail ri coigrich, ach gu'n dean sinn dhoibh gach math a dh'fheudas sinn. Dhrùigh deadh thairgs' an duine air Ioseph, agus thuirt e gu macanta ris, "A charaid, oir 's amhuil a tha do chainnt a' cur an céill 's ann a tha mi'n so san àm ag iarraidh mo bhràithre, bu chòir a bhi dlù do'n àite so ag ionaltradh an treuda, bithidh mi gu mòr a'd' chomain ma dh'innseas tu domh c'ait' a'bheil iad." "M'as iad deichnear mhac Israel a tha dh'eashbuidh ort," a' deir an coigreach, "'s urrainn mis innse dhuit cion a chaidh iad, oir bha mis' air ghnothach aca o chionn thri làithean ; 's an uair a thuig iad gu'n d'fhas an t-ionaltradh lòm le'n treudaibh lionmhòr, chuala mi iad ag ràdh gu'n rachadh iad do Dhotan, far an robh am pailteas feòir.

"M'as bràthair thusa do na daoine foghaint-each sin, guidheam ort gabh tàmh maille riums' an nochd, agus anns a' mhadainn imichidh tu d'an ionnsuidh ann an sìth." Leis mar bha ciaradh an fheasgair ann, ghabh e ri cuireadh caoimhneil a' choigrich, agus ghabh e mu thàmh ann am bùth a Chanàanaich. Air dha dol a chadal thainig a bhruadair na bheachd, agus bha mòr thoil aige ; gu'm biodh fios aige air am brìgh ; ach

an uair a thuit e na chadal chunnaic e aisling do ghnè eile. Air leis gu'n robh e air seachran an tìr aineoil fo dhubhar na h-oidhche; cha robh grian, gealach no reultan ri fhaicinn. Air dha bhi gu h-airneulach trom ag imeachd gun fhios aige c'ait' a bha e dol. Cha robh e 'cluinntinn a bheag ach raoiceil fhiadh-bhéistean, ag iarraidh an cobhartaich. B'e beucaich an leòghainn agus ulfhartaich na comhachaige bu cheòl cluaise dha. Thuit e gun fhios da ann an slochd domhain, am measg nathraigheibh millteach, agus uilebheistean eile; agus leis an leagadh chaidh a chòta ioma-dathach a reubadh as a chéile, agus bha e air barr pris os a cheann. Mun gann a rainig e iochdar an t-sluichd dh'iadh dà nathair mu thimchioll a chas, ni a chuir eagal mòr air, a thug air dùsgadh, agus bha aiteas air nach robh ann ach bruadar. Theagamh gur h-ann a ghabh spiorad eiginn bàigheil nèamhaidh, a chuala mì-run a bhràithrean, an doigh so air rabhadh a thoirt da air a chunnart, chum gu'n seachnad e an cuilbheartan. Ach cha robh droch amharus ann an cridhe neo-chiontach Ioseiph. Mheasadh e na choire mhòr gu'n cuireadh e an caoimhneas 'an teagamh. Nam biodh ionracas agus tréibhdhireas a'buadhachadh co mòr anns a' chuid eile do d' mhacaibh, O Iacoib ! 's mor an cràdh-cridhe a sheachnad tu, agus rachadh tu gu siochail sàmhach sios do'n uaigh.

Bha mùghadh mòr eadar iadsan agus Ioseph, oir cha luaithe chunnaic iad e tighinn fad' as, na chuir iad rompa a mhilleadh, agus le aon ghniomh nàrach mi-chiatach gu'n cuireadh iad bacadh air an àrdachadh ris an robh dùil aca bha fiughair

aige. "Tha e tighinn, a'deir Lebhi le r̄ucas mòr, a réir ar rùin; feuch tha 'n t-aislingeach' a' teachd." "Tha, a deir Simeon, agus a bhràithre, 'se so an t-àm gu chur gu bàs, agus faiceamaid ciod a dhiongas a bhruadair dha. Cha'n ann mar sin a bhitheas, arsa Reuben; an e gu'm bi sinne aig a' bheil an uchdmhacachd agus an co'cheangal, sinne aig a' bheil an gealladh, ciontach de fhuil ar bràthar? An e gu'n dean sinne! d'an d'àithneadh làmha naomh a thogail suas, agus iobairtean fiorghlan iobradh do Dhia, ar n-anama a thruailleadh le fuil neo-chiontach ar bràthar? Cuimhnichibh, mo bhràithre, gu'n d'éigh fuil Abeil o'n talamh ris an Tighearna, d'am buin dioghaltas; agus nach brosnaich fuil Ioseiph fearg an Uile-chumhachdaich? Agus co theid as 'nuair a ni Dia dioghaltach tòrachd? Ma tha'n t-anabharra spéis aig ar n-athair dha, ciod an comas a th'aige-san air? 'S éiginn d'a naimhde fein 'fhiachalachd 'aideachadh. Ma tha 'bhruadair a' cur air a mhanadh a bhi na dhuine mòr, nach feud Ioseph a bhi cumhachdach gun sinne bhi 'n ar tràillibh dha? An cuir sinne ar bràthair gu bàs arson breislich fhaoin na h-inntinn? Cò is urrainn bruadair a sheachnad? Ged a dh'fheudamaid déigh air àrdachadh a chur as a leth, nach gabhadh òige agus cion fiosrachaидh a leth-sgeul? Dheanadh am barrachd eòlais, agus an tuille co'roinn ri daoinibh agus nithibh, a theagastg dha nach robh an duine o thùs air 'òrduchadh gu bhi na thràill. Leigibh leis an t-seann duine ar n-athair tagradh as leth Ioseiph. Tha a bheatha ceangailte ann am beatha an leinibh. Agus an gabh sibh de dhànadas na

mharhas an t-athair le' mhac a chur gu bàs, agus gu'n lot sibh a chridhe le fuil Ioseiph? Cuimhnichibh air ar n-athair, mo bhràithre; faicibh e a' sile' nan deur os ceann a mhic bheubanaichte: air a chur gu bàs le gineil 'athar: air a mharbhadh leis na ceart daoine anns an robh 'earbsa. Deanadh eagal De, agus gràdh d'ar n-athair urramach, tagradh as leth an òganaich; agus na faiceamsa, guidheam oirbh, an t-olc a thig leis a ghniomh anacneasta sin, air Israel a tha co mòr fo chùram Dhe."

"An e so Reuben," a deir Lebhi le sgallais, "Reuben ceud-ghin Iacoib? An Reuben diadhaidh sin, a chaideh le anamianna gràineil suas chum leabaidh 'athar, 'sa thruaill i? C'ait 'an sin an robh t-eagal mu Dhia, do ghràdh agus t-urram do t' athair? An tusa ar comhairliche? Thusa nach b'urrainn bean t-athar a sheachnad, an e gu bheil thu air fàs cho cràbhach an ùine cho gearr? A' bheil thu nis cho cùramach mu bheatha t-athar, a chuir na h-uiread easurram air? Gu ma nàr leat do bheul 'fhosgladh, agus leig le deadh dhaoine cùis deadh-bheus a thagradh?" "Tha t-achmhasan sgaiteach, a bhràthair," a deir Reuben, "'ga m' chlaoi gu goirt. Tha mi 'g aideachadh gu bheil do chasad fior, agus cha n-eil olc mo pheacaidh an an-fhios domh. Chuir mi easurram air Dia, air m-athair, agus orm féin; agus dh'fhàg mi sgainnil ghránnnd' air mo shliochd gu bràth. Ach ge nach feudadh a choi'lion là tùrsach, agus oidhche neo-shocair a chuir mi seachad, a thoradh a' gniomh sgreataidh ud, mo lethsgeul a ghabhail ri Dia; dh'fheudadh e mo dhion o mhaoidheadh mo bhràithre. Creid

mi, a Lebhi, is leòir dhomh agartas mo choguis fein, agus cha chuir mi feum air do chòmhnhadh an-iochdmhor-sa. Gidheadh, 's fior na thubhairt thu, a bhràthair, agus cha ghabh mi gu h-olc e. Ach gun amharus 'se mo dhroch ghiùlan roimhe so is cionfàth air nach feud mi gabhail leibh sa għniomh mhalluichte so. Osbàrr, tha mo choguis ag innse dhomh gu bheil cionta ni's leòir na laidhe air m' anam cheana, gun tuill' a chur ris leis a' għniomh għrāineil sin a tha Simeon a' cur roimhe; agus gu'n robh mi a'm chionfàth air trioblaid gu leòir a chuir air m-athair caomh, ge nach aontaich mi gu mac a għrāidh a chur gu bäs, ni a bheireadh a cheann liath le bròn cràit-each sios do'n uaigh. 'S beag feum a th' aigesan aig a bheil peacadh adhaltrannais collaiddh air a choguis, air tuille chur ris le fuil neochiantach a dhörtadh. Uime sin cha n-eil e'n comas domh co'aontachadh le'dheanamh."

"Feudaidh an sgainneal għrāineil, le aidmheil fein, a tharruing Reuben air fein agus air a shliochd a sholtachadh ri bhi na thràill," a deir Simeon; "ach tha ar sliochd-ne saor, agus cha n-eil iad buailteach de dhaorsa. Air an aobhar sin ma għabbar mo chomhairle-sa cuirear Ioseph gu bäs; mar aontaich Reuben leis a' għniomh cuirear e fein gu bäs maille ris. C'arson a mħaireadh e beo gu cassaid a dheanamh oirnne r-ar n-athair? M'as toil leibh e bheirinn aon tairgse do Reuben; agus ma għabbas e leinn cha chuir sinn gu bäs e, ach mur gabb, cuirear as da fein agus do Ioseph còmh'la, oir cha chuir sinn e na chomas ar cionta-ne fħoillseachadh. Aontaicheadħ Reuben leinn Ioseph a chur gu'

bàs, no thigeadh e fo na mionnan a's cruidhe nach innis e oirnne. 'S ann a mhàin leis a so a dh'fheudas e a bheatha a chaomhnadh. Abair, a Reubein, an gabh thu ris a chumhadh?" "Leigibh leam a bhi gu m' chomhairle gus am màireach, agus an sin bheir mi freagradh dhuibh," a deir ceud-ghin Iacoib.

"Deònaichidh sinn fad aon uaire dhut, agus an sin bithidh fiuthair againn ri d'fhreagradh," a deir na bràithrean.

Mu'n àm so thainig Ioseph am fagus d'a bhràithribh, agus le fèith ghàire na ghnùis ri'm faicinn uile cruinn, thainig e dlù dhoibh a chur fàilt' orra, agus a dh'friosrachadh m'an slàinte. Ach 's grad an t-ioghnadh a bhual e, 'nuair, an ionad fàilt a chur air, gur h-ann a thionndaidh iad an cùl ris, le lasan feirg' air an gnùis. Rug iad air gu grad, agus spòn iad a chòta àluinn cadath dheth, agus chuir iad ceangal nan tri chaol air. Chlisg Reuben, agus ghlaodh e, "Stad air do laimh ach a mhàin gu ceann na h-uaire, an uair a gheall sibh, agus an sin bheir mi freagradh dhuibh." Dh'aontaich iad uile fuireach aon uair, agus gun tuille, m'an rachadh Ioseph a mhilleadh: agus le sealladh muladach a thug Reuben air a bhràthair fo chuibhreach, thuirt e "B'fhearr leam gu'n ceadaicheadh do dhleasdanas do d' athair, agus do ghaol do d' bhràithribh dhuit fuireach aig a bhaile, an àite tighinn a dh'fhaicinn nan daoine so a th'air thi do mhilleadh;" le so a ràdh, thàr e gu grad a leth-taobh chum smaointeachadh ciod am freagradh a bheireadh e dhoibh.

Air do'n bhràthair bu shine dol a leth-taobh,

agus Ioseph ann am meadhon a bhraithre, mar uan neo-lochdach am measg mhadadh-alluidh fuileachdach, labhair fear dhiubh ris air a' mhodh so : " Oganaich ghlòir-mhiannaich ! smaointich air do chor, an ceann uaire theid casg a chur air do dhéigh air àrdachadh ; cuiridh aon uair crioch air do bheatha, is éiginn duit a call arson ar saorsadh-ne. 'S éiginn duit dol gu bàs a dh'ain-deoin cò theireadh e." Fhreagair esan, " Nam bithinn fiosrach air 'ur mi-run, dh'fheudainn an cunnart a sheachnad ; ach thug mo dhleasdanas do m' athair, do m' bràithribh, agus do m' Dha gu ruige so mi ; ma thug Dia mi 'n so chum mo mhilleadh, 's còir dhomh, agus 's éiginn domh striochdad ; ach ma chi e iomchuidh chum gloir 'ainme mo chaomhnadh, tha e comasach air 'ur runsa do m' thaobh a chaochladh, mar philleas e na h-aibhnichean uisge ; no gu'n seòl e doigh air dol as o.'ur dioghaltas-se. Innisibh dhomh ciod an cron a rinn mi, leis an do thoill mi 'ur fuath ; ma chuir mi mi-thlachd oirbh, cha b' ann le m' fhios, agus is cruaidh neach a chur gu bàs arson coire nach robh àrach aig' air. Leigibh ris domh mo chionta, agus mar dean mi co'leas-achadh air a shon, an sin deanaibh dioghaltas orm. Ach tha mi 'g ar n-earalachadh an ainm Dhe, Dia Abrahaim, Isaaic, agus Iacoib, nach cuir sibh gu bàs mi gun mo dheuchainn. Ma rinn mi cron air a h-aon air bith agaibh, tha mi deònach air dioladh iocadh gu ruig a' chuid a's faide ; ma chuir mi corruiich oirbh, asluicheam maitheanas oirbh ; ach, O na gearraibh as mi an aois mhaoth m'òige m'an d'ràinig mi aois fear-achais !" " Rinn thu do dbochair oirnn, a deir

Simeon, ni nach urrainn duit dioladh a thoirt duinn. Ghoid thu uain teò-chridhe ar n-athar, ni nach 'eil thu comasach air 'aiseag dhuinn; dh'àrdaich thu thu fein le d' fhaoin bhruadair, mar gu'm bu tu ar triath no ar n-uachdaran; thug thu oirnn fein, air ar cloinn, seadh, agus air ar n-athair, ùmhachd a thoirt dhut; ach 's gearr gus am faic sinn ciod gus an d'thig t-fhearas-mòr. Cha mhair thu beo gu buaidh a thoirt air do bràithribh; ach gheibh thu bàs gu deimhin."

"Mo thruaighe! an éiginn domh dol gu bàs arson mo bhruadair! Cò agaibh aig a bheil cumhachd air a smaointibh am feadh a bhios e na shuain? Och, a Shimeoin! mo bhràthair, a Shimeoin, an robh comas agams air mo bhruadarainb? 'S beag a shaoil leam gu'n cuireadh iad mi-thlachd air a h-aon agaibh an uair a dh'aithris mi gu neo-chiontach 'nar n-éisdeachd iad. Cha'n 'eil ceannas air bith a dhi orm, tha mi'gam' mheas fein neo-airidh air bhi co'ionann ruibh-se, gu mòr ni 's lugha na sin ceannas a bhi agam oirbh. Ma tha tlachd aig m' athair dhiom 's ann as leth mo mhàthar a tha e, 's cha 'n ann air mo shon fein. Agus am feum mi dol gu bàs arson na spéis a th' aig m'athair dhomh? Smaointich, a ghaoil, a Shimeoin, nam bu tu a bhiodh a'm'ionad, am bu chaomh leat do chur gu bàs arson aon bhreislich air an smaointicheadh tu a'd' chadal; A bhi air do mhilleadh arson ni air nach robh comas agad air a bhacadh? Ma dh'-fheumas mi dol gu bàs arson aisling a tha cur suaimhneas agus mòrachd air a mhanadh, cead-aichibh dhomh aon a chunnaic mi'n raoir aithris; ma chuir a' cheud aon campar oirbh, feudaidh

bruadar na h-oidhche an raoir ur n-iochd a bhrosnachadh." Le cead fhaghail, dh'aithris e'n aisling a chunnaic e 'am bùth a' Chanàanaich, ris an d'éisd a bhràithrean le mòr fheirg; agus co luath 'sa sguir e, thuirt Simeon r'a bhràithribh, 'sa shùilean air lasadh le corruiich; "'S ann a tha 'm bruadar so na innleachd chuilbheartaich chum sgainnil bhuan a shocrachadh oirnne agus air ar sliochd. Is sinne, mo bhràithre, a tha air ar ciallachadh leis na nathraigheibh millteach gu —theagamh gur mi fein a th'air mo chiallachadh leis an nathair a chaighd na lùbaibh mu chasan, leis an do dhùisg e le' leithid de dh'eagal: ach c'arson a tha sinn a' ceadachadh dha tuille bòilich a dheanamh? Cuiridh aon bhuille de m' chlaidheamh na thosd am feasd e. A shiadaire shanntaich! cha dean thu tuille briodail." An so tharruing e 'chlaidheamh, agus thug e ionnsuidh air an òganach a bhualadh; ach ghlac Iudah na lamhaibh e, agus dh'éigh e "Stad, stad, a Shimeoin. Cuimhnich an gealladh a thug sinn do Reuben; fuirich ris an àm a chaighd a shocrachadh; agus faiceamaid ciod a' chomhairle gus an tig e."

"O Iudaih!" dh'éigh Ioseph, "a Iudaih mo bhràthair caomh; 's tus' esan a mholas do bhràithrean: Am faod dòchas a bhi agam gu'n dean thu eadar-ghuidhe as mo leth? Ciod nam biodh do mhic fein Er agus Onan a'm ionadsa? Nach biodh do thiom-chridhe air a mhosgladh suas air an son! Faic an cruaidhchas ann am airc-sa: ce'mhothaich àmhghar m' athar ann ad thrioblaid fein: buin gu fiughantach rium le m' shaoradh o laimh mo bhràithrean a th' air bàini a'm' aghaidh

gun chionfath. O Iudaih, gu ma h-ann ad chomain a bhios mi arson mo bheatha a chaomhnadh, agus gach sonas a mheallas mi. Agus sibhse, a Shimeoin agus a Lebhi ! Smaointichibh air a chiont a thàirngeas sibh oirbh fein le gniomh cho mhi-chneasta ! Feudaidh sibh dol as o pheanas o dhaoinibh, ach bithidh cinnteach nach d'théid sibh as o Dhia. Oir 's esan am Breitheimh, agus bheir e luigheachd an dara cuid sa bheatha so, no san ath-bheatha."

Mar so dh'asluich Ioseph beatha, a bha a nis air fàs suarrach le giùlan mi-thlùsail mic 'athar ; bha e na bu tìthicé gu'm biodh a bheatha air a caomhnadh chum nach tàirngeadh iad ciont ùr orra fein, seach aon eagal a bh'air air a shon fein, san àm, no idir an déigh laimhe. Chaidh Reuben a steach do dhoire dlù a thaosgadh a mach cràdh 'anama an làthair Dhe, agus a ghuidhe gu'm biodh e air a sheòladh anns a' ghnoothach chiogail-teach aingidh ud. Ciod a ni mi, a deir e ? Ma dh'aontaicheas mi, bheir mi am barrachd ciont' air m' anam fein, le murt a chur ri col. Mar aontaich mi cuiridh iad bu bàs mi maille ris-san a chionn nach bi iad tèaruinte am feadh a bhios mise beo, ge b'e bòid leis an ceangail mi mi fein chum a chleth. Cuairtichte mar tha mi le uile, tha crionnachd 'ga m' sheòladh gus a' chuid is lugh a ghabhail, chum gu'n seachain mi a' chuid is mó. 'S feumail domh air gach aon chor oidh-eirp a thoirt air beatha a' ghille a chaomhnadh ; 's a chum sin a dheanamh 's éiginn domh co'aontachadh le chur gu bàs, agus theagamh gu'm buadhaich mi co mòr air a naimhdibh 's gu'm fág iad a chur gu bàs an earbsa rium fein. Bha e fo

eagal arson a bheatha fein co math 's arson beatha Ioseiph; bha e duilich arson a' bhròin a bha ullamh gu 'athair a bhualadh, agus arson na ciont a bha gu laidhe air a bhràithribh; ach bha e do ghnà a' cur roimhe gu'n tugadh e gach oidheirp air an òganach a shaoradh. Leis an run-shuidh-ichte so, phill e dh'ionnsuidh chàich, do thaobh coslais, gu fonn'ar misneachail, agus labhair e riu air an dòigh so. "A bhràithre, tha mi nis ullamh gu aontachadh le'r toil, agus gu làmh a bhi agam fein ann, air aon chumha bheag, agus 'se sin, an ionad'fhuil a dhórtadh, gu'n cuibhrich sinn anns an t-slochd ud thall e gus am bàsaich e." "Tha sinne deònach," ars' a bhràithrean, "ach e dh' fhaighinn a bhàis tha sinn coma cionnas. Agus leis a sin tha Reuben 'ga dheanamh fein co'ionann ruinne anns a' ghniomh. Thugaibh leibh e chum an t-sluchd, agus an sin deanadh a' ghrian, a' ghealach, agus na reultan, ùmhlachd dha."

Air ball dh'fhalbh iad leis, am feadh a bha esan le cridhe goirt ag ràdh riu gu'n coinnicheadh iad a cheile f hathast aig cathair-breith-eanais Righ nan Righ, far am faigheadh e ceartas a thoirt da.

Chaidh Ioseph a leige' sios do'n t-slochd; agus bha aiteas air Reuben an dòchas gu'm faigheadh e a liubhairt d'a athair an ath-oidhche gu slàn fallain; air dha fios a bhi aige gu'm biodh an seann duine fo mhór iomaguin arson mac a ghràidh. Do bhri gu'n robh e socraichte air so dh'fhàg e e, agus chaidh e do earrann eile de'n fhàsach mu thimchioll a ghnothaichean, le rùn tilleadh gun dàil. 'S an àm cheudna, cha robh ach am bàs aig Ioseph san amharc, agus 's gann

a bha déigh aig' air beatha; thog e suas 'anail ann an ùrnuigh dhùrachdaich ri Dia a shlàinte. "O Dhe!" ghlaodh e, "tha do làthaireachd a' lionadh gach ionaid, chi do shùilean, agus rannsaichidh do rosgan gniomhara agus cridheachan chloinn nan daoine; 's léir dhuitse gach ana-gnàthachadh a dh'fhuiling mi o m' bhràithribh. Cho fad 'sa tha' chùis air a socrachadh leatsa, tha mi deònach géilleadh dha, agus a dh'aideachadh gu bheil do ghiùlansa cothromach, oir thoill mi 'm bàs mile uair roimhe so. Ach a Thighearna tha aobhar mo bhràithrean ag eadar-dhealachadh uaitse co fad 'sa tha 'n àird-an-ear o'n aird-an-iar, oir 's ann a thaobh farmaid a dh'éirich iad suas a'm' aghaidh. Tha mi 'n so, a reir coslais, air m' iom-dhruideadh a stigh fa chomhair bàis. O mo Dhia! na rachadh m' fhuil a thagradh air mic m' athar. A Dhe lugh an aingidheachd. Agus O Thighearna cum suas m' athair aosda fo'n chruaidh dheuchainn-sa, a mhothaicheas e gu goirt arson a ghràidh dhomhsa. Dean còmhnnadh ris, O Dhe, agus thoir dha neart chum giùlan le mis' a bhi dh'easbhuidh air, mar a's iomchuidh do athair a' chinnich thaghta. Tha mis' an so, a Dhe nèimhe agus na talmhainn. 'S eiginn dhomh dol gu bàs mar d'théid thusa san eadraiginn. Ma tha thusa faicinn iomchuidh dhomh dol gu bàs, deònaich dhomh neart chum a ghiùlan gu misneachail, le strìochdadadh iriosal; ach, a Thighearna, m'as deònach leatsa beatha a tha co neo-luachmhor a chaomhnadh, tha na meadhona a'd laimh féin. Gnàthaich iad mar is fearr a fhreagras iad do d' ghlòir fein." An so ghabh e iongantas le boillsge anabarrach soluis a shoill

sich an slochd. Dealradh cho mòr 's gu'n robh e air a shlugadh suas le suaimhneas neamhaidh. 'Nuair a thraogh an t-soillse iongantach, air chor 's gu'n robh e comasach air amharc, sheas òig-fhear àillidh fa chomhair. Co luath 'sa nochd an t-aoidhe neamhaidh e fein, labhair e mar so ri mac Iacoib. "Chuir mo Dhia fein, agus do Dhia-sa, mis a'd' ionnsuidh a dh'innse dhuit gu bheil e mion-eòlach air gach trioblaid agus cruaidh-chas a tha thu 'fulang. Cha'n e a mhain gur léir do Iehobhah do thruaighe, ach tha mal-shluagh nèimhe uile fiosrach uime. Chrom iad a nuas a dh'fhaicinn a' ghniomh bhròin le mór eagal air do shon, gus an robh toil De do d thaobh air 'fhoillseachadh. Ach chuir so casg air an eagal, agus dh'aisig toil De sìth do mhòran. Is mise Abel an ceud fhear a chuireadh gu bàs. Thuit mise, a Ioseiph, le laimh mo bhràthar Cain, agus b'e là mo bhais là m' àrdachaидh. O! a Ioseiph, nam b' aithne dhuitse an sòlas a th' air 'ullachadh fa 'n comhair-san leis an ionmh-uinn an Tighearna, cha bu mhaith leat do bheatha bhi idir air a caomhnadh. Ach cha d'thainig t-àmsa fathast. Tha thu ri Israel 'àrach fo d' sgiathaibh. 'S fheudar dhuit bhi air do reic do'n Eiphit chum an deadh fhearrann sin a riaghlaidh, agus a sholar lòin do shliochd a' gheallaidh. 'S éigin duit falbh an diugh fein, oir tha Dia a' gnàthachadh eud do bhràithrean chum so a thoirt gu crìch. Amhàin cuimhnich an uair a bhios tu san Eiphit gu'm bi tu air do bhuaireadh, ach gléidh do ghnà a'd' bheachd gur e Dia nan Eabhruidheach a chuir ann thu. An sin cromaidh do bhràithre sìos duit. An sin chi

thu t-athair, agus an sin tuitidh Beniamin air do muineal, agus silidh e a dheòir bhràithreil. Na biodh cùram ort mu thrioblaid t-athar. Fàg e an taice r'a Dhia—ni e a chòmhnhadh. An uair a shoirbhicheas leat biodh deadh bharail agad air do bhrathair Reuben, 's ann a chuir e'n so thu chum gu'm faigheadh e do shaoradh, ach cha'n fhaic e tuille thu gus an coinnich sibh ann an cùirt Pharaoih. Fàgaidh mis thu, agus gu'n robh sìth do Dhe maille riut."

AN DARA EARRANN.

Bha Ioseph na shìne san t-slochd, gu tosdach smaointeachail an déigh do'n taisbein neamhaidh 'fhàgail, 'nuair a thainig Iudah chum beul an t-sluichd, agus ghairm e air Ioseph, air 'ainm, agus leig e sios taod, agus dh'àithn e dha a chur fo dhà achlais, an sin tharruing iad a nios e, agus thug iad e dh'ionnsuidh cuideachd mhòr de cheannaichean, a bha dol o Ghilead do'n Eiphit, le mirr, ioc, agus luibhean cùbhraidh. Air dha bhi earbsach a focal an teachdaire neamhaidh, thainig e nios as an t-slochd gun fhiamh gun sgàth, agus dh'aontaich e a bhi air a reic ri Albhah, ceannard na cuideachd, arson fichead bonn airgid. Thug eireachdas a phearsa agus meud a thoinisg air Albhah gu'n robh mòr mheas aig air Ioseph, agus thug e dha riaghladh a chàmhala, ris am fàg sinn e, am feadh a leanas sinn Reuben a chum an t-sluichd far an d'fhàg e Ioseph. Dh'éigh e, A Ioseph ! mo bhrathair, a

Ioseiph ! ach cha do fhreagair Ioseph ; ghlaodh e a' ris, ach cha chual e guth. Reub e 'aodach, agus spion e 'f halt, a' dol m'an cuairt air beul an t-sluichd leis a' chràdh anama bu mhò, ionnas a' miannachadh e fein a thilge 'sios ann chum am bàs fhaighinn maille ris. Fadheòidh, an uair a sgithich e e fein gun fheum air bith, chuimhnich e air an aisling mu dheireadh a chunnaic Ioseph, agus bha sgàth air gu'n deach' a coilionadh dir-each mar chunnaic e i. An sin smaointich e am feudadh mo bhràithre a chur gu bàs gu foilleil gun a charaid a bhi san làthair. O ! a bhràithre cealgach agus gràineil ! a dhaoine cruidh-chridh-each agus fuitteach ! a dhòirt fuil an neo-chiontaich an aghaidh dearbh chùmhnnanta. Air dha bhi mar so gun fhios aige ciod a theireadh na dheanadh e, smaointich e ann fein, gu'm b'fhearr dha ionnsuidh gharg a thoirt air a bràithribh agus a chlaidheamh a chur troimh chridhe gach fir aca fa leth, agus gu'n tuiteadh e fein maille riu. An ceart uair bha e leagta ri so a chur an gniomh, an ath-mhionaid, chuir an spairn ghoirt sam biodh 'athair os ceann a chloinne air an casgradh air an doigh mhuladaich ud, cràdh mòr air. An sin dh'éigh e, "O ! athair, athair, 's goirt a chaidh mo mhealladh ! Shaoil mi gu'm biodh e 'am chomas caileiginn de dhìoladh a dheanamh arson na corruiich a chuir mi roimhe ort, le mac do ghràidh a shaoradh o laimh a bhraithre, agus a liubhairt duit gu saor slàn. Ach mo thruaighe ! tha mi air mo mhealladh ! Tha Ioseph caillte ! gu tur cailtte ! Is goirt a drùigheas e air m' athair gaolach 'nuair a chluinneas e nach 'eil Ioseph a làthair. O mo Ioseph !

'S deònach a dhìolainn t-fhuil air do luchd-casgraidh. Ach mo thruaighe ! tha call a h-aon ni's leòir r'a fhulang do athair caomh. Is goirt a chràidheadh e a chridhe am pronnadh a dheanainn, nan tugainn comas do m' cheart chorruich. Ach O m' athair, m'athair ! air do shonsa caomhnaidh mi mo bheatha fein agus am beatha-sa, agus fàgaidh mi dioghaltas an laimh Dhé." Le so a ràdh, chaidh e suas chum a bhràithre, le mulad agus fearg soilleir na ghnùis.

A chealgairean, c'ài't a'bheil an gille ? C'àite 'bheil Ioseph ? Nach b'urrainn duibh fuireach uaithe car aon oidhche, chum gu'm biodh aig an fhleasgach mhi-fhortanach cothrom air athchuinge chur suas ri Dia ? Ach mo thruaighe ! dh'fhalbh e ! agus mise, cion a theicheas mi ? Cionnus a fhreagras mi do m' athair arson an sgaraidh bhrònaich so ? Nach goirt an cràdh a mhothaicheas an duine math 'nuair a chluinneas e nach maireann Ioseph ! O athair ! O Ioseiph, mo Ioseph cridhe !" Le so a ràdh, bhruchd e mach le bras-shile dheur a' ruidh sios air a ghruaidh mar uisge soilleir o'n charraig ailbhinn. 'S cinnteach nach robh deòir ceatharnaich riamh ni bu chiataiche na rinn Reuben san àm-sa ! Bha cràdh-cridhe Reubein co anabarrach, 's gu'n do thaislich cridhe a bhràithre ; mhothaich Simeon fein caileiginn coltach ri agartas coguis car ùine ghearr. Bha balbh thosd air am feadh uile.

As an t-sàmhchair so labhair Iudah **ri** Reuben, "A bhràthair, cuir casg air do bhròn, faigheadh do chiall buaidh air t-fheirg, agus èisd gu ciùin ris na dh'innseas mise dhuit. Tha nis dearbh chinnt agam gu'n deach sinn am mearachd leis

na rinn sinn, ach tha Ioseph fhathast beo." Ghrad fhreagair Reuben, " Ma tha e beo, leigear dhomh 'fhaicinn chum gu'm bi fois agam." " Mo thruaighe !" a deir Iudah, " ged a tha e beo, cha n-eil e'n comas domh a leige dhuit 'fhaicinn. Oir chomhairlich mise, eadhon mise, air ghaol a ghleidheadh beo, gu'n rachadh a reic ri cuideachd de cheannichean Midianach, a thainig an rathad 'nuair a bha thus' air falbh. Thachair so, agus cha ghabh e leasachadh, no rachadh a dheanamh. Agus tha nis am barrachd cinnt agam gu'm mair e beo, a dh'fhaicinn a' bhruadair a teachd gu crìch, agus gu'n sleuchd a bhràithre sios da. Tha, mo bhràithre, oir 's ceart a thainig bruadar na h-oidhche 'n raoir gu crìch, oir feudar gu fir-inneach a ràdh, gu'n do thuit e ann an slochd feadh nathraichean, eadhon ann an tigh 'athar. Tha mi faireachdainn ni-eiginn an taobh a stigh dhiom ag innse dhomh, gu'n dean an Dia sin a bheir breth chothromach, peanas ormsa le bàs mo chloinne fein, arson gu'n d'aontaich mi gu Ioseph 'eadar-sgarachdainn o 'athair agus a bhràithribh. O nam biodh e gun deanamh, agus gu'm biodh cothrom againn air a thoirt a ris a dh'ionnsuidh 'athar."

Dh'aontaich iad uile leis na thuirt Iudah, ach Simeon a mhàin. Thuirt e, "gur e na bha cur duilichinn air, gu'n do leig iad as e, gu chuir na chomas ceannas a bhi aig' orra. 'Nuair bha e againn, b'amaideach dhuinn a chur fa sgaoil. A deir càch, " Cha b'àill leinn air an t-saoghal m'an iadh a ghrian gu'm biodh a' chùis mar b'aill leat, a Shimeoin." Ach leum Reuben mar dhealanach, agus ghrad mhilleadh e Simeon, mar d'thug-

adh Naphtali an aire do'n fheirg a bha 'g at ann an aodann Reubein arson cainnt Shimeoin, agus leum e gu h-obann agus rug e air laimh air Reuben, agus ghuidh e air sgàth Iacoib 'athar gu'n caisgeadh e 'fhearg. Air dhoibh a nis fàs ciùin, chuir iad an comhairle ri cheile cionnas a gheibheadh iad a rìs am bràthair caillte. Chord iad gu'n cuireadh iad teachdairean uapa gu moch sa' mhadainn gu dol an deigh nan Ismaeleach, agus an luach a thug Albhah arson Ioseiph a thoirt dà air ais, agus nam b'àill leis a bharrachd chum a leigeadh air ais. 'Nuair a shocruich iad air so, ghabh iad mu thàmh gach fear na bhùth fein. Cha d'rinn Reuben ach laidhe sios, 'nuair a dhealraich glòir m'a thimchioll, agus ghairm guth neamhaidh air air aimm, "a Reuben, a Reuben, a cheud-ghin Israeil, éisd ri m' bhriathraibh, agus thoir aire do m' chainnt. Tha thu ri bròn arson Ioseiph, agus ni h-ann gun chion-fàth, le aobhar 'fhograidh a thoirt fainear. Ach tuig so, gu bheil cùram àraidh aig a Dhia dheth, a tha maille ris ge b'e taobh a théid e, 'sa bheir air gach ni a ni e soirbheachadh. Gheibh e caraid, athair agus bràithrean ann an tìr choigrich, far an gabh e tàmh gu tèaruinte, gus an tig a bhràithre, gun fhios doibh, agus gu'n dean iad ùmhachd dha leis an irioslachd is mò. Gheibh thu fhathast e, a Reuben, ann ad ghlacaibh. Agus aithnichidh na h-uile dhaoine e mar oid'-altruim an t-sliochd thaghta. Ach san àm cheudna, thoir an ro aire ort fein, a Reuben, leis a' chùis a chleth air t-athair, air eagal gu'n dean buaireas do bhràithrean do ghearradh as roi'n àm; oir tha cuid diubh eòlach air fuil a dhòrtadh, agus cha sòr iad àr dhaoine.

Gabh mo chomhairle agus bithidh gach ni gu math.

Mu bhrise na fàire dh'fhalbh iadsan a chaidh air tòir nam Midianach chum Ioseph a thoirt air 'ais, ach dh'fhartlaich orra breith orra, agus phill iad air an ais gu sgith airsneulach gu Dotan. Bha gach neach dubhach arson mar thachair; bha Simeon fein deacair nach d'fhuair iad e; 'se Reuben bu lugha iomaguin diubh, ni a chuir ioghnadh air na bràithribh uile, a chionn gu'm fac iad e ionnas air bàini beagan roimhe sin. Ach 's ann a thuirt e, Leigeamaid dhinn a bhi cumhadh Ioseiph. Tha'n t-òganach cràbhach air cùram a Dhe, nach tréig am feasd am feumach na airc. Smaointicheamaid air dòigh-eiginn a chumas suas misneach ar n-athar fo'n trioblaid, a tha ullamh gu tuiteam air a cheann urramach. O Iacoib! a sheann duine fhiachail, is goirt le m' chridhe do chor. Thig tuil-bheum bròin ort 'an ùine ghearr. Ach tha'n gealladh agad, agus cha tréig do Dia thu. Gu'n robh e da rìreadh am fagas duit."

"O'n a tha chùis mar so," a deir Aser, "air leam gur h-iomchuidh dhuinn meann no uan a mharbhadh, chum gu'n tùm sinn còta cadath Ioseiph anns an fhuil an déigh dhuinn a reubadh, agus gu'n cuir sinn e dh'ionsuidh ar n-athar, agus is dual da a shaoilsinn gu'n do chuir leòghann, no uilebheist eiginn eile as da, agus cha bhi amharus aig' oirnne. 'S éiginn duinn an fhìrinn 'aideachadh, no an gniomh a chleth le ceilg. Ma dh'aidicreas sinn e bheir sinn mal-luchd ar n-athar oirnn, agus le a chleth feudaidh sinn a ghràdh a mhealtainn: ged tha fios aig Dia gur beag a thoill sinn e."

Chaidh comhairl' Aseir a ghrad ghabhail, agus shònraig iad gum b' iad Simeon agus Lebhi a rachadh leis a chòta dh'ionnsuidh Iacoib; cha b'urra do chàch bròn an athar 'fhaicinn. Nach daimheil aon chionta do pheacadh eile? Cha 'n 'eil seòil aig mic Iacoib air an droch-dheanadas 'fhalach, ach le breugan agus le ceilg. "Se ar beatha a chlann, 'se ar beatha a Shimeoin agus a Lebhi," a deir an caomh phriomh athair, "cionnas a tha' chuid eile de m' chloinn, agus cia mar tha Ioseph?" A deir iadsan, "Tha ar bràithrean uile gu math, ach arson Ioseph cha 'n fhaca sinn idir e." "Cha'n fhaca sibh idir e!" a deir esan, "'se so an cùigeadh là o 'n chuir mi air falbh e gu 'r faicinn, agus a dh'fhiosrachadh mu 'r slàinte. Gu'n deònaicheadh Dia nach 'eil cion-fath air m' eagal. O gun cluinneam nach d'thainig sgiorradh air mo leanabh!" "Tha dòchas againn nach d'thàinig," a deir iad, "ach cha 'n 'eil sinn fein saor o eagal uime, a chionn nach 'eil e aig an tigh. An uair a bha sinn a' teachd tre'n fhàsach, fhuair sinn còta cosmhuil ri fall-uing ar bràthar, ach aithnichibh sibh fein ni's fearr e 'nuair a chi sibh e. 'Se so an còta fhuair sinne, agus faicibh an e no nach e còta ur mic a th' ann.'" *Mo chreach! 's e gun amharus còta mo mhic a th' ann.* *Gun ag tha Ioseph air a reubadh as a chéile,* a deir e; agus an fhuil a' sioladh as a ghnùis, thuit e an riochd mairbh, agus bha e ùine mhòr m'am b'urrainn iad a thoirt as an neul. Ghlac maoim an teagh-lach, leum Benjamin agus na h-igheanan gu' chòmhnaidh, agus rinn iad iolach chruaidh, ag éigheach, O ar n-athair! ar n-athair! Tha ar

deadh athair a' dol eug. Bha Dinah san sgath-leumnaich air feadh a' bhùth, a' spionadh a fuilt anns an iomaguin bu mhò, ag éigheach, *O m' athair, m' athair, b' fhearr gur mis' a rachadh eug a' d' ionad.* Ciod a nis a ni do nighean, do *Dhinah gun charaid?* Na h-eas-urram d'a càirdibh; air a' tionndadh a mach air feadh saoghal an-iochdmhor, a dh'easbhuidh dòn a h-athar. A *Dhinah bhochd!* B' fhearr nach d' rugadh riamh thu! Mo mhalluchd air mac Hamoir. Gu ma h-olc dhàsan o ni uaill a òigh a thruailleadh. Bha aon de na boirionnaich a' suathadh a chas agus a leth-cheanna gus an d'thainig e g'a ionnsuidh fein. Air dha osna throm a tharruing, le sealladh fiadhaich, thuirt e' C' àit a bheil mi? Ciod a's ciall de'n ùinich so, a nigheana? C' arson a chuir sibh dragh orm? Tha mi nis air mosgladh as a' chadal bu shocraiche san robh mi riamh. C' àite 'bheil mo Dhinah? Innis domh ciod a dh'f hairich thu, 's mise t-athair, a Dhinah; thig dlù dhomh a rùin 's gu'm pòg mi thu. Abair ri Ioseph e' thighinn gu grad, 's math leam 'fhaicinn. Mo thruaighe! bhuin mi nise ri m' léir-chreach. Cha 'n 'eil Ioseph ann! Chaidh a reubadh as a cheile. Thoir a chòta làn fala a' m' ionnsuidh. B'e sin a Bheniamin, còta do bhràthar Ioseph. Cha chaith e tuille e. Tharruing cuid de na fiadh-bheathaichean, leis am bu beòin le Dia daoine peacach fhiosrachadh, as a cheile e, agus dh'ith iad suas e. O mo Ioseph! a Ioseiph! Bheirinn mo bheatha mìle uair chum do shaoradh o 'n bhàs. Ach tha thus', a mhic air triall! o thàrr an t-soluis agus leanaidh mis' thu an àine ghearr do thàrr an dorchadais. Tha mi teachd a

mhic. Leanaidh mi thu, thig mi suas riut san tìr chéin. Greas ort a bhàis, dean obair ghearr dheth; tha fadal orm aon uair eile mo mhac iadhadh a'm' ghlacaibh aosda. Ach mo Dhinah, mo nìonag bhochd, nam feudainn dhùraiginн fuireach fathast beo, a lùghdachadh do bhròn. Ach tha mi faghail a' bhàis: cha chomasach dhomh bhi fada beo an déigh mo Ioseiph." Thug Beniamin gràdhach, Dinah, agus na peathraighean eile gach oidheirp a b' urrainn iad air sòlas a thoirt do 'n t-seann phriomh-athair arson a challdaich ghoirt. Ach bu diomhain an oidheirp. Dhiùlt e co'-fhurtachd a ghabhail, ag ràdh, *Ni h-eadh ach theid mi eug maille ri m' mhac.* Thug Sunah bean Iudaih, Tamar bean Shimeoin, agus Silah bean Naphtali oidheirp air lionmhoireachd a shliochd a chur fa chomhair. An aon-mhac-deug a bha làthair, an gineil, agus fiuthair ri móran tuille. Ach fhreagair an duine còir, *Cha'n iad sin mo Joseph,* agus thuit e thairis ann an greis eile de bhròn cràiteach. Mar so bha e ri tuireadh o là gu là arson a mhic, agus cha robh e'n innleachd a chuid cloinne co'fhurtachd a thoirt da.

Tharruing Ioseph agus a' chuideachd dlù air Memphis, baile-mòr na h-Eiphit, far an robh na ceannaichean a los am bathar a reic. Agus fhuair Albhah, an t-Ismaelach mar an ceudna margadh arson Ioseiph. Mhothaich Albhah na h-uiread de theòmachd Ioseiph mu thimchioll a gnothaichean, agus bha e co ciatach mu 'dhiadhachd agus mu 'dheadh thuigse, 's gu'm bu deòin leis a ghleidheadh mar sheirbhiseach, nam biodh Ioseph toileach fuireach maille ris: ach a

chionn gu'n robh e fiosrach air a chor, leig e gu saorsa a thoile fein e.

Air an fheasgar an déigh dhoibh teachd do Mhemphis, ghairm e Ioseph d'a ionnsuidh, agus labhair e ris air an doigh so. "Oganaich, tha fios gur ann a thaobh farmaid a chaidh do sgaradh o thigh t-athar, agus do reic riumsa. On thainig thu fo m' churamsa, thaitinn do chainnt agus do ghiulan rium. M'as deòin leat fuireach maille rium, buinidh mi riut mar charaid 's cha'n ann mar sheirbhiseach; oir, a Ioseiph, 's ionmhuiinn leam thu, mar gu'm bu tu mo mhac fein. Ach theagamh gur coma leat dol air t'ais do'n tir sa bheil do bhràithrean an-iocdhdmhor a chòmhnuidh, agus mar tha mis' aineolach ciod a tha 'n rùn Dhé a dheanamh riut, bheir mi dhuit do roghainn, pilleadh leamsa, na fuireach san Eiphit. Ach m' as annsa leat tuineachadh san Eiphit, 's fheudar dhuit a bhi air do reic, a Ioseiph. Air do reic, a charaid, ged a tha mì deadh chreidsinn gu'n robh thu air do bhreth chum riaghlaadh." Fhreagair Ioseph gu modhail e, "Albhah urramaich, mo charaid, m' athair, ceadaich dhomh na h-ainmean cairdeil sin a ràdh riut; cha'n urra' dhomh gu leòir de mheas a bhi agam air maitheas De, a sholair dhomh ann an coigreach an càirdeas a dhiultadh dhomh ann an tigh mo bhràithre. B' an-iochd na fhuair mi uapa-san, ach 's fior chàirdeas, mo mhaighstir ionmhuiinn, a bhuilich thus' orm. B'e mo mhiann a bhi maille riutsa, ach fhuair mi rabhadh diomhair o theachdaire néamhaidh beagan m'an do reiceadh riutsa mi, a chuir mar fhiachaibh orm, o'n is deòin leatsa e, fuireach a'm' thràill

san Eipnuit. Cha mhath leam an teachdaireachd a fhuair mi 'innse fhathast; ach thig an t-àm, a mhaighstir urramaich, 's an innis mi dhuit gu saor aobhar mo chur air fògradh. An sin chi thu nach e lughad mo mheas ort is cionfàth air mi dh'fhàgail do sheirbhis ro taitneich. Earalaicheam ort oidheirp a thoirt air mo reic co math's ged bu mhi do mhac fein, agus leig leam a bhi a' d' chomaine arson mo dheadh thuiteamais, ma bhios mi co fortanach an tir choigrich. Mar so ceanglaidh tu riut fein mi gu bràth, agus ni 's tairise dhuit na dh'fhaodainn a bhi le mi a bhi air thuarasdal agad."

"Ni mise sin, a Ioseiph, a deir an deadh Ismaelach, "Bheir mi 'n aire gu'm builich mi thu co math 's a dh'fheudas mi. Ni mi àite athar dhuit san àm so. Ach 'nuair a dh'àrdaichear thu, mar a ni Dia, eadhon Dia Abrahim chum na h-inbhe is àirde, na di-chuimhnich do charaid. Cuimhnich air Albhah bochd, agus air mo sgàth-sa, buin gu caoimhneil ri m' shliochd, ma thig iad am feasd a' d' fhreasdal. 'Ardaichidh mi do luach, mo charaid, co mòr's a dh'fheudas mi, ach cha ghleidh mise peighinn deth, oir bhuanach mi gu math le d' shaothair cheana." "Mo mhaighstir ionmuinn," a deir Ioseph, "is fear-malairt thusa, agus 's ann o d' bhuanachd a tha do theachd-an-tìr, c'ar son a thilgeadh tu a bheag dheth air falbh air coigreach bochd neo-airidh?" "Tha mi 'g innse dhuit a Ioseiph," a' deir e, "gu bheil an t Uile-chumhachdach na charaid duit, agus cha leig do Dhia le Albhah bochd a bhi'n call arson aon chaoimhneas beag a dheòn-aicheas mise dhuit. Bi toilicht' a Ioseiph; agus

dean deas fa chomhair a mhargaидh mu mheadh-on-là am màireach ; agus gabb am beagan air-gid so chum éideadh snasmhor a chur umad ; agus ni mise gach ni as urra dhomh chum do leas." Le so a ràdh dh'fhalbh e, agus cha robh cothrom aig Ioseph air freagradh a thoirt. Dhrùigh an fhialachd so co mòr air Ioseph 's gu'n do bhris a ghal air, a' toirt moladh do Dhia a thog suas da, mar g'am b'ann athair eile ann am pearsa Albhah. "O thus', a Dhe naomha," dh'éigh e, " Tha nis mothachadh agam air t-uile-làthaireachd, agus air do fhreasdal càirdeil mu ghnothaichean dhaoine. Tha mi moladh do ghliocais agus fo ioghna le d' mhaitheas dhomhsa, a tha neo-airidh air an earrann is lugha de d' thròcair ; deònaich O Dhe gu'n d'thoir thu gu crich na thionnsgain thu air, agus soirbhich le oidheirpean onorach Albhah shuairce as mo leth-sa ; agus soirbhich leam, agus bi maille rium, Athair agus a Charaid, anns an dùthaich so far a' bheil mi a'm' choigreach, agus 's ann duitse bhios glòir an iomlain. Amen.

Thainig an t-àm 's am b'éiginn do Ioseph e fein a nochdadadh sa mhargadh. Thainig e ann an trusg-an eireachdail, a chuir àilleachd a phearsa an céill gu ciatach. Cha luaithe thainig e fein agus a mhaighstir chum na féille, na bha Potiphar, ard-cheannard ainmeil ann am feachd na h-Eiph-it, a' dol seachad, 's a thug e sùil air, no ghabh, e tlachd dheth. Nach goirt an gnothach, thuirt e ris fein, g'um biodh neach cho eireachdail na choslas, air a chur a'm port reicidh fo mheach-uinn gach spioaire leibidich ? Ma shaoras air-giod e o thràilleachd ni mi e ; agus measaidh mi

mi féin sona gu'n robh cothrom agam air an neach a's maisiche chunnaic mi riamh a shaoradh, *Ciod e luach an fhleasgaich so, a charaid?*

"Ma reicear e," a deir Albhah, "'s e ceud gu leth bonn airgid is luach dha; ach cha reic mi è mur bi fios agam co ris, agus ciod an càramh a gheibh e. Oir is deòin, agus cha'n éiginn, a tha 'ga chumail, 'san Eiphit." "'Se m' ainmse, Photiphar, ars e, "tha mi ann an càil-eiginn de mheas 'san rioghachd, agus gu tric dlù air pearsa an righ." "Mata a dhuin' uasail, 's leat an t-òganach air an luach is àill leat; agus tha dòchas agam gu'm meas thu e mar neach a b'airidh air gnàthachadh a b'fhearr, a dh'éirich o ghamhlas, agus o fhamrad a bhràithribh. Tha e 'm chomas a mholadh dhuit mar neach ionraic, deadh-bheusach dileas agus diadhaidh. "'S leams e. A bheil thu deònach dol leam?" *Tha mise toileach a bhi 'm òglach iriosal dileas duit, ma's deòin leat fein e. So dhuitse a cheannaiche do chuid airgid.* "Aon ni a b'àill leam a ràdh m'an dùin sinn an co'-cheangal, agus 's e sin, leis mar tha mi ri malairt do'n àite so, gu'n asluichinn ort gu'm faicinn air uairibh mo charaid Ioseph, oir 'se mo charaid e, ged a tha comas agam a reic san àm." Gu ma fada o Photiphar an t-òganach is caomh leis a chumail air ais o chàirdibh. 'Se do bheatha gach àm do charaid òg agus àillidh fhaicinn."

Chaidh Ioseph a shocrachadh ann an teaghlaich Photiphar, an déigh do Albhah a cho'éigneachadh chum an ceud gu leth bonn airgid, arson an do reiceadh e, a ghabhail; agus gabh e cead teò-chridheach dheth rè seal. Cha robh e fada

san teaghlaich 'nuair a dhearbh e bhi dileas, tairis, ni a choisinn meas da o'n teaghlaich uile.

Bha Potiphar o cheann ghoirid air pòsadh baintighearna mhaiseach á teaghlaich urramach, d' am b' ainm Sabrina, a shònraich an righ fein da. Chum am barrachd greadhnachais a bhi aig pòsadh a' cheannaird ainmeil so, dh'òrduich an righ là seilge ann am fàsach Arabia, far an d' aontaich e fein a bhi' làthair maille ri Potiphar agus Sabrina. Cha b' fhada thog iad an fhaothaid an uair a dhùisg iad leòghann anabarrach alluidh fiadhaich, aig an robh cuileanan na gharaidh, a thug a choslas air an duine bu chruadalaiche fuireach air 'ais. Bha 'n uile-bheist ag amharc gu tàireil stràiceil orra, le 'shùilean a' lasadh na cheann, agus ùrla làn greann agus gurt, gus an do thuig e gu'n robh na gaothair ro lionmhòr air a shon, an sin ghabh e'n ruaig, agus dh'oidheirpich e tearmunn a ghabhail ann an doire dlù goirid uaithe. Bha Sabrina air each luath Arabach; a bha eòlach air a bhi sa' bheinn-sheilg, a dh'fhàg na coin, 's a bha co luath ris a' ghaoith fein; ach chuir i i fein ann an cunnart anabarrach, ni a chuir oillt air na sealgairean uile, ach cha b'urrainn neach teachd suas rithe ach Ioseph na aonar. Bha esan a' fàlaireachd air steud-each luath meamnach a dh'fhuirich dlù d'a bhain-tighearna, agus bu mhath dh'ise gu'n d' fhuireach; oir air dh'i teachd dlù do'n doire, anns nach faigheadh an leòghann dol le dlùithead, thionndaidh e gu h-alluidh air a luchd-tòrachd. On a b'i Sabrina a b' fhaisge dha, cha 'n 'eil ag nach tuiteadh i

leis, mur grad leumadh Ioseph eadar i 'san cunnart. Bheuc an leoghann is raoichd ana-barrach, agus thug e ionnsuidh fhiadhaich air Sabrina, nach mor nach do thuit leis an eagal; am feadh a leum Ioseph bh'arr an eich, reub e'n leoghann sa mhuineal, agus chuir e a shleadh gu lär troimhe. Bha Potiphar a nis air teachd, agus le uamhas arson a chunnairt san robh a bhean, agus le ioghnadh ri misnich chruadalaich a sheirbhisich ùir agus ionmhuinn, cha b'urradh dha falal a labhairt gus an do thuit e air a muineal g'a pògadh, agus an sin air Ioseph, a brùchdadadh a mach le tuil aoibhneis agus thàing-ealachd. Thug e air ball a shaorsadh do dh'fhear-teasraiginn a mhnà, agus chuir e os ceann a theaghlaich e, far an do ghiùlain e e fein air gach dòigh mar aon a thug seirbhis, ni h-e a mhàin do dhuine, ach do Dhia. 'S ainmig a chi sinn luchd-riaghlaidh dhaoine mòra 'gan giùlan fein co iomchuidh. Bha Ioseph ro àillidh na phearsa, agus thug a ghaisge agus a chruadal 'an casgairt an leòghainn, air Sabrina tuiteam an trom-ghaol air, am feadh a bha esan neo-fhiosrach air, o dheadh-rùn, agus o onòir, a coilionadh a dhleasanais dh'ise agus d'a mhaighstir, ni ged a bha e fiachaicht' air a dheanamh, a chuidich r'a gaol a mheudachadh gu neocheadaichte. An uair a mhothaich sùil uile-léirsinneach an De shiorruidh, d'an léir gach aon ni, agus a tha fiosrach air ar smuainte diomhair, oibreachadh cridhe Shabrina, agus a' cur roimhe gu'n seachnad an t-òig-fhear àluinn am buaireadh a bha ri dol fa chomhair, dh'àithinn e do

Ghabriel teachd d'a ionnsuidh, agus sanus a thoirt da air a chunnart, ach gun innse dha co uaithe a bha 'm buaireadh ri tighinn. 'Umhal do 'n ghairm nèamhaidh, thainig an t-aingeal gun mhoille chum luchairt Photiphair, mu mheadhon oidhche. Shéid e 'anail chùbhraidh air an leabaidh, agus air ball dh'fhairich Ioseph gàir theas an deadh-bheus a' direadh suas ri nèamh. Bu bhlasda 'n clò-chodal 'nuair bha'n t-anam cràbhach an geall air sòlais de ghnè neo-bhàsmhor. Air dha bhi do ghnà cùramach mu ghnothaichibh a mhaighstir, air leis gu'n robh e mar so 'ga ghiùlan fein, 'nuair a chunnaic e làmh ag iadhadh lion òir mu thimchioll an àite san robh e na sheasamh, agus ghrad mhothaich e bhi air a ribeadh ann. Air leis gu'n robh an lion cho làidir 's nach fac e aon dòigh air dol as, 's cha mhò a b' urra dha innse c'arson a bha e mar so air a chuairteachadh. Mheas e gu'n robh e na phriosanach san lion òir so, agus chual e guth os àird, ag ràdh, "O Ioseph! a's taghta de chloinn Iacoib, cuimhnich Dia nan Eabhruidheach. Gabh greim air neart an Uile-chumhachdaich, agus cuiridh aon ionnsuidh għramil fa sgaoil thu." Le so a chluinntinn, thog Ioseph suas a chridhe ri Dia le ùrnuigh ghoirid so na h-inntinn. "O Dhe m' aithriche, Abrahaim, Isaaic, agus Iacoib, air a sgàth-san a bhruthas ceann na nathrach, 's a sgriosas riobadh an droch-spioraid, cuid-ich mi an aon uair so agus saor mi." An sin thug e ionnsuidh le uile neart, agus mhothaich e an lion a' brise co furasda sa dh'fhairich Samson, an deigh so, na cuird ùra leis an robh e air e

cheangal a' géilleadh. Dìreach 'nuair a thug e 'n oidheirp ud 'sa bha e as an rioba, mhosgail e, agus b'ait leis nach robh ann ach bruadar.

Bha Dia Ioseiph maille ris anns gach ni a rinn e. Thug e dha gliocas sònraicht' agus crionnachd ann an stiùradh a ghnothaichean, ionnas gu'n do shoirbhich leis gach ni a rinn e, a thug air a mhaighstir earbs' á ghliocas agus & 'onair le làn mhuinghinn; agus dh' earb e ris 'oighreachd gu h-iomlan a riaghladh. Saor o fharmad, mheal e am mòr shoirbheachadh so gun dubhachas air bith, ach na dh' éirich o bhi air fògradh o Iacob agus o Bheniamin. Bu shona do Shabrina, nam biodh a cridhe co saor o anamianna mi-laghail 's a bha cridhe Ioseiph. Ach mo thruaighe! thug i caidreamh deòthasach da h-ann-toil chlaon, gus an d'fhàs e tuille 's làidir air a son. Thug nàir' oirre a togradh mi gheimnidh a chleth rè ùine mhòir, gidheadh, a dh' aindeoин a dìchill bha e soilleir 'na gnùis. Bha a fear neo-amharusach, a' gnàthachadh gach ni a dh'fheudadh e chum a leigheas. Bha na lighicean a' cur gach ubag agus eòlas a bha nan ealadhain gu'n dùlan, chum feum a dheanamh dhi; bha gach culaidh-shùgraiddh agus àbhachdais a dh' fhaoïdt' a dhealbh air an gnàthachadh, chum a gruaim a thionndadh gu subhachas. Cha ghabbadh i toilinntinn ann an cleasachd air bith mar biodh Ioseph m'a thimchioll. B'e'n t-aon àm toilinntinn a bh' aice 'nuair a gheibheadh i esan a shuidhe leatha, agus eachdraidh a thoirt di m'an tir o'n d'thàinig e; ni leis an d'aontaich esan gu neo-smuaireanach.

M'an àm so thachair cùis a mheudaich gu

mòr a gaol. Chaidh Potiphar agus Sabrina air chuairt a dh'fhaicinn Ira, prionnsa de mhuinn-tir Libia, far an d'fhuairean iad aoidheachd fhial-laidh, car seachduin no dhà, ach an àm pilleadh dhachaidh thugadh ionnsuidh orra le creacha-dairibh a mhuinn-tir Arabia. An uair a chunnac-as an tùs iad, thuit Sabrina an riochd mairbh, ann an glacaibh a fir; agus cha mhòr nach d'thug i suas an deò. Cho luath ri eun air iteig leum Ioseiph as a charbad, agus leum e air muin eich a bha 'nan cuideachd, agus thug e prosnuchadh do na seirbhisich iad a bhi gu gaisgeil dileas d'am maighstir. Thug na h-Arabaich aghaidh ghramail orra; ach le eisimpleir agus earail Ioseiph chuir na h-Eiphitich an ruaig orra le h-àr mòr. Chuir Ioseph 'each g'a dhùlan, mharc-aich e suas ris an nàmhaid, agus le buille ga chlaidheamh, sgoilt e ga shùilean ceannard nan Arabach, agus maille ris-san mharbh e ioma fear dhiubh: lean òglaich Photiphair eisimpleir Ioseiph, agus chasgair iad leth nan creachadair-ean ud, am feadh a dh' iarr a chuid eile dhiubh iad fein a dhòn le teicheadh mar a b' fhearr a dh' fheudadh iad. Bha Sabrina a nis air teachd as a phreathal san robh i, ghrad chaidh Potiphar a chòmhnhadh a luchd-muinntir; ach m'an d'ràinig e, bha'n gnothach criochnaichte, agus chaidh an ruaig air an nàmhaid. Chunnaic Sabrina o'n charbad treubhantas agus gaisge Ioseiph, mar bha e 'sgathadh sios a naimhde, agus bha gach creuchd a bhuilich e orra, mar shrad-bheothachaidh d'a gràdh. Bha aiteas air Ioseph a chionn gu'n robh cothrom aige air am maitheas da a cho'dhioladh, le e fein a chur

thuige an àm an teinn agus an cruaidh-chais. Le modhalachd ghabh e ri taing Photiphair, a nochd mar an ceudna d'a bhaintighearn e mar a caraid agus a fear-saoraidh. Bha a chainnt r'a bhana-mhaighstir gu dleasdanach, taingeil, agus teò-chridheach; ni a thug oirre smaointeachadh gu'n robh e air a bhualadh le gaol co-ionann rithe fein, agus bha a rùn oirre, aig àm iomchuidh, gu'n aidicheadh i dhà e. Ach a ris chuir i roimpe gu'm feitheadh i beagan ni b' fhaide, dh' fheuchainnn an cuireadh e fein an céill e.

AN TREAS EARRANN.

BHA Sirena gle eòlach air cuil-bheartan nam ban, na ban-ionnsaiche do Shabrina an àm a h-òige, agus bha i nis aice mar bhean-fhrithealaidh. B'ise mhàin a bha fiosrach air a diùbhrais; a chionn gu'n robh cinnt' aice gu'n robh i ullamh gu 'cuideacha anns gach ni a mhiannaicheadh i. Ghabh i truas d'a cor, agus thug i misneach dh'i na h-anamianna mi-stuama, le cinnt a thoirt d'i, co fad 'sa b' urra dh'ise diomhaireachd cridhe an òganaich a thuig-sinn, gu'n robh e na thogradh coltach rithe fein. Bha e furasd' fhaicinn na shealladh agus na os-naich. Oir ged a shoirbhich gach ni le Ioseph, cha d'fheud e gun iomadh osna throm a tharruing a' cuimhneachadh air a bhraithrean ciontach, agus air bròn cràiteach 'athar, o'n robh e air 'fhògradh gun chionfàth. Gheall i gu'n d'thugadh i gach oidheirp chum a bana-mhaighstir a thoileachadh agus nach robh teagamh aice, le seòltachd a ghnàthachadh nach furaineadh i an t-òganach gu

aontachadh leatha. 'Nuair a bha e aon là na sheòmar, a' cur gnothaichean a mhaighstir an òrdugh, thainig Sirena a steach, agus 'nuair a dhruid i 'n dorus, labhair i mar so ris : "A Ioseiph, co air bith a bhios nan tàmh, cha bhi thus' ann. Tha gun ag ar maighstir sonadh do leithidse do sheirbhiseach a bhi aige. Cha'n ioghna leam idir gu 'bheil na h-uiread mheas aige fein agus aig ar bana-mhaighstir ort." "A deiream riut, a Shirena, nach 'eil mi deanamh a bheag ach mo dhleasdanas," arsa Joseph. "Tha aig mo mhaighstir urramach agus aig a chó-sheise, còir air mo sheirbheis a's fearr; agus bhithinn fada goirid air mo dhleasdanas do Dhia, dhoibhsan, agus dhomh fein, mar deanainn na dh'fheudainn chum an urram, am buannachd, agus an toil a chur air aghaidh." "Tha mi toilicht," a deir i, "gu bheil do bharail m'an chùis sin cosmhuil ri m' bharail fein. Agus tha fios agamsa, a Ioseiph 'gu bheil am barrachd spéis uaitse do d' bhana-mhaighstir dligheach, na theagamh air a bheil thusa fiosrach." "'S aithne dhomh," thuirt e, "gu bheil mo bhana-mhaighstir maiseach, agus deadh-bheusach, agus gu bheil i toilltinn mo mheas a's àirde, ni a bhios mi ullamh gu iocadh dh' i leis an tlachd is mò." "Tha i deadh-bheusach," a deir i, "ach leig dhomh innse dhuit a Ioseiph, nach 'eil àrach aic' air amharc ortsa le gaol agus carthannachd. 'Sann a dh' innis i dhomhs' e le éigin mhòir; agus feudaidh tus' an cothrom a ghabhail air a caoimhneas, ni nach deònaicheadh i do aon neach 'eil ach dhuitse; cha deònaicheadh eadhon do'n righ fein." Thuirt Joseph, "Tha mo mhaighstir

agus mo bhana-mhaighstir a' buileachadh na huiread chaoimhneis orm, air a' bheil mise neo-airidh; agus tha mi creidsinn gur math leo am barrachd a nochdad; ach bu chòir do'n neach a labhradh an aghaidh teisteachd mo bhana-mhaighstir a bhi a chaoidh na thosd." "Na bi cho cinnteach," ars ise, "tha mis' ag innse dhuit gu bheil i 'n gaol ort, agus gur fada leatha gus am bi cothrom aic' air 'innse dhut; ach chomhairlichinn dhuit an diùbhras a ghleidheadh dhuit fein, ach glac an cothrom air thu fein agus ise 'thoileachadh." An so thainig crioch air a seanachas; agus phill i chum a bhana-mhaighstir a bha le mi-fhaighidinn 'ga feitheamh.

Chuir Sirena an céill a seòltachd fein; dh' aithris i a' chainnt a bh' eadar i fein agus Ioseph air a' mhodh a b' fhearr air leatha a thaitneadh e ri toil a bana-mhaighstir; agus thuirt i gu'm b' ann o fhaicill, 's nach b' ann o chion toil, a ghabh e air gun a tuigsinn. Ach thuirt i a dh' aindeoin na dh' fhaod e a dheanamh g'a chleth, gu'm b' fhurasd a thuigsinn air gu'n robh e co trom an gaol oirre-se 's a bha ise air-san. An aon fhocal, a deir i, "'Sann eadaraibh fein a's éiginn do'n chùis a bhith, oir tha mi faicinn gu bheil e co faicilleach 's nach leig e fios do aon neach ach dhuit fein. Agus cha'n fheud mi coir' fhaotainn da, 'nuair a chi mi co mealltach 'sa tha chuid is mò de 'n t-sluagh. Tha fios agad nach 'eil e ach òg, 's nach 'eil e fhathast ach aineolach air caoimhneas ar leithid-ne; agus cò aig a bheil fios nach cum a làire air ais e o ghràdh aideachadh; a thuilleadh, theagamh gu'm bi

eagal air roi' d' dhiumb mar biodh tu co deònach 's a bhiodh e fein."

"O ! Shirena," fhreagair bean Photiphair, "'s éiginn duit a thuigsinn, gur cruaidh an gnothach do thé againne, far a' bheil a' chùis laghail, ar deòin 'aideachadh; ach gu mòr ni 's mò far am bheil an cuspair mi-cheadaichte, a chionn gu bheil e a' foillseachadh ar mi-chliu agus ar làire. Ach rachadh agam air mo ghràdh dha 'aideachadh, nan saoilinn gu'n aontaicheadh an t-òig-fhear stràiceil leam ; ach, O a Shirena ! ma dhiùltas e mi, tha mi caillte. Tha' phearsa eireachdail agus ionmhuiño, tha 'ghiùlan gu modhail suairce, agus 'inntinn saor agus neolochdach ; ach 's eagal leam gu bheil a dheadhbheus do-lùbaidh." "O a bhean uasal," a deir an t-seann bhan oileanaiche, "cha chomasach do dheadhbheus air bith cur an aghaidh do sgiamhachd-sa. Tuitidh e gu socharach leat, 'nuair a thuigeas e do ghràdh air."

A' gabhail misnich o na thuirt Sirena, chuir i roimpe gu'n cuireadh i làire agus banalas air cùl, agus gu'n deanadh i furan air Ioseph da h-ionnsuidh. Chum so a dheanamh, dh' òrduich i a carbad chum dol a mach, gun a fear aig a bhaile, agus gu'n rachadh Ioseph leatha. An uair a bha iad air an t-slighe, le rugha na haodann, agus ciocras na sùil, thuirt i, le fann-ghuth liotach a chuir an céill olcas a miann, "A Ioseiph, cha 'n urrainn duit a bhi neo-fhiosrach air mo thoil gu bhi a d' chuideachd, agus feudaidh mi innse dhuit, mar drùigh mo ghràdh ort, eadhon mo ghaol-sa, 's trom dhomh a' cheud là

a chunnaic mi t-aghaidh mhaiseach. Oir tha gaol agam ort a Ioseiph ; tha mo chiocras a 'toirt orm mo nàir a nochdadadh ; tha mo chliù an earbsa riut ; tha dòchas agam gu'm bi thu co uasal 's a's gnàth leat." Air dh' i so a ràdh chrom i a ceann air 'uchd, agus shil i na deòir gu frasach, a dh' oidheirpich i fholach, ach bu diomhain di. Fo ioghnadh ris an aidmheil fhollaisich so, bha e rè real m' am b'urra dha focal a ràdh.

An ùine ghearr, le caoineadh reachdmhor air a taobhsa, agus le tùirse cridhe air a thaobhsa, le cruaidh-spàирn eadar truailleachd agus deadhbheus, le guth fann bristeach thuirt e, "Bithidh do chliù do ghnà saor o alladh aig d' òglach neo-airidh, neach is e 'uaill a's mó a bhi dileas mu gach ni a dh' earbar ris. Ach m'an innis mi mo bharail mu'n chùis so, an toir do mhòrachd cead domh labhairt mu ni air am fiosraiche cloinn Sheim, no gineil Ham." An déigh dha cead fhaghail, le fiuthair gu'n saoradh e e fein o'n éiginn san robh e, agus gu'n oibricheadh e caochladh barail na bhana-mhaighstir, chaidh e air aghaidh mar so.

"Nuair a chruthaicheadh ar ceud-sinnsir, Adhamh agus Eubh, bha iad saor o gach claonthogradh chum uilc : cha robh aon smuain thruaillidh nan aigne. Mhair an t-sàmhchair shiochail so aca co fad 'sa ghléidh iad an neo-chiontas. Ach thuig iad o'm fiosrachadh goirt, gu'm be toradh a' pheacaidh gnà-eagal agus sìor bhuaireas. Bu deònach le 'r Cruthadair math-asach ceud-sinnsir a chinne-daonna a chur ann am pàrras, far an do shealbhaich iad earrach gun chaochladh, agus gach luibh thaitneach,

Is leatsa, Adhamh, na tha do shùil a' faicinn, agus na dh' fhàsas as an talamh, a deir an t-Uile-chumhachdach. Tha comas agad feum a dheanamh de uile thoradh na talmhainn. Tha mi toirmearsg aon chraobh dhuit, agus cha 'n 'eil ach aon chraobh, nach dean thu uiread agus bean-tainn rithe. Tha gun amharus a geugan, a' lùba' fo 'n mheas a tha taitneach do 'n t-sùil. 'Si so, Adhamh, a' chraobh thoirmisgte. 'S iad sin a meas, 'se 'm bàs duais 'itheadh. Bi, a dhuine, air t-fhaicill roimhe, na tig am fagus da, Adhamh, oir air an là a dh' itheas tu dheth gheibh thu gu cinnteach bàs. Bha Eubh, màthair a' chinne-daoine, mi-fhaicilleach, agus ann an droch uair bhuir an nàmhaid i gu itheadh de 'n mheas thoirmisgte, agus b' eagalach na bha na cho-lorg. A chionn gu'n d'ith i fein deth, thug i oidheirp air a fear a mhealladh, agus tharruing i esan leatha, an aghaidh solus a choguis. Le so a dheanamh ghlac uamhasan anabarrach an coguisean ciontach, agus cha b' fhios doibh cion a theicheadh iad chum am bàs a thoill iad a sheachnad. Thainig am feasgar, chaill an iarmailt a ciùineachd, na beathaichean an callda gnàthaichte, chaill na blàithean an deadh bholtrach, agus bha dreach nàduir air chaochladh coltais. 'San anmoch 'nuair a bha 'ghrian a' dol fodha san àird an iar, thainig an Cruthadair mòr fein a nuas do'n ghàradh, chum an toirt gu cunntas mu na rinn iad. B' uamhasach an caochladh. Cha 'n 'eil iad a nis comasach air seasamh mar b' àbhaist doibh le muinghinn agus dànachd cloinne 'na làthaireachd naomha; bu lugha na sin a bha

fadal orra arson teachd an aoidhe nèamhaidh mar bu ghnà leo : ach theich iad gu mi-chiatach o làthaireachd an Cruthadair, chum iad fein fhalach uaithe-san, a bha iad o chionn ghoirid a' meas mar am beannachadh bu mhò. Cha mhò thainig an t-Uile-chumhachdach e fein leis a chaoimhneas agus an ionmhuinneachd a b' àbhaist da, ach le corruiich air a ghnùis àghmhoir. Cha robh dlùths an doire comasach air am falach o shùil uile-léirsinnich an De shiorruidh a tha 'gan diteadh aig a' mhòd chothromach, ag éisdeachd r'an leth-sgeul bochd, agus a tha toirt na binne muladaich a mach. O sin cha 'n fheud aon neach beantainn ri meas toirmisgte gun pheanas. Tha thusa, mo bhana-mhaighstir, mar a chraobh thoirmisgte. Tha t-àilleachd soilleir do gach neach ; ach tha iad neo-chead-achte do gach duine, ach a mhàin do m' mhaighstir. 'S esan na aonar a dh' fheudas dlùthachadh riut gu laghail. 'S esan amhàin a dh' fheudas do shealbhachadh. Nan dèanainnse gu h-eacorach foill air mo mhaighstir, agus mi-chliu a thoirt air a chéilidh ghràdhdaich bhithinn a' m' shlaughtire, agus mi-dhleasnach do'n mhaighstir a' b' fhearr, agus a' m' cheannairceach an aghaidh Dia m' aithriche, air an cuirinn corruiich uamhasach ; agus bheireadh tusa fein do mhalluchd orm, 'nuair smaointicheadh tu gu ceart air, arson a' ghniomh ghràineil a dheanamh. Is caomh leam thusa mo bhana-mhaighstir urramaich agus dheanainn do dhion, agus ni h-e eas-urram a tharruing ort. Is toigh leam mo mhaighstir gràdhach, agus cha deanainn foill air. Is ionmhuinn leam Dia, agus cha chuirinn corruiich

air. Ceadaich dhomh, mata a bhean uasal, a ghuidhe ort gu'n cuir thu smachd air an-togradh neo-cheadaichte a mhilleas do mheas agus do shuaimhneas; ni ma bhuanaicheas tu ann a chlaoideas tu le agartas goirt coguis, agus bithidh tu buailteach do'n chunnart is mò."

"O Ioseiph!" a deir céile Photiphair, "is innleachdach an naidheachd a dhealbh thu, chum an t-urram thairgeadh dhuit a sheachnad. Is faoin na leth-sgeil a tha neònachas creidimh agus deadh bheus a' dùsga suas annad. Ciod an eucoir a bhiodh ann do d' mhaighstir. Is leis-san mi gach àm; ullamh a ghnà gu 'thoileachadh. Cha 'n ion duinne aon eagal a bhi oirnn, co fad 's a theid againn air a chleth. Tha mi a rìs ag innse dhuit, a ghaoil, a Ioseiph, gur toigh leam thu."

"A bhaintighearna," thuirt an t-Eabhrui'each tha agam ann an teaghlach m' athar, a thaobh m' aon pheathar, culaidh-brosnachaidh chum mo chumail air m' ais o neo-ghloine a chur an gniomh." Cluinneamaid e," a deir ise, "creididh mi gur faoin-sgeul eiginn diadhachd a th' ann a réir na dh' aithris thu roimhe."

"Is sgeula fior a th' ann, a tha bhi cuimhneachadh air a' togail mòran mulaid domh a mhaireas gu là mo chriche. Bha mo phiuthar, gu h-òg, eireachdail, deònach air tuille de'n tsaothal fhaicinn na chitheadh i an tigh a h-athar, agus a chaidh chum oighreachd coimhairsnaich, air àm san robh iad a' cumail cuirme shònruichte mar urram do dhée an tire. Am measg na mòr chuideachd a thainig cruinn, bha Sechem, prionnsa nan Hibheach, agus Tamar, a phiuthar. Bha

Dinah gu h-òg faoin, agus bha luchd-comhaid-eachd spleadhach aice de sheirbhisich m'athar, agus bha i fein gu riomhach na h-uidheam. Dh' amhairc Sechem gu miog-shuileach oirre, agus thuit e'n trom ghaol oirre, a' cur roimhe air gach cor a faighinn. Bha a phiuthair, Tamar òg agus maiseach, ach as eug'ais na banalachd sin a tha cur a cliù air boirionnaich. Thuit i ann an dlù eòlas air mo phiuthair Dinah, a bha neo-eòlach air coinneamhan leannanachd ; ghabh i cuireadh a dhol a dh' fhaicinn na bana-phrionnsa Tamar, do bhaile Shechein. Chaidh an là a bhuileachadh ann an fearas-chuideachd neo-lochd ach, ach a mhàin uair air 'n uair bha caileiginn ann a bha cosmhuil ri baoth-shùgradh. Mu chromadh na gréine bha Dinah toileach pilleadh dhachaidh, ach chaidh dàil a chur ann o àm gu am, leis a phrionnsa agus leis a bhana-phrionnsa, gus fa dheire gu'n do thuig i bhi air a mealladh, agus gu'n robh cionfàth aice aithreachas a ghabhail d'a céilidh agus ga toil gu muinntir na tire fhaicinn. Cha d'aom i le guidhe agus le briodal, ach thug e air èiginn i, chum géilleadh d'a anamianna mi gheamnuidh, agus chaidh rè seal a cumail na priosanach mar thoileachadh ris a' phrionnsa an taobh a stigh d'a lùchairt. Bha e ghnà an trom ghaol oirre, agus bha 'anam an geall air an òg-mhnaoi. Bha e co modhail, shuairce, agus co ionmhuinn na ghiùlan rithe, an deigh dha a truailleadh, 's nach mòr nach d'thug i maitheanas da, agus bha càileiginn de ghaol aic' air. Bha a ghràdh's a' fàs ni bu treise gach là, agus air dha a thuigsinn nach biodh e beò as a h-eug'ais, agus nach leigeadh an spéis

a bh' aige dh'i a gnàthachadh air mhodh mi-iom-chuidh ghuidh e air Righ Hamor, 'athair, a faighinn da r'a pòsad. Dh' aontaich 'athair sin a dheanamh, le innse da chuid maithean miann a mhic, agus an sin chaidh e dh' iarruidh toil Israeil. Ghairm m' athair an sin a chuid mac a chur a chomhairle riu mu thimchioll tairgse Hamoir; agus 's e rùnaich iad, mar géilleadh iochdarain an righ sin do ghnà nan Eabhruidheach, nach aontaicheadh iad am piuthar a thoirt dà, ach gu'n saoradh iad as a laimh i le faobhar arm, no gu'n tuiteadh iad fein san oidheirp. 'Nuair a chaidh so innse do Hamar agus do Shechem cha d' ob iad géilleadh do'n chumhadh. Chaidh cuirm mhòr a shùnreachadh gu bhi air a coimhead leis gach inbhe do 'n t-sluagh, arson pòsad Sheheim agus Dhinaih: air a cheud là chaidh gach firionnach nam measg a thimchioll-ghearradh mar cho-bhàidh ris na h-Eabhruidhich, agus air dhoibh a bhi fo leòn, thuit iad gu réidh-bheartach nan cobhartach do dhioghaltas mo bhràithribh. Thagh Simeon agus Lebhi àireamh shònruichte de oglach m' athar, agus chaidh iad fo 'n làn armaibh, air an treas madainn de 'n chuirm, a steach do 'n bhaile agus b' eagalach am pronnadh a rinn iad. Chuala righ Hamor agus a mhac glaodh sgreataidh a phannail, dhùisg iad an cuid airm, ach mun d'fheud iad dol nan uidheam, chaidh an casgairt aig geata na lùchaint. Loisg iad am baile, agus mharbh iad gach firionnach a bha ann. 'S ann a thachair an casgradh muladach agus an losgadh so o ghràdh neo-cheadaichte Sheheim. Nan gnàthaicheadh

e riaghailtean deadh-bheusach, agus gu'n iarradh e air tùs Dinah air a h-athair, cha'n 'eil teagamh nach faigheadh e i. Ach cha'n 'eil peacadh neo-ghloine r'a fhulang ann an tigh Iacoib. Anis, mo bhana-mhaighstir ghaolach, thoir fainear an t-eadar-dhealachadh a th' eadar Potiphar, ceud cheannard feachd Pharaoih, agus gineil Iacoib. Ma bha iadsan comasach air baile mòr rioghachd a sgrios, mar dhioghaltas an éirig am piuthar a thruailleadh, ciod nach deanadh mo thighearna, nam biodh aon neach co an-dàna 's gu'n truailleadh e a leaba phòsda, agus gu'n d'thugadh e eas-urram do mhnaoi a ghaoil? Gu ma fad' a robh e o Ioseph smuain co foilleil 'àrach an aghaidh mo mhaighstir."

Dh' fhan i na tosd rè a chuid eile de 'n rathad; ach bha a h-inntinn fo bhuaireas le gràdh, eagal, agus dioghaltas gamhl拉斯ach; ach 's ann mar bu mhò a chunnaic Ioseph ise fo bhuaireas, bu diong-mhalta chum e a chridhe fein o ghéilleadh leatha. 'Nuair a thainig iad dachaидh, ghrad chaidh i d'a seòmar a chur a comhairle r'a banaltrum Sirena, a dh' fheuch ciod tuill' a b'fhearr a dheanamh; agus chaidh Ioseph gu trom dubhach d'a sheòmar fein a dh'asluchadh dion Dé Iacoib.

B'i barail Shirena gur e eagal, no nàire bu chionfàth air diùltadh Ioseph, ri tairgs' a chuir-eadh na h-uiread urram air seirbhiseach tuaras-dail; ag ràdh gu'm bu leòir a h-aogas a chuir *buair-eadh* eadhon air seann duine: agus chomhairlich i dh' i aon oidheirp eile a thoirt m' an leigeadh i dh' i a chùis. Bha là breith Pharaoih am fagus, agus b' éigin do 'n cheann-feadhna dol a dh' ionnsuidh an righ, a ghuidhe saoghal fada dha,

agus chum còmhnamh a dheanamh air an àm; ach dh' fhàs Sabrina ro thinn anns a' mhadainn, agus cha b' urradh dh' i dol leis. Cha luaithe dh' fhalbh a fear le 'chuideachd, na chuir i Sirena a ràdh ri Ioseph a coinneachadh na seòmar. Thainig e gu mall deacair, agus sheas e tamull uaipe, am feadh a bha ise na suidhe gu tosdach, 's a sùilean a' dearcadh air 'aghaidh-san a bh'air lasa le làire. "An d'thàinig thu ma dheireadh," thuirt i, "òganaich mhi-thaingeil, a dheanamh tàir agus a thoirt tàmailte do d' bhana-mhaighstir a thug mòr ghràdh dhuit. Thig ni 's dlùithe dhomh, chum gu'n labhair mi gu saor riut, oir 's éiginn gu'm bi thu fein agus mise ni 's eòlaiche m' an dealaich sinn. 'S mòr a b' fhearr dhuitse, agus a b' iomchuidh do d' chor, aontachadh leamsa gun sòradh, 'nuair a dh' iarr mi roimhe e, ge nach biodh ach a thaobh urram do m' inbhe agus dian-bhraisead mo ghràidh; agus gun a leige dhomh na h-uiread làir fhlàng 's gu'm b' éiginn domh iarruidh a ris, agus aontachadh aithris ann am briathraibh a tha mi-chiatach do bhoirionnach banail a dheanamh. Ach tha mi toileach do ghiùlan a ghabhail san t-seadh a's fearr, agus ni mi gach mathalachd a dh' fheudar air a shon, agus cuiridh mi as an rathad gach ni a dh' fheudadh bacadh a chur air ar sòlas. Theagamh, a Ioseiph, nach robh fios agad an ann a rìreadh a bha mi, agus gur ann a thairg mi mi fein duit chum do dheadh bheus a dhearbhadh. Ach a nis bi làn chinnteach gur h-ann a rìreadh a bha mi, mar a dh' fheudas mi bhi nis 'ga iarruidh, a dhearbhadh. Ach inn-sidh mis am barrachd dhuit a Ioseph, agus 's cùis

a dheanadh mòr choire dhomh fios a bhi aig aon neach air ach sinn fein. Ghabh mi orm a bhi gu tinn, a dh' aon-obair gu fuireach aig an tigh maille riutsa. Feudaidh tu nis 'fhaicinn gu'n d'théid agam air dealachadh ri cuideachd uais-lean agus phrionnsachan arson na speis a th' agam dhuitse a Ioseiph. Cha 'n 'eil suim agam de mhòr-chuis agus do ghreadhnachas cùirte an coimeas ri d' chuideachd shòlasaich-sa. Agus am bi mis a' caoidh agus a' cumhadh gun dòchas ri toil-inntinn fhaighinn uait, 'nuair a dh' fheudadh tu, m' aon ghràdh, cobhair a dheanamh orm ? Na can tuille rium mu dhiadhachd no mu riagh-ailtean teann deadh-bheus. Cha 'n 'eil ach cùis fhaoin ann an deadh-bheus, nach builich aon sòlas, ach a chlaoidheas an cridhe le eagal. Agus ciod a th' ann an diadhachd ach bruadar, mar tha caithe-beatha ar cuid sagart a' dearbhadh ; oir ge b' e co mòr 's a ghlaodhas iad an aghaidh peacaidh nan amanna 'nuair a bhios iad 'sa chrannaig, cha 'n 'eil ann leis an annsa sòlais ann an uaigneas na iad ? Am b' urrainn do Dhia-sa, a Ioseiph, tlachd a ghabhail ann an thusa a bhuntainn gu neo-shuairce riumsa aig a bheil na h-uiread ghaoil ort. Bu chuspair fuath e ni bu mhò na cuspair aoraidh. Thoir an aire, a Ioseiph, nach cuir thu as leth do Dhe do chion toil dhòmhsa ; gu ma fearr leat aideachadh gu bheil thu 'n gaol air caileig theisteil, agus air a sonsa, nach fheud thu do bhana-mhaighstir a thoileachadh. Ach nach feud thu bhi leatha-se agus leamsa cuideachd ? Ach och mo chreach ! tha do chliù an earbsa ris. Feuch c' àit' a' bheil mo chliùsa annam fein irisleacha dhuit-sa ?

ach ciod è meas ? cha'n 'eil ann ach cùis fhaoin neo-sheasmhach. Gu cinnteach 'se meas cràdh na h-aitim leis an ionmhuinn sinn a lughdachadh."

"Och a bhana-mhaighstir !" thuirt e le osann nach mòr nach do sgàin a chridhe, "ciod is fiù sòlais dhiombuan a bheir agartas goirt nan co'-lorg ? Cha'n fheud ath-dheanamh bhi air, cia air bith co goirt 'sa bhios an t-aithreachas. Cha dean a bhi'm folach fo chroch-éididh na leapach so, ar dion o eagal agus o mhì-chliu gu'm faighear a mach sinn. Dh'fheudainn gun amharus aontachadh leat ann an cur easurram air mo mhaighstir, agus car ùine ghearr toilinn-tinn a ghabhail ann an toileachadh feòlmhor. Ach mo thruaighe ! ciod e so an coimeas ri toil-eachadh coguis neo-lochdach ? Tha uiread thoil-inntinn, no theagamh am barrachd, agad ri fhaotainn gu ceadaichte o d' fhear-pòsda, 's a b' ion duit fiuthair a bhi agad uamsa gu milaghail. Agus c'ait am faighear fear gaoil no comuinn chum dlùthacha ris is ion-mhiannaichte, na mo mhaighstir ? Cuimhnich co mòr 'sa chuireadh na tha thu 'g iarraidh do dhi-mheas ort, gu'n cuireadh tu thu fein an coimeas ri d' òglach neo-inbheach, d'am feud thu gach ni ceadaichte àithneadh ? Cha'n fheud mi gniomh co suarrach a dheanamh, 's a dheanadh dochair do m' dheadh mhaighstir, a bheireadh eas-urram do Dhia m'aithriche, agus a bheireadh tàmailt mhor air teaghach m'athar. Is fad' a ghabh mo Dhia-sa o bhi coltach ri iodholaibh fiodha no cloiche; oir chì esan ar gniomhara is diomhaire; cluinnidh e ar cagraich a's lugha, agus dearbhaidh e air smuainte is doimhne. Na

h-earalaich mi gu 'dheanamh ; oir cha'n fheud mi an t-olc mòr so a chnr an gniomh ann am fianuis mo Dhe." Sguir e'n sin, agus fhreagair ise 's i làn àrdain.

Bu leòir dhuit, cùl a chur le modhalachd ris an tairgs' a thug meud mo ghràidh dhuit orm a dheanamh, gun mo nàir' a mhaoidheadh orm. Tha so a' cur an ceil dalmachd maille ri cruas-cridhe ; ach fàgaidh mi gu d' roghainn fein, co dhiubh a ghabhas tu gu caomhail ri d' shonas fein, agus a dh'fhàgas mise a tha'n trom ghaol ort toilichte le d' aontachadh ; no gu'm fuiling thu mo dhioghaltas, oir dioghailte bithidh mi ; cha 'n 'eil an t-eireachdas sin a dh'asluich prionnsachan an diomhain, ri cùl a chur ris gun pheanas ? Cha 'n 'eil, a dhuine ! agus na smuainich air. Ni mi, gu cinnteach, casaid ort ri d' mhaighstir, gu'n d'thug thu oidheirp orm, agus an sin cha dean bòilich mu dheadh-bheus, no a ràdh gu bheil thu neo-chiontach, do shoar-adh o pheanas."

O Ioseiph ! cha d'thugadh riamh oidheirp air subhailc mar thugadh ortsa. Cha d'thug òganach riamh buaidh air buaireadh mar thug thusa. Cha do dhruigh aon chuid guidhe, deòir, na bagraidhean air a taobhsa, no bàighealachd no eagal air do thaobhsa, ort rùn-suidhichte do chridhe 'atharrachadh, no a thoirt ort géilleadh do dhian-earail anamianna chiontach. Oig-fhir ghasda ! cionnas a bha do chridhe fiachail duilich arson càramh do dheadh mhaighstir ; agus arson droch rùn do bhana-mhaighstir ? Cha robh gach cunnart a bha 'g iadhadh umad an comas do dheòir a chumail o shruthadh gu bras ; am feadh

a bha Sabrina na suidhe gu dian a' dearcadh ort, le sùilean a 'lasadh le gaol agus le gamhlas.

A bhean neo-shona ! tha i smuaineachadh gur h-ann a bha deòir Ioseiph a' sileadh arson gu'n do dhiùlt e i; agus leagta ris a ghniomh nàrach a dheanamh, rug i air, 'ga tilge fein air an leabaidh, ag ràdh, "Thig a Ioseiph, meallamaid an t-àm taitneach, am feadh 's a tha do chridhe caomh ag aontachadh."

"Cha d'théid," a deir an t-òganach danarra, cha 'n 'eil aon chuid gainntir no croich nan aobhar eagail leam; ach tha bhi ciontach ri cuspair toirmisgte; a' deanamh eucoir air mo mhaighstir, agus a' cur corruiich air mo Dhia, gu firinneach a' cur eagail orm; agus tha mi'n cunnart an iomlain, am fad 's a tha mi 'd chuid-eachdsa : Ach 's beag orm an gniomh, agus teichidh mi o bhuaireadh." Le so a ràdh, thionndaidh e gu grad m'an cuairt, g'a shaoradh fein uaire, a' teicheadh a mach as an t-seòmar. Dh'fhàs a h-anamianna co do-cheannsachaidh, 's gu'n d'thug i oidheirp air a tharruing air an leabaidh, 's an uair a fhuair e uaire dh'fhuasgail am bràist a bha ceangal a thrusgain, ni a dh' fhàg e aice, agus theich e o 'n chunnart.

Dh'fhalbh esan gu cruadalach ann an subhailc; agus bha ise gu truagh air a bioradh eadar a mealladh dòchais, agus an t-eagal gu'm faight' a mach i; ach ghrad chuir i roimpe esan a chur a dholaidh, a bha co fiachail 's nach d'rinn e eacoir dh'ise, ged a dh'iarr i fein e. Dh'éigh i gu h-àrd, mar gu'm biodh i 'n cunnart ana-barrach, agus ghrad thainig a bhan-altrum Sirena, a thuig mar bha 'chùis, d'a h-ionnsuidh

Fhuair i i na suidhe air an leabaidh, agus falluing Ioseiph làimh rithe agus i 'bras shile dheur. "O ! Shirena ciod a nì mi," ars' ise, "tha'n t-Eabhruidheach a' deanamh tàir air mo ghràdh, agus theich e'n ceart uair uam leis na h-uiread ghràin 's a dheanadh e roi' nathair-nimhe. Falbh gu luath ; gairm na seirbhisich agus glacaibh è ; oir mionnaichidh mi gu'n d'thug e oidheirp mo thoirt air éiginn. Gabh leam an aon uair so, a chiallain a Shirena, agus ni mi caoimhneas riut tuille gu bràth."—Fhuair an teaghlaich sanus, chaidh Ioseph a ghlacadh agus a ghleidheadh gu teàruinte gus an do thill Potiphar mu fheasgar : chaidh e gu grad far an robh a bhean a dh'fhiorsachadh m'a slàinte, far an d-fhuair e i anns a mhi-riaghailt bu mhò, 'si air bàini le h-anamianna gun bhi air an sàsachadh. Air a bhualadh le iongantas, dh' fhiorsaich e gu caomhail ciod a dh'fhairich i.

"Ciod a dh'fhairich mi !" ars' a bhana-chealgair so, "dh'àraich sinn suas nathair a chum ar lot, slaughtire chuireas as duinn, ma cheadaicheas sinn da bhi fo dhruim aon tighe ruinn. Bha'n t-Eabhruidheach beag-narach, a' di-chuimhneachadh a thruaighe 'nuair bu deòin leatsa ghabhail a' ionnsuidh, agus an caoimhneas a nochd sinn da o thàinig e ; cha robh e toilichte le riagh-ladh gach ni a bhi aige, ach bha fiuthair aige ri co'roinn do d' leabaidh cuideachd. Laidh mi sios a ghabhail beagan fois mu mheadhon là, agus thainig e gu dàna mi-mhodhail a' m' ionnsuidh, agus chuir e ghnothach gràineil 'an céill. Thug mi beum dha arson a neo-gheamnuidheachd, agus dh' òrduich mi as m' fhianuis gu grad e, no

gu'n leiginn a ghiùlan ris duitse ; ach an àit' e dh'fhalbh, 's ann a rug e orm, agus b' aill leis mo thoirt air éiginn, gus an do dhùisg mi na seirbhisich le m' ghlaodhaich. 'Nuair a thuig e nach géillinn da, 's a chual e mi'g éigheach' ghreas e air falbh le 'leithid do chabhaig, 's gu'n d'fhàg e'fhalluing na dhéigh ; ni tha na dhearbhadh cinnteach air a dhroch oidheirp. Dh' aidich thu gur toigh leat mi, mo thighearna, agus m' as toigh, bheir thu aichmheil a mach arson na tàmailt a thug e dhomh, leis a pheanas is cràitiche a dheanamh air an dearg-shlaughtire. Cha 'n 'eil e'n comas domh 'fhaicinn mu thim-chioll an tighe.

Le mòr thaitneach ri teistéalachd a mhnà, agus le ionantas ri dànochd an Eabhruidheich dh'àithn e Ioseph a thoirt ceangailte na làthair, agus le guth smachdail thuirt e ris. A bhalaich ! Is mòr am beud gu bheil do choslas o'n leth a muigh an aghaidh do dhroch cridhe. Tha mise r'a choireachadh gu'n d'thug mi riamh fasgadh no caidreamh dhuit a' m' thigh, agus gu'n d'thug mi riaghailt mo ghnothaichean do d' leithid de chealgair. Ach bheireadh do mhealltaireachd ghràineil an car asda-san nach mòr a's fearr na thu fein : is math a dh'fheudadh do choslas diadhairdh mo chridhe neo-lochdachs' a mhealladh, a tha an-fhiosrach air ceilg no drochbheart. An teuma' tu, a mhèirlich, an làmh a bheathaich thu, agus an lotadh tu esan a dh' àraich thu ? Nach bu leòir leat gu'n do chuir mi na bh'agam fo d' làimh neo-airidh, ach dh'fheumadh tu oidheirp a thoirt air mo choileapach a thruailleadh ? 'S éiginn duit, an ionad na leapach riomhaich

ris an robh t-fhiuthair, deanamh le priosan dòineach : agus ni gleadhraich do chuibhrichean an gnothach an ionad briodal caomh do ghràidh neo-laghail. Thugaibh air falbh an tràill chum ionad a' pheanais, gus an smaointich mi ciod am peanas ro chràiteach a nìtear air." Chum an deadh-bheus ceudna a ghleidh Ioseph an àm a bhuairidh, o 'n ghniomh oilteil, o eagal a bhi air roi' bhagradh a mhaighstir ; uime sin, fhreagair e gu tulchuiseach duineil.

" Tha mi 'dùlanachadh ghainntirean, agus chuibhrichean, a mhaighstir, agus cha chuir am bàs fein sgàth orm ; ach mo thighearna, cha 'n urrainn mi t-fhearg a ghiùlan. Is measa fuath mo mhaighstir chairdeil agus ghràdhaich, a bha roimhe so na chaomh charaid dhomh, na mile bàs. Ach cuimhnich, a Photiphair, tha Ioseph saor o 'n chiont' a chuireadh as a leth ; agus cha 'n 'eil a choguis 'ga dhìeadh arson aon smuain mhi-iomhchuidh sa chùis so. Tha mi creidsinn ann an Dia. Agus 'an àm iomchuidh bheir Dia m' athar mi chum an t-soluis, agus chi mi 'fhireantachd ann an dearbhadh mo neo-chiontais, agus an cur gu làire mo luchd-casaid, ge b'e air bith co àrd 's a tha iad." Le sin a ràdh, ghrad thug iad do 'n phriosan e, le àithne d'a fhear-coimhid, a chasan a chur gu teann anns a' cheap, agus a dhruideadh suas anns an ionad bu duirche.

AN CEATHRAMH EARRANN.

Chaidh àithne do Ghabriel cùram a ghabhail de Ioseph a chaidh fhògradh o theaghlaich 'athar, agus dh'oidheirpitch e 'inntinn mhaoth a shocrachadh an aghaidh ionnsuidhean aingidh. 'Nuair a chunnaic e nis mar thachair, dhìrich e suas, ni bu luaithe na'n dealanach, chum ionada uachdarach nam flaitheas, a dh'fhaighinn seòlaidh o'n àrd-riaghlaир, mu na dheanadh e ri Ioseph. M'an àm so bha Rachel, màthair Ioseiph, agus Tirsa, bean Sheim, a' marcachd air neul òir, air chuairt sa chearna so de'n chruinne; agus air dhoibh an t-òg àillidh fhaicinn ga thoirt do 'n phriosan, theirinn iad a nuas, agus sgaoil iad boltrach cùbhraidih 'sa ghainntir san robh e, chum a bhròn a lughdachadh, "O! a Thirsah," a deir a bhean a bh'aig Iacob, "cia domhain agus do-rannsuchadh dhuinne slighean an Uile-chumhachdaich, am feadh a bhios sinn ann an staid dhorchha bhàsmhoir? Cò a dh' fheudadh, o'n chor's a bheil e san àm, a shaoilsinn gu'm biodh mo Ioseph na cheannard air a bhràithribh o'n deachaidh 'fhòghradh! Cò a bharalaicheadh gu'm b'e 'm priosanach taitneach ud a b' fhear-diona do'n ghineil thaghta? Chràidh na fir-bhogha gu goirt thu, a mhic, ach dh'fhan do bhogha 'na neart; bithidh do ghairdeana air an deanamh làidir, le Dia t-athar, Iacob, agus cromaidh do naimhdean sios duit. O Iacoib! a dhuin' ionmhuinn agus urramaich. Is goirt an cràdh a bhiodh air co chridhe brònach, nam b'fhiösreich thu mòr àmhghar mic do ghràidh?

Ach tha thu 'meas gu'n robh a dhóruinn o chionn fada thairis. Chuir am bàs a shaoil thu a fhuair e ni bu lughad de mhulad ort, na dheanadh mar tha e san àm. Gabhadh creidimh agus foighidinn sealbh air cridhe m'aon ghràdhaich gus am faigh e buaidh air a naimhdibh." "O mo Rachel ! mo nighean ionmuinn," arsa bean Sheim, "tha sinn do ghnà a'faicinn cò air bith a tha'n Dia naomh agus uile-ghlic a' sònachadh gu bhi comharracht' ann am feumalachd, gu bheil e 'gan àrach suas ann an sgoil ghoirt an àmhghair. Bheir an cruidh-chas a tha m' àilleagan cridhe a' fulang air co'-mhothachadh a bhi aige riusan a bhios ann an airc : agus an uair a thig thu a Ioseiph gu riaghladh na rioghachd, bheir do chuibhrich san àm air do mhòrachd a bhi ni's ciataiche dhuit. Teagaisgidh na casaidean bréige a chuireadh ort, dhuit a bhi ni's faicilliche, agus ni's neo-chlaon-bhreithich an àm bhi sgoltadh ceartais. Buanaich ann an deadh-bheus, a mhic. Gabh ann an seadh ceart an t-oilean searbh a tha t-athair neamhaidh a'buileachadh ort. Crùnidh a chrioch an obair, agus lionaidh e do chridhe le taingealachd, agus do bheul le moladh." Air an dòigh so labhair an dà mhàthair ri chéile, a réir nòs spioraid dhealaichte, a' gluasad gu fòill air an carbad neulach, a' fàgail boltrach na beatha nan déigh.

Bha Corion, fear-coimhidh a phriosain, air cur Ioseiph na iarnaibh, dhruid e'n dorus agus ghabh e mu thàmh, thuit e na throm chadal, o'n robh e air a dhùsgadh leis an aisling a leanas. Air leis gu'n robh e ann am magh farsuing, a'beachdachadh air maise nàduir. 'Nuair bha e'g imeachd gu

fòill, chunnaic e uan òg, air a ruagadh gu teann le dà mhadadh-alluidh, a ruidh g'a ionnsuidh, agus thuit e sios aig a chosaibh, mar ag asluchadh dion. Gun fhiamh gun eagal thainig a ghalla na deann ruidh chum an t-uam neo-chiontach a chasgradh, am feadh a tharruing e a chlaidheamh chum an t-uam a thearnadh. Ann am meadhon na co'strigh so eadar e fein 's an uilebheist fhiadhaich, dhùisg e fo'n bharail gu'n robh priosanach eiginn fo chùram a bh'air a chiallachadh leis an uan, air a ruagadh le naimhdibh, a bha'n dian thòir air 'fhuil, aig an robh fiuthair ri tearuinteachd agus cairdeas ann am priosan, a dhiùltadh dha far am b' ion da fiuthair a bhi aige ris. Cha b'ann de'n mhuinnitir an iochdmhoir a bha Corion, leis an gnàth bhi ri faire 's a'coimhead dorsan nam priosan. Bha cridhe bàigheal aige, comasach air truaighe a cho-chreutairean a cho'mhothachadh. Bha teanndachd agus geur-chruas a dhreuchd do ghnà air a chur an gniomh leisan le laimh chùramaich, agus le truacantas a b' iomchuidh air aon de shliochd Adhaimh.

B'ann o dheachda Ghabriel a bha'n aisling, chum Corion a bhrosnachadh gu bhi suairce ri Ioseph, am feadh a bha aingeal-dion, Gabriel, a' dol as a leth-san chum nam flaitheas. Bha 'bhuaidh sin aig air an fhear-choimhid fhaicilleach, air eagal gu'm meudaicheadh e trioblaid an neo-chiontaich, agus bha e ro shèimh ris na priosanaich uile.

Bha'n ath-oidhche anabarrach dorcha, gun solus o ghealaich no o reul. Mar bha Corion na sheasamh air a thùr, chunnaic e a' tearnadh o na speuraibh, aon ro mhaiseach agus àluinn, air a

chuairteachadh le glòir, a bha pailt murrach air sealltuinn air, agus na dhéigh bha lannair dhealrach, a chuir an céill gu'm b' ann o neamh a thainig e. 'Nuair a thainig e 'm fagus, 's a chaidh e seachad air a steach do'n phriosan, fhuair e uiread bheachd air 's a bha e comasach air a ghabhail. Air sgàth Ioseiph, bha'n t-aing-eal càirdeil deònach air sealladh beag dheth a thoirt do Chorion, ach gun tuille 's a chòir a leigeadh ris da, an t-eagal le mòran a leige ris da gu'n cuireadh e as a chiall e. Tha, a deir Corion le iongantas, aon de'n t-slògh neamhaidh, a tha dòn an neo-chiontaich, a' frithealadh air glaodh an fheumaich, ag aontachadh teachd a dh'fhiösachadh a phriosain dhuaichnidh so. Tha e air dol direach do sheòmar Ioseiph. Tha'n t-òig-fhear neo-chiontach de na tha iad a' cur as a leth; cha'n aontaich na dée a ciontach 'fhiösachadh. 'Se so an t-uan a theich a' m' ionnsuidh chum a thèarnadh. O! a fhleasgaich ghràdhaich, cho fad 's a's urrainn mise cha tachair riut ach caoimhneas san àite so. Bheir mi dhiot do chuibhrich, agus bheir mi dhuit ionad iomchuidh chum còmhnuidh ghabhail ann.

Sheas Gabriel ann an gainntir Ioseiph, ag osnaich ri faicinn mac Iacoib ann an geimhlibh trom cuibhrichte. Thug e gu h-uaigneach dha deoch o thobar na beatha, a neartaich e gu giùlan leis an t-soillseachd neamhaidh leis an robh e air a chuairteachadh. "Na biodh eagal ort a Ioseiph," ars' an teachdaire nèamhaidh, "Is mise Gabriel, air an tric a chuala tu iomradh. Gabriel a tha na sheasamh ann am fianuis an Tighearna. 'Se so a cheud uair a chunnaic

thusa mi, ach 's fad o bha thu air mo chùram. Is mis' a chuir Abel do charaid a thoirt sòlais duit 'n uair a bha thu san t-slochd. Sheas mi làmh riut le mòr thaitneachd, 'n uair a sheas thu an aghaidh briodal do bhana-mhaighstir; agus bha gairdeachas orm gu'n d'thug thu buaidh air buaireadh co eagalach. Cha 'n ann o chiont air do thaobh-sa, a Ioseiph, a dh'éirich do thrioblaid san àm. Saorar uapa thu. Ach, O ! 's goirt an t-agartas a bhiodh agad ort fein, nan rachadh a cheadachadh dhuit peacadh co mòr a chur an gniomh an aghaidh do Dhe ! O chaileiginn de rabbadh a fhuair na spiorada malluichte mu rùn Dhe do d' thaobh, dh'inn-trinn iad an co'bhoinn chum do sgrios; agus ghabh dithis bu teòma dhiubh na chéile os laimh t-aimhleas a thoirt mu'n cuairt. Bhros-naich Belpheger agus Adramelech am bràithre suas a' d' aghaidh, agus mar rachainnse san eadraignn, rachadh t-fhuil a dhòrtadh a chasgadh am miosguinn. 'S beag a shaoil iad gu'n robh na meadhona leis an robh a rùn orra cur an aghaidh innleachd nan gràs, air an òrduchadh gu'n cur air an aghaidh; agus am feadh a bha iad a toileachadh am mì-ruin gamglasach fein, 's ann a bha iad a' cur air aghaidh do leas. Dhùisg iad suas anamianna do-chasgaidh ann ad bhana-mhaighstir; agus an uair nach d'fheud i an sàsachadh, dh'iompaich e a gràdh gu fuath agus confhadh. Is iadsan a chuir an cridhe Photiphair an rùn cabhagach chum do sgrios. An fheadh so fhuair iad a chead geur-lean-mhuinn a dheanamh ort, a Ioseiph. Ach cha'n fheadh iad dol ni 's faide. Cuir t-earbs' ann an

Dia t-aithriche. Biodh a h-obair dhiongmhalt air foighidinn; oir 'nuair a dhearbhar thu thig thu mach mar òr fior-ghlan. Na biodh doilgheas ort arson t-athar, oir chi thu e fhathast ann an tìr chéin; agus dùnidh tu a shùilean aosmhòr, an déagh dhuit am beannachadh athaireil fhaotainn o bhilibh cairdeil fein. Bithidh an ùine ghearr a thoil r'a dheanamh aig Potiphar, air chor's nach buin e ri d' bheatha; chi thu e fhathast agus cuiridh tu fàilt air mar charaid; oir aidichidh Sabrina a cionta. Fàgaidh mi thu a Ioseiph, ach bi thusa cuimhneach air Dia t-aithriche, agus dean seirbhis da le cridhe ionlan. Dh'aom mis' am fear-coimhid gu bhi caoimhneil riut. Gu'n robh sìth a choi-cheangail shiorruidh maille riut." Le so a ràdh, chaidh e mar sgàile as a fhradharc, agus cha'n fhaca Ioseph e ni 's mò. Ach, O! an sòlas a chuir binn-ghuth an aingil air cridhe a phriosanich. Ged a bha e ann am priosan bha e, air leis, air a thogail suas dlù do neamh. Co luath sa shoillsich an là, chaidh Corion air feadh uile sheòmraichibh a' phriosain, 's an uair a thainig e far an robh Ioseph, sheas e le ùmh-lachd mhòr na lèhair; agus co luath 's a dh' fheud e, labhair e, ag ràdh, "'S deacair leam gu'n deachaidh do ghnàthachadh co olc. B'fhearr leam gu'm b'aithne dhomh do mhòr luach roimhe so, agus cha bhiodh na cuibhrich ghràineil sin a' cur mi-dhreach air do chosaibh.'" Le so a ràdh, thug e dheth iad, thug e suas e d'a sheòmar fein, agus ghnàthaich se e leis an t-suairceas bu mhò.

Air a cheart là sin thainig teachdaire o ionall

na rioghachd, a dh'innse gu'n robh na h-Etiopiaich, a bha nan daoine gaisgeil, air toirt ionnsuidh air a' chuid sin de'n iompaireachd, a b'fhaigse dhoibh ; air an aobhar sin chaidh Potipharr 'orduchadh air ceann an airm a chur stad air na creachadairean ud ; ni a thog 'aire o Ioseph, 'sa chum air falbh fad o Mhemphis e ; agus rè na h-ùine sin bha Ioseph 'an làimh, air a dhearmad agus air a dhi-chuimhneachadh. Ach bha'm freasdal cairdeil ceudna a choimhid e ann an tigh Photiphair, 'ga ghleidheadh anns a' phriosan, agus shoirbhich leis gach ni a rinn e.

Am measg nan iomadai priosanach a bha ann an laimh arson cionta, bha Florilla priomh ghillecupain an righ, agus Labona 'àrd-f huineadair. Air do Chorion am fear-coimhid cùram nam priosanach uile earbsa ri Ioseph, bha e gu tric g' am faicinn, agus dh'fhàs e eòlach umpa. A' dol sa mhadainn a dh'fhaicinn Fhlorilla agus Labona, an déigh dha bhi dlù air bliadhna sa phriosan, mhothaich e gruaim dhubhach air an gnùis. A deir e riu, "Mo chàirde, ciod a dh'fhairich sibh ? Is léir a bhlà air ur gnùis gu bheil ur eridhe brònach. Am feud mi 'f heòraich ciod is aobhar dha ? Ma tha e ann am chomas feum a dheanamh dhuibh ni mi e." "Mo thruaighe !" a deir an gille-cupain, "'s ann amhàin o na dée neo-bhàsmhor a thig cobhair oirnne. Tha ar cor-ne os ceann cumhachd duine. Chunnaic gach fear againn aisling a tha cur nithe cudthromach air mhanadh ; ach cha'n urrainn duinne thuigsinn ciod a th'ann."

Thuirt Ioseph riu, nach b'ion feairt a thoirt gacb àm air buardair, agus gu'm b' ann o Dhia

a bha eadar-mhineachadh a mheud dhiubh anns an robh brìgh ri teachd. "An innis sibh dhomhs' ur bruadair," a deir esan, "oir dh' eadar-mhìnich mise bruadair roimhe so? Agus geallaidh mi nach meall mi sibh. Ach dheanadh e còmhnamh dhomh nan d-thugadh sibh, maille ris na h-aislinge, caileiginn de chunntas domh m' ar caithe-beatha, agus diolaidh mis a chomain duibh le fios mo bheatha fein innse." "Is mis'," a deir an gillecupain, "aon mhac Arba, Elamach, a fhuair bàs 'nuair bha mise ro òg; a dh'fhàg mi air cùram bhràthar mo mhàthar, Atgar; bha'n t-seirc bhàigheil a dh' fhiosraich mi an tigh m' athar, air a thionndadh gu reasgachd agus mi-shuairceas ann an tigh bhràthar mo mhàthar; agus ge nach robh mi ach òg thugadh orm gu'n do mhothaich mi an t-eadar-dhealachadh a bh'eadar caomhalachd phàrantan, agus cileadaireachd a charaid bu dìlse. Air dha bhi 'n seilbh am maoin m' athar, ni a bha e ri ghleidheadh gu cùramach as mo leth-sa, ach bha e co measail uime 's gu'n do shanntaich e cùis a dheanamh dheth dha fein; agus leig e dhomhs' a thuigsinn gur h-ann an earbsa ris-san a bha mi ri bhi air mo thogail. Le mothacha' bhi agam nach diongadh e a bheag dhomh, gearan a dheanamh far am b'e bràthair mo mhàthar a b'àrd-riaghlaire, air leam gu'n rachadh neart th'ar ceart; air an aobhar sin chuir mi romham gu'n giùlaininn gu foighidneach leis gach ana-cothrom a bha teachd a'm' charamh. Cha b' fhada gus an d'éirich Cushi, ceann-feadhna a bha sa choimhearsnachd an aghaidh righ Elaim, agus bhris e le chuid sluaigh air a rioghachd. Chaidh mise leis an fheachd air òrdugh bhrathar

mo mhàthar ; agus smaointich mi gur ann chum gu'n tuitinn ann a thachair sin. Ach feudaidh tu shaoilsinn nach robh mòran de shùnnnd cogaidh orm as leth tire far an d'rinneadh na h-uiread fhoirneart orm. Cha robh 'n t-arm againn ann am misnich no a'm' foghlum co'-ionann ris na Humims fo Chusi. Bha uaislean nan Elamach air fàs meath-chridheach le sòghalachd, agus bha na h-iochdarain air an sàrachadh. Uime sin 'n uair a thainig iad ri uchd an àmhaid, cha d'rinn iad ach beag tapadh, agus chaithd an ruaig orra gu luath. Thuit mòran diubh san ruaig, agus ghlac na Humims iomadai dhiubh nam priosan-aich, am measg an robh mise. Chaithd mo thoirt do Mhemphis agus mo reic ri aon de luchd-riagh-laidh Pharaoh ; agus feudaidh mi a ràdh chum cliù mo Thighearna, gu'n d'fhuair mi tuille caoimhneis agus fialachd uaithe, ged nach robh annam ach tràill ann an cùirt an righ, an fhuair mi riamh o bhràthair mo mhàthar, far am bu chòir do'm mhaoin fein caileiginn de mheas a ghleidheadh dhomh.

Ach cha do mheal an cealgair an-iochdar ach ùine ghearr, m' oighreachds, no idir 'oigh-reachd fein, oir cha robh na h-Elamaich nan urrainn seasamh 'an aghaidh nan Humims, cha b' fhada gus an do cheannsaich e'n rioghachd gu h-iomlan, agus roinn e i air a luchd-lean-mhuinn. Bha mis air mo chur san dreuchd bu neo-mheasaile bha mu lùthchairt an righ; ni a bha ni bu taitniche leam na bhi 'm chòmh-nuidh fagus air caraid a rinn na h-uiread eucoir orm. Cha robh m' àrdachadh ach màidheineach o aon ionad gu àit' eile, gus am bu deònach leis

an righ mo dheanamh saor, agus mo thoirt dlù dha fein. Bha mi rè ùine mhòir a'm' ghillecupain, ach bhuaile éucail bhuaireasach an righ, a mheas na lighichean a thachair o phuinnsean a bhi air a thabhairt da; agus a chionn gu'n robh gach deur fiona a dh'òl e a' teachd tre 'm lamhaibhse, agus gur h-ann o'm' charaid Labona a thainig gach biadh fuinte a bh' air bòrd an righ, chunnacas iomchuidh sinne chur do'n phriosan gus an rannsaicheadh iad a chùis. Gu ma fada uamsa a bheag a dhochair a thachairt do'n Tighearna mo righ. Gu'n gleidhe' Dia beatha Pharaoh gu bhi na bheannachadh do'n tìr ge b'e ni thig riumsa. An raoir chunnaic mi bruadar a tha cur iomaguin orm, oir air leam gu bheil brìgh shònruicht' aige. Air leam gu'm faca mi crann fiona air an robh trì meanglain, a thainig fo bhlàth, agus a ghiùlain fion-dhearcan ro thaitneach, agus ro lion-mhor. Air leam gu'n do ghabh mi na dearcan a bha làn abaich 's gu'n d'fhàisg mi iad ann an cupan riomhach Pharaoh, agus gu'n do shìn mi dha am fion a b'fhearr a chunnaic mi riagh. Dh'òl an righ do'n fhìon, agus le fèith ghàire, thuirt e gu'n robh dòchas aige gu'n gleidhinn do ghnà a leithid sud de fhìon da, leis an do dhùisg mi làn iomaguin m' an aisling.

"A charaid," a deir Ioseph, tha thu a chionn gun d'òl thu de chupan an àmhaghair, a' toilltinn an ainm ionmuinn sin. "Feudaidh tu toilinn-tinn a ghabhail o d' bhruadar, oir tha Dia nèimhe, aig a' bheil suim do ghlaodh an fheum-aich, a' cur leamsa deadh bhrìgh uaithe. Fa

d' chomhair bha fineamhuin thorrach ; tiodhlac o Dhia do dhaoinibh neo-airidh, a tha a toradh a' deanamh suas réite, a' tarruing gu cairdeas, a' lughdachadh cùram agus bròin, agus a' tionndadh ar dubhachas gu aoibhneas. Na tri meanglain, is tri làithe iad, a bheir ma'n cuairt nithe mòr chum do bhuanachdsa, oir air an treas là, bheir an righ as a' phriosan thu, agus aisigidh e thu chum na h-inbhe a b'àbhaist duit, gu deadh-ghean do mhaighstir, agus gu co'chomunn gaoil ri d' mhnaoi agus ri d' chloinn. Guidheam ort, gu'n cuimhnich thu ormsa. Dh'fhuiling mi eacoir, a tha co'ionann ri aon ni a dh'fhuiling thusa ; agus 's ann gu neo-chothromach a tha mi air mo dhruideadh san ionad so, a chionn gu'n do règhnaich mi mo chliù fein, agus urram mo mhaighstir air thoiseach air toileachadh mi-stuama na feòla. Is furasda dhuitse, 'nuair a gheibh thu geanmaith do mhaighstir, labhairt umam-sa, agus m' fhaotainn as an àite so."

An uair a chuala Labonah an còcaire, a bhrìgh mhath a thugadh á bruadar a chompanaich, an dòchas gu'm biodh a shamhuil aig 'aisling fein, dh'aithris e mar a leanas do Ioseph. "Air leam gu'n robh tri basgaidean agam air mo cheann, làn de bhiadh do Pharaoh ; anns a' cheud soire bha aran a rinneadh o smior a chruineichd ; 'san dara soire, bha gach gnè de nithe blasda ; agus anns an treas soire bha nithe sòghail o'n fhuineadair, nithe bu toigh le m' mhaighstir. Ach a dh'aindeoin na dh'fhaod mi dheanamh, thug na h-eòin uam na bha sant-soire a b'airde."

"Is duilich leam do chor," a deir Ioseph, "agus b'fhearr leam gu'm bithinn comasach air sòlas a thoirt duit: Ach mo thruaighe! tha do chor air a shúnrachadh. Na basgaidean, is tri làithe iad, ach mun teirig na tri làithean sin, bheir an righ òrdugh do cheann a sgathadh dhìot, agus an sin crochar do chorp air croich, agus ithidh eòin an adhair t-fheòil o d' chnàmh-aibh, agus cha chomasach dhuit do chunnart a sheachnad. Cha'n aithne dhomhsa ciod a riinn thu a tha toilltinn a leithid so, ach 's i so toil neo-mhearachdach an Fhreasdail. Ceadach dhomh earalachadh ort gu'n dean thu t-aid-mheil ri Dia nèimhe, gu'n asluich thu maith-eanas arson do pheacaidh, agus gràs chum t-ullachadh fa chomhair an ath-shaoghail, oir cha 'n 'eil ach dà là agad ri bhi sa bheatha so. Ged tha do chor-sa cho olc, tha aige-san tròcair agus saorsa phait dhoibh-san a ghairmeas air."

"Tha mi faicinn," arsa Labonah, "nach 'eil breitheanas agus ceartas a' cadal, ach gu bheil iad air uairibh a' deanamh greim air a chiont-ach, 'n uair a shaoileas e bhi tèaruinte. Tha mi, gu'n amharus, saor o gach droch rùn, a thaobh Pharaoh. Gidheadh chuir mi corruiich air, 'nuair a chaidh mo ghlacadh gun aobhar, agus thuirt mi gu h-obann gu'm b' fhearr leam gu'n tachradh na chuireadh as mo leth, chum gu'm biodh agam ni-eigin a b' airidh air cuibhrich agus bàs. Ach cha robh 'n so ach frionas feirge, ged, a reir lagh na h-Eiphit, a mheasar airidh air bàs e. Ach mo thruaighe! ged a tha mi neo-chiontach sa chùis so, 's fhada o na thoill mi 'm bàs a tha mi nis ri fhulang.

Ionnas ge b'e co neo-chothromach 'sa tha binn Pharaoih a'm' aghaidh, tha breth nan dée ceart. Is Libianach mi a thaobh breith. Dh'fhàg Obed m' athair, oighreachd mhòr eadar mis agus mo bhràthair bu shine. Bha Osmin, mo bhràthair, gu glic caonndach, leis an do mheud-aich e gu mòr a mhaoin, a ghléidh dha meas o na h-uaislibh, agus urram o'n cheathairne. Air mo shon fein, cha robh mo dhéigh air aon ni ach toileachas-inntinn; agus b' iadsan bu mhi-bheusaiche bu dearbh-chompanaich leam. Leis an dòigh sin struigh mi mo mhaoin, agus ghuidh mi gu'm biodh mo bhràthair spìocach as an rathad, chum gu'n sealbhaichinn fein 'oighreachd. Bu mhath leam gu'n tigeadh sgorradh air chum snàthain a bheatha a ghearradh; ach b' fhada bha mi mun da dhùraig mi fein a dheanamh. Ach fa dheireadh, le comhairle droch bhorionnaich, thug mi dhà deoch mharbh-tach a thruaill a chuid fala co mòr 's gu'n d'éug e. Ghabh mis an sin seilbh air 'oighreachd, do bhrì gur mi a b' oighre air. Bhuilich mi tamull a' mealltuinn toradh saothair mo bhràthar, agus m' eas-ionracas fein, 'nuair a thainig mi gu mi-fhortanach gu bhi ciontach do ni a thug orm an t-iomlan fhàgail, agus teicheadh chum tearuinteachd do thìr aineoil.

Air dhomh bhi mòr aig bean duine chumhachdaich sa choimhearsnachd, bha do sgorradh orm gu'n d'fhuirich mi ni b' fhaide na bu ghnà leam leatha, a chionn nach robh dùil aice gu'n tigeadh a fear dhachaidh, ach ciod a b' ìoghna leinn na e thiginn far an robh sinn gun fhios duinn. Mo thruaighe! cia daimheil aon chionta

do chiont eile. Chum an gniomh nàrach a chleth agus gu chumail o m' tharruing gu ceartas, dh'éirich mi air bàini, thug mi lamh air mo chlaidheamh, agus chuir mi na chridhe e, mun robh ùin' aige smaointeachadh air an eas-urram a chuireadh air. Co luath 's a rinn mi 'n gniomh an-iochdmhor ud, theich mi gu grad chum mo sheòmair fein. Anns an treas faire de 'n oidhche, bha mi fo ioghnadh le solus dealrach a shoillsich gach oisinn de m' sheomar. Leis mar nach bu ghnà leam a leithid 'fhaicinn, ghlac eagal mòr mi, sheas m' fhalt air mo cheann, agus bha duaichneachd mo chionta gu soilleir fa m' chomhair.—Dh'fhàs an solus ni bu shoilleire, agus chunnaic mi Osmin air a sgeadachadh ann an éideadh nèamhaidh, na sheasamh ri taobh mo leapach, agus thuirt e mar so rium. “A dhuine thruaigh, a Labona, am bi do làmh mhi-chneasta am feasda sgìth le fuil neo-chiontach a dhòrtadh? Nach bu leòir leat gu'n do mheall thu m' oighreachdsa le mi fein a mhortadh; ach b' éiginn duit bean do choimhearsnaich a thruailleadh? Agus cha d'fhoghainn leat gu'n do chuir thu eas-urram air fein, agus a bhean a mhì mhodhachadh, ach, mar shloightire fuileachdach, spàrr thu do chlaidheamh na fhuil neo-chiontaich? Nach 'eil eagal an Dé mhòir ort, air am beag ana-cothrom agus foirneart, agus nach feud aon mhortfhear neo-aithreachail còmhnuidh a ghabhail maille ris? Nach fheud thu fois a ghabhail o strògh agus o mhacnus, gu smuaineach' air a chunntas theann gus an éiginn duit an ùine ghearr teachd? Am fearr leat sior-

ruidheachd de chràdh do-labhairt fhlàng, na do mhi-bheus a thréigsinn? Is bochd an roghainn a thog thu, a Labona, ach is soilleir gur e sin do roghainn-se. Eirich a dhuine thruaigh chiontaich, agus tèr as do thir aineoil, far nach ruig dioghaltas duine ort; ach cuimhnich gu'n lean dioghaltas Dé thu do'n ionad sin, agus bheir e gu peanas follaiseach thu, araon anns a bheatha so agus anns an ath-bheatha, mar gabh thu aithreachas, agus mar tréig thu do dhroch dheanadais." Le so a ràdh, dh'fhang an tannasg mi; agus co luath sa thraoigh m' eagal, chruin-nich mi m' airgiod agus mo sheudan r'a cheile, agus ghrad thainig mi do 'n Eiphit; far an deachaidh mi tre ioma deuchainn, mun d'thainig mi chum na h-inbh a bh' agam. Bha mi tuille 's fada gun fhaicinn, gu'n gléidh onoir agus ionracas iadsan a bhios air an stiùradh leo; agus cia air bith co taitneach 'sa bhios toileacha micheadaichte san àm, 'se is deireadh dhoibh bhi searbh mar dhomblas."

Gu moch air an treas là thainig carbad chum a phriosain, anns an robh seann duine eireachdail, a bha 'fhalbh liath na dhualaibh cleachdach air a ghuailnibh; thainig e le òrdugh sònruichte chum Florilo a shocrachadh san dreuchd bu ghnà leis. Bha maille ris an t-seann duine urramach so, ban-tighearn' òg a thug cridhe Ioseiph am bruid air a cheud sealladh. 'Si bh'ann a mhaighdean àillidh, Asenat, aon nighean prionnsa Oin, a bha fòs na àrd-shagart ann an Heliopolis. Rinn màldachd a gnùise còmhnaidh ri maise a pearsadh a chur a mach. Bha a gruaidhean mar chaorann làn abaich,

agus a sùilean gu meallach gorm. Bha a falt dualach na chiabhan amalach a 'teàrnadh sios gu 'crios, a còmhdaichadh nan usgraichean ciatach a bha m'a muineal bòidheach. Lot a cheud sealladh dh'i cridhe Ioseiph, agus mhoth-aich e guin nach d'fhairich e riamh roimhe. Ach a nis ghabh maise na rìbhinn greim air a chridhe, agus bha a dealbh àillidh a ghnà fa chomhair a shùl. Ach bu bheag 'fhiuthair gu'n sàsaichte a ghaol; bha e fein na phriosanach, fo chasadí thruim, agus bha ise ann an inbh àrd, fada os a cheann. Mo chreach! thuirt e, 'se so a chuireas as do m' uile dhòchais, agus mo thruaighe! 's éiginn domh giùlan le cnuimh nach gabb leigheas.

Air do Fhlorilo bhi air a shocrachadh na dhreuchd, thainig freiceadan air àithn an righ, a thoirt Labona chum na croiche, far an deachaidh eadar-mhíneachadh Ioseiph gu h-iomlan a dhearbhadh. Ach dhi-chuimhnich Florilo a ghealladh do Ioseph.

Thraoigh bàini Shabrina: thionndaidh a mi-run gamhl拉斯ach gu caomh charthannachd agus gu aithreachas seirceil. Thug a smuainte aithreachail achmhasan d'a gairge mhi-thlusail; agus bha a cridhe gu sgàineadh le bhi smaointeachadh gu'n d'thug a dioghaltas buaireasach air gaol a cridhe bhi na laidhe ann an gainntir dhòinich, am feadh nach b' urrainn d'i a bheag de cho-fhurtachd a bhualeachadh air, no idir suaimhneas a thoirt di fein. Air an dòigh so bha ise ag iarguin gu neo-shòlasach, am feadh a bha Potiphar a' cur gu bàs agus a' creachadh nan

Etiopach, 's a bha Ioseph air a dhearmad ann am priosan.

AN CUIGEAMH EARRANN.

THAINIG a nis ceann crìch air fulangais Ioseiph : air a cheart oidhche mun do shaoradh e, chunnaic an righ dà aisling a dh' fhairtlich air a luchdfaisneachd an eadar-mhìneachadh. Air leis gu'n robh e ri taobh na h-aibhne *Nile* ; far an robh uile-bhéisteán na mara ag àbhachdas ri chéile dlù do thir; chunnaic e seachd daimh ro mhòr, agus reamhar a' teachd a nìos as an abhainn, ag ionaltradh air an fhaiche nòsair : nan déigh thainig fòs a nìos seachd beathaichean grannda caola, tana ann am feòil : chaidh iadsan a dh'ion-altradh air an fhaiche cheudna, agus dh'ith iad gu grad suas am feur gu h-iomlan. Chaidh cleth-ghort' annta, agus thug iad ionnsuidh air na seachd daimh reamhra, agus dh'ith iad suas iad mar an ceudna ; agus gidheadh dh'fhuirich iad gu caol, truagh, mar bha iad. Le sealla co iongantach, dhrùigh e co mòr air inntinn an righ 's gu'n do mhosgail e na bhreislich, agus dh'fhalbh a chadal uaithe. Eadar sin 'sa mhadainn chunnaic e bruadar eile, agus feuch ! bha e ann am meadhon machair thorraich, a' gabhail ioghnaidh ri fiughantus nàduir, an uair a chunnaic e 'g éiridh suas ann an gradaig, seachd diasan cruithneichd làn agus abaich, a b'fhearr a chunnaic e riamh ; agus air ball nan déigh 'h'éirich suas làmh riu, seachd diasan caola agus

seargta, anns nach robh bheag ach moll agus fàsan; agus 's e 'n ni a chuir ioghnadh air gu'n d'ith na diasa caola suas na diasa làna, agus gu'n do bhuanach iad co caol 'sa bha iad. B' amhuil sin bruadair Pharaoih, agus nochdadh am brìgh dha na chadal, ach air dha dùsgadh le iomaguin, dhì-chuimhnich e am brìgh, agus cha robh cuimhn' ach a mhàin aig air na bruadair.

Gu moch sa mhadainn chuir e fios air daoine foghluimte a bhaile, a bha ainmeil ann an eòlas na h-Eiphit. Thainig gach fear dhiu air 'eigidh na uidheam shònruichte. Ach bu diomhain an lòiseam; oir cha robh na h-iodholan balbh ga'n robh iad a' toirt aoraidh, comasach air brìgh nam bruadar 'fhoillseachadh. Ghnàthaich gach sagart a dhòigh fein air fàisneachd, agus cha do fhreagair a h-aon diu d'a chéile, cha mhò thaitinn iad ris an righ, a thuig gu math nach do chòrd a h-aon diubh ris an eadar-mhíneachadh e chunnaic e na chadal, ged nach b' urrainn e chuimhneachadh. Bha gach oidheirp a thug na sagairt gun fheum, agus las corrui Pharaoh an aghaidh am mealltaireachd; agus thainig failne Fhlorilo gu chuimhne, agus chaidh esan le cabhaig a dh'ionnsuidh an righ, ag ràdh.

"O righ mair beò gu bràth! Tha mi gu h-iriosal ag asluchadh maitheanais, arson mo mhòr chionta, agus gus a so nach do chuimhnich mi mo mhearachd. Feudadh do mhòrachd a chuimhneachadh, gu'n do thuit an t-àrd-fluineadair agus mise fo d' dhiùmb, agus gu'n do chuireadh an làimh sinn. Tharladh air aon oidhche gu'n do bhruadair gach fear dhinn bruadar a chuir mòr iomaguin oirnn, a chionn nach robh neach ann a

nochdadadh dhuinne am brigh. Bhruadair mise gu'n robh fineamhuin ghasda fa m' chomhair a ghiùlain tri meanglain àluinn air an robh blàith-ean, agus bagaidean mòra de fhion dhearcan : ghabh mi cupa mo righ a' m' laimh, dh'fhàisg mi na dearcan ann, agus thug mi do m' thriath e r'a òl, dh'òl do mhòrachd dheth, agus thaitinn am fion gu math riut.—Chunnaic am fuineadair mar an ceudna aisling, agus feuch ! air a cheann bha tri basgaidean, agus bha san aon a b'airde gach gne de bhiadh deasaichte do Pharaoh, agus 'nuair a bha e 'gan toirt a dh'ionnsuidh an righ, thug eunlaith an adhair air falbh iad, agus cha robh e na chomas am bacadh. Air an ath mhadainn, 'nuair a bha sinn gu dubhach deurach, thainig fleasgach àillidh Eabhruidheach, anns an robh spiorad nan dée naomha, a chaidh a chur gu neo-chothromach sa phriosan, agus dh'eadar-mhìnich e ar bruadair a réir mar thachair. Dh'aisig e mise gu deadh-ghean mo mhaighstir : ach chroch e Labona truagh. M'as toil leis an righ e rachadh fios air an òganach, agus 's dearbh leam gu'n eadar-mhìnich e dà aisling an righ."

Ghrad dh'áithn an righ Ioseph a thoirt as a phriosan. Chaidh a sgeadachadh le trusgan iomchuidh, agus bha e ullamh gu seasamh am fianuis an righ, oir dh'fhoillsich Gabriel a charaid e fein da, agus dh'aithris e an dà aisling agus am brigh, agus thug e seòladh iomchuidh dha mu riaghladh na h-Eiphit. An uair a thainig e gu h-ùmhal chum na righ-chathrach, bha gach sùil a' beachdachadh air àilleachd a phearsa, a chaidh gu mòr am meud le rugha nàire thain

ig na ghnùis. Chrom e e fein an làthair an righ, agus dh'fheith e gu ciùin r'a iarrtuis.

Co luath 's a chunnaic Pharaoh aghaidh Ioseiph, bha ni-eiginn ann a bhrosnuich a chàirdeas : ghlac e gu cridheil air làimh e, ag ràdh, "Tha aon de m' òglaich ag ràdh gur duine glic thu ann am foillseachadh nithe diomhair, air a' bheil dearbhadh aige o 'fhiosrachadh fein. Bha bruadair agamsa mar an ceudna, tha am brìgh doilleir agus deaçair, gidheadh tha iad a' cur nithe mòr air mhanadh." An so dh'aithris e a bhruadair, agus dh'earalaich e air Ioseph gun sgàth bhi air, agus an fhìrinn innse cia air bith co neo-thaitneach 's a bhitheadh i.

Le sealladh socair, gidheadh le giùlan flathail, a nochd mòrachd 'inntinn, fhreagair e, "Thugadh Pharaoh glòir do Dhia nèimhe, a dh'aontaich na mhòr thròcair, an ni a tha e dol a thoirt gu crìch air thalamh, a dheanamh aithnichte do'n righ. Bha na bruadair, a righ, nan dithis, ach is aon bhrìgh dhoibh. Tha na ceud seachd daimh agus na seachd diasan arbhair, a' ciallachadh an aon ni, agus a' cur an céill do Pharaoh gu'm bi seachd bliadhna ann de anabharra pailteis de gach gnè phòir, nach facas riamh a leithid ; mar bha ri fhaicinn leis na ceud seachd daimh, agus leis na ceud seachd diasan làn agus biadhchar. 'Se tha na seachd daimh chaola ainnis, agus na seachd diasan seargta a' ciallachadh seachd bliadhna de ghorta agus de ghainne ana-barraich ; nach facas a leithid, oir cha bhi aon chuid cur no buain ann ; agus mar dh'ith an spréidh chaol thana suas an spréidh throm reamhar, agus na diasga seargta na diasan biadhchar

abaich, tha e'leigeadh ris nach fàs anns na seachd bliadhna pailteis na dh'fhòghnas fad nan seachd bliadhna gorta, mar deanar an cùram is mò a ghabhail de thoradh na talmhainn. Smaointich-eadh an tighearna an righ air a' chùis, gu bheil àrd uachdaran an domhain a' togail suas dhaoine àraidh chum riaghladh os ceann an co-chreutairean, chum gu'm bi iad mar aithrichibh dhoibh, chum solar a dheanamh arson an sìth, an tèaruinteacd, agus an lòin. Cha d'fhoillsich Dia, a shocraich do righ-chathair, O! Pharaoih, so dhuit, chum t-inntinn rioghail a chràdh, ach chum gu'n gabhadh tu cùram dligheach de ana-bharra nan ceud seachd bliadhna, chum gu'm bi thu comasach air uireasbhuidh do shluaigh a shàsachadh rè sheachd bliadhna na gorta, chum nach bàsaich iad leis an acras. Air an aobhar sin, 's i mo chomhairle-sa, gu'n sealladh an righ a mach arson duine tuigseach ionraic, a bhios freagarrach, agus thoir ùghdarras da sa chùis so, chum gu'm bi an gnothach ni 's neo-dhraghala do'n righ.

Dh'amhairec an righ, le ioghnadh, air Ioseph rè na h-ùine bha e labhairt, a' gabhail iongantais ris na h-uiread ghliocais a bhi aig neach co òg, agus co luath 'sa sguir e a labhairt, leum e o 'righ-chathair, agus rug e air na ghlacaibh le fior dheòthas càirdeil, agus thubhairt e, "'Si so a bhrìgh, agus is tus' an duine a nochdadadh dhomh a'm' chadal, chum comhnadh a dheanamh rium san obair mhòir so. Tha mi, uime sin, a' gabhail riut mar aon a chuireadh o Dhia nèimhe, chum an sluagh a shaoradh. Agus a dhaoin' uaisle" a deir e r'a chomhairlichibh, "c'ait am faighean

aon aig a' bheil uiread ghliocais agus chrìonnachà 'sa tha aige-san." A nis thainig Florilo, a bhà rè na h-ùine so, gu tosdach ag éisdeachd le taitneachd, a dh'ionnsuidh Ioseiph, agus chuir e fàilte chàirdeil air, ag asluchadh maitheanais arson a dhearmaid, agus gu'n robh dòchas aige nach cuireadh Ioseph e as leth lughad a spéis da. Thuirt Ioseph ris nach d'thainig àm an Tighearna gus a so.

An sin thug an righ àithne gu'n cuireadh iad éideadh riomhach air Ioseph. Dìreach 'nuair chaidh e mach o fhianuis an righ, thainig aon de 'n luchd frithealaidh a steach, a thuirt gu'n robh Potiphar ag iarruidh guth uaigneach de 'n righ mu chùis chudthromraig. "Thigeadh e steach," a deir an righ, "oir is duine math e." Chaidh an righ do sheòmar uaigneach le Potiphar agus thuirt e ris an righ. "M'as cead le d' mhòrachd, mun deach mi air cheann an fheachd an aghaidh nan Etiopach, chuir mi riaghlaир mo thighe am priosan, arson gu'n d'rinn mo bhean casaid na aghaidh gu'n d' oidheirpich e a h-éig-neachadh; bha e'm aire labhairt ris an tighearna mo righ, gu'n rachadh a chur gu bàs; ach buidheachas do Dhia nach do thachair sin; oir chuir àithne theann an righ agus leas mo thìre na h-uiread chabhaig orm 's gu'n d'rinn mi dearmad air mo ghnothaichean fein. An uair a thainig mi dhachaidh, dh' aidich i gur casaid bhréig' a bh' ann; agus ghuidh i orm gu'm faighinn a chur fa sgaoil, agus co'leasachadh a thoirt dà arson an eucoir a rinneadh air. Ghuidhinn an caoimhneas sin o d' mhòrachd, agus bhithinn gu mòr a' d' chomain nam bu deòin leat a ghabhail fo

d' dhion ; oir tha e ro ghlic agus deadh-bheusach. Bu deònach a ghabhainn-se e mar mo charaid agus mo chompanach a'm' thigh fein ; ach cha'n fhaighear a ghabhail ann.

Dh'éisd an righ ris gu furachair, agus thuig e gur h-ann mu Ioseph a bha e labhairt, ghairm e steach e na làthair. Ach bu mhòr ioghnadh Photiphair 'nuair a chunnaic e a charaid, Ioseph a dhroch gnàthaich e, air a thoirt a stigh chum an righ air a sgeadachadh ann an corcur, le slabhraidih òir m'a mhuineal. Sheas e rè seal gun chomas gluasaid ; an sin le guth fann thuirt e, " 'Se a th' ann.' " Agus leum e d'a ionnsuidh, a' cur fàilte chridheil air. Bha na h-uiread ioghnaidh air Ioseph 'nuair a thuig e'n caochladh mòr, agus thuirt e, " Tha gairdeachas orm, a mhaighstir, fàilt a chur ort aon uair eile mar mo charaid ; agus gu dearbh cha d'thug mi cionfàth atharrachaидh dhuit." " Tha mi fiosrach air sin, a Ioseiph," thuirt e, " agus m' as toil leis an righ e, innsidh mise dhuit cionnas a dh'iompaicheadh mo chàirdeas gu bhi mar b'abhaist da.

" Thuirt thu rium, a Ioseiph, air an oidhche dhona sin a chuir mi do 'n phriosan thu, gu'm foillsicheadh an Dia sin d'an d'thug thu fein agus t-aithriche aoradh, do neo-chiontas, agus gu'n deanadh e cionta do luchd casaid aithnichte. Rinneadh e, mo charaid, chaidh t-fhàisneachd a choilionadh. Dhiol do bhana-mhaighstir bhochd gu goirt arson a h-amaideachd ; tha i na h-aobhar truais dhuit ; biodh i uime sin sacro t' fhuath. Bha a ban-altrum mhallaichte ni bu mhò r'a coireachadh na bha ise. Ach bba'm barrachd coire agamsa na bh' acasan

araon. Cionnas a dh' fheudainn a shaoilsinn gu'm b' urra boirionnach amharc air àilleachd do phearsa gun ghaol a thoirt duit. Bha aiteas orm do nochdadhbh dh'i, agus bha mi toilichte 'nuair a shealladh i gu caomhail ort, gun smaointeachadh air a chunnart a chuir mi fa chomhair mo mhnatha bochd. 'Sann bu chòra dhomh do chumail gu tur as a sealladh. Ach leig mi sgaoilte ris an lion i, agus cha'n ioghna leam gu'n do ghlacadh ann i. Bha duilichinn orm a faicinn a snaidheadh as, agus a maise 'ga fàgail, bha a h-éibhneas air a thionndadh gu bròn. Chaill i a togradh gu toileachadh, culaidh-shùgraiddh, no riomhadh; bha a cadal luaineach agus ioma-guineach; agus 's minig a chuala mi i an uaigneas a' gearan gu'n robh i duilich arson an dochair a rinn i air a fear. Air eagal a bròn a mheudachadh, bha mi a seachnad fiosrachadh m'an aobhar; gus an do chuir i fios orm an raoir g'a seòmar, far an robh i na laidhe gu tinn le fiabhrus. "O mo thighearna!" thuirt i, "an d'thoir thu maitheanas do chreutair truagh a bha neo-airidh air an earbs' a chuir thu annam? Mur biodh an t-Eabhruidheach ni b' fhearr na mise, bha do leaba air a truailleadh gu mòr." "An e, nach 'eil e ciontach?" a deir mise, "Cha'n 'eil, mo thighearna," ars' ise, "cha'n 'eil e ciontach; tha a dheadh-bheus neogluasadach. Cha d'thugadh dédir, earailean, no bagraidean, feachdadhbh á 'inntinn stéigheil. Chuir e 'mhuinghinn ann an Dia, agus thug e buaidh. Tha mis a'm' aonar ciontach. Thuit mi, gu neo-thoileach, an gaol air a' cheud uair a chunnaic mi e. Air dhomh bhi fiosrach co .

ciontach 'sa bha so, rinn mi na dh'fheud mi chum a chleth, ach a dh'aindeoин na b'urra mi a dheanamh, dh'fhairtlaich orm cur as da, gus an d'fhàs e co neartmhor 's nach robh mi com-asach a ghiùlan. Thug mo bhan-altrum mis-neach dhomh sa chùis, agus leig mi srian le m' an-tograidh, 'ga fhuran gu comain a thoirt dhomh an éirig mo ghraidh. Ach thug a mheas air a Dhia agus air a mhaighstir, buaidh air m'eireachdas, agus air gach furan a rinn mi air; agus leis co danarra 'sa bha e, thug e dearbhadh dhomh gu bheil ni-eiginн ann an diadhachd agus ann an subhailc a bharrachd air ni 's aithne dhomhsa. O fhir mo chridhe! an lugh thu mo chionta mu'n d'théid mi eug? Agus O ! 's toileach a dh'asluichinn maitheanas air-san air an do chuir mi 'n eucoir, mur bithinn fo eagal gu'n d'thugadh sealladh dheth buaidh orm."

"Bheir, a Shabrina, a deir esan, "bheir mi maitheanas duit le m' uile chridhe; tha 'n t-aid-eachadh saor soilleir so na chomharradh cinnteach gu bheil thu duilich air a shon. Gabham riut, a ghaoil mo chridhe, agus cuiridh mi Ioseph fa sgaoil, agus bheir mi rithist do 'n teaghlaich e." "Cha tabhair am feasd," a' deir ise, "cha 'n 'eil a chridh' agam 'fhaicinn tuille; oir ged nach 'eil mi a nis a' mothachadh a bheag ach càirdeas ceadaichte, cha dùraig mi mi fein a chur an cunnart ni 's mò. Dean thusa, a ghaoil, na ghabhas deanamh air a shon, ach na faiceam-sa tuille e. An uair a bhios mise marbh, dean do roghainn ris; ach saor do bhean bhochd, lag o bhuaireadh." Gheall mi géill a thoirt

d'a h-iarrtas, agus dh'áithn mi dh'i fois a ghabhail. Air dh'i an luchd a bh' air a h-inntinn 'aideachadh, chaidil i gu socair rè na h-oidhche, agus cha 'n fhaca mi o chionn fada i co suaimhneach 's a bha i 'n diugh 'n uair chaidh mi g'a faicinn, m' an' d'thainig mi a dh'fheitheamh air mo thighearn an righ.

Ach tha mi faicinn, a Ioseiph, nach cead-aicheadh an Dia san robh t-earbsa do Photiphar do thaisbeanadh do 'n righ; ach cò air bith a rinn e, bithidh e na charaid dhomhs' am feasd. Fhreagair Pharaoh, Chliùthraig Ioseph e fein dhòmhsa, agus mheudaich do naidheachdsa gu mòr mo mheas air. Tha e cur an céill na tha eireachdas a' cur air a mhanadh; agus ceadaich dhomh a ràdh, gu bheil e gu mòr a' meudachadh cliù mo chinn-fheachd eug-mhaisich, gu'n robh thu co deònach co'leasachadh a thoirt do Ioseph, san eucoir a rinn thu gun fhios duit air. Theirig dhachaidh a dhuine mhath, agus innis do Shabrina aithreachail, gur e Ioseph an dara fear a's àirde ann am meas agus 'an urram san Eiphit. Gheibh thu tuille-fiosrachaidh m'an chùis uair eile.

Neartaich a cheart subhaile a thug air Ioseph giùlan le fhlangasaibh a thug a neo-chiontas air, e chum a mholadh o aon gu aon a chluinntinn gun uabhar gun àrdan. Cha d'rinn a thrusgan riomhach, no a mhòr mheas mùghadh air irioslachd agus air mǎldachd 'inntinn, ris nach robh farmad aig neach air bith.

Thug Pharaoh àrd-ghairm a mach, leis an do shocraich e Ioseph na àrd riaghlar air tir na h-Eiphit uile, agus thug e àithne d'a iock-

drana air fad, iad g'a chòmhnhadh anns gach ni a ghabhadh e os laimh, no ge b'e ni a dh' iarradh e. Ghnàthaich Ioseph e fein co co-thromach, chrionna, mhathasach, 's gu'n robh a' chuid bu phailte do 'n t-sluagh ait arson gu'n robh riaghladh na tire aig neach co tuig-seach.

Air dha an stiùir a ghlacadh, 'se cheud ni a rinn e an caomhnadh bu mhò a shocrachadh an cùirt an righ, chum gu'm biodh an t-ionmhas comasach air còrr gach bliadhna de shiol a cheannach, agus tighean-tasgaidh iomchuidh a thogail chum a chumail, 'nuair a rachadh a cheannach. Bha mìle de mhagh còmhnràd dlù air Memphis air a shònrrachadh fa chomhair nan tighean-taisg. Thàinig an t-earrach, agus bha gach ni cur air a mhanadh gu'm biodh bàrr tarbhach ann, agus thug an talamh, ni h-ann air dòigh ghnàthaichte, ach air mhodh anabarrach, a thoradh seachad. Mu dheireadh na bliadhna thug Ioseph gairm fhollaiseach gu'm faigheadh iad, aig tighean taisg an righ, luach àraidih arson an t-sil a bheireadh iad ann. Thug a ghairm anabharra sìl o gach cearna, co luath 's a dh'éirich an abhainn, 's gu'm faigheadh iad a thoirt ann; agus chaith so a dheanamh gach bliadhna rè sheachd bliadhna, gus an do lìon e suas gach ionad taisg a bh'aige.

Thug Pharaoh an righ a stigh e aon là d'a sheòmar, agus thuirt e ris. A Ioseiph, tha cionfàth agams' agus aig an Eiphit uile air do mheas mar ar fear-saoraidh agus ar fear-coimhid, a chaith a thogail suas fa chomhair àm ar n-àmhaghair. Leis mar bu deònach le d' Dhia-sa

do chur d'ar n-ionnsuidh, 's iomchuidh dhuinne gach ni a dh'fheudas sinn a dheanamh chum gu'm bi toil-inntinn agad. Shònraighe mise bean duit, a Ioseiph. Na biodh ioghnadh ort : 's ann ri aon de na bain-tighearnan is àirde san Eiphit a thaobh breith, maise, agus deadh bheus, a tha mhiann orm do phòsadh. Nam biodh nighean agam fein a b' airidh ort, bu deònach a bheirinn duit i; ach mar nach 'eil so ann, dh'iarr mi a mach air do shon, aon leis am faodadh an righ a's mò a bhi toilichte. Guidheam ort, arsa Ioseph, nach bi cabhag ort m' an chùis mun cuir thu 'n céill gnothach co cudthromach. Nach bu mhòr an tàmailt do aon de bhana-phrionnsan na h-Eiphit a bhi pòsda ri coigreach neo-inbheach, a bha aon uair mi-fhortanach. Na can tuille, ars' an righ, oir tha e cheana socraichte. Is onoir do'n bhana-phrionnsa is urramaiche t-fhaotainn.

Cha do ghabh Ioseph ris an tairgse mhòir so leis an aoibhneas a shaoileadh neach. Bha 'n nighean mhaiseach neo-aithnichte a chunnaic e 'n uair bha e sa phriosan a ghnà na aire; bha ise socraichte na chridhe, agus cha robh 'rùn air gabhail ri té eile. Cha bu mhath a bha fios aige cionnas a ghiùlaineadh e e fein sa chùis, ach chuir e roimhe nach gabhaidh e ach a' cheud aon air an do ghabh e gaol. Bha Prionnsa Potipherah san àm an cuirt Pharaoh, agus chuir an righ an céill da g'um b' iomchuidh a thigeadh e dha a nighean, Asenat, a phòsadh ri Ioseph àrd-riaghleas na h-Eiphit. Thaitinn a' chùis gu math ris an àrd-shagart urramach, agus air iarrtus an righ chaidh e

dhachaidh a chur a chomhairle ri Asenat a nighean. Ach ciod bu mhò a chuir de ioghnadh air no nach fhuilingeadh i iomradh chluinn-tinn air a ghnothach. Guidheam ort, Athair, thuirt i, 's na deòir a' sileadh sios nam braon-aibh mòra, nach cuir thu dh'aindeoin mi a phòsadh fir do nach 'eil spéis idir agam, agus o na chuala mi a rùn, a tha na chuspair air m' fhuath. Ciod, Asenat, am fuath a dh'fhaodas a bhi agad do àrd-riagh'l'ear na h-Eiphit, m'am bheil an righ agus an sluagh co ionmhuinn? A nighean amaideach, 'se urram is mò is urrainn an righ a bhuileachadh ort; agus tha mi 'g iar-raidh gu'n aontaich thu gun dàil a ghabhail, no gu'n innis thu gu saor soilleir dhòmhsa do chion-fàth na aghaidh. Mo thruaighe! thuirt i, cha 'n e àrd-riagh'l'ear na h-Eiphit am fear is urrainn mis a dheanamh sona, agus cha deòin leam pòsadh gus an saoil mi gu'm bi toilinntinn agam a'm' fhear.

Bha Asenat na h-aon de 'n chuideachd, aig banais Photiphair agus Shabrina, a chaidh a shealg uilbheisteann an fhàsaich, 'sa chunnaic gaisge agus treubhantas Ioseiph, an uair a shaor e a bhana-mhaighstir o'n leòghann chiocrach. Thug a cridhe òg agus maoth an aire do choilion eireachdas a bh'air a phearsa; ach thug i am barrachd aire d'a thapadh agus d'a fhoghaingeachd. An aon fhocal, thuit i an trom-ghaoil air, agus chuir i roimpe nam pòsadh i am feasd gu'm b'e Ioseph a roghainn. Ach do bhrìgh nach fac i e rè ùine mhòir, bha gnè fhuath aic' air gach fear eile; agus ge b' àrd cliù an àrd-riagh'l'ir, cha d'rinn i riamh uiread agus amharc air.

Chuir an righ agus a h-athair rompa, gu'm

faiceadh i Ioseph; ged a bha 'm barrachd de dheadh nàdur anna 's gu'n cuireadh iad aon diubh a dh'aindeoin. Ach an uair a thachair iad, bu chiatach le Ioseph gu'm b'i Asenat a cheart òigh a chunnaic e 'nuair a bha e sa phriosan; agus arson an do chuir e cùl ris gach boirionnach eile. Cha bu lugha an t-ioghnadh a bh' air Asenat le beachd a ghabhail air pearsa an àrd-riagh'l'ir, an uair a thuig i gu'm b' esan an t-Eabhruidheach d' an tug i gaol a h-anma. Cha d'thainig dithis riamh am fianuis a chéile leis an tuille gràin, agus cha robh càraid riamh bu taitniche a bh' air am mealladh. Agus an tus', a chiall mo chridhe, air an robh mo dhéigh o chionn fada, a chuir an righ roimhe a phòsainn? a deir Ioseph. A ghaoil m' anma, cha 'n urrainn duit a smuaineachadh na bh' agam a dh'fhuath a' d' aghaidh; ach gu ma beannaichte gu'n robh Dia nèimhe, a tha toirt miann mo chridhe a' m' ionnsuidh. Agus am feud e bhith gur tusa e shaor Sabrina, ars' Asenat? O'n latha ghreadhach sin, b' e 'n t-Eabhruidheach òg, treubhach, gaisgeil, a ghoid uam mo chridhe. Nach beannaicht' am freasdal so, a tha coilionadh mo mhiann an agnaidh mo thoile; oir b' fhuathach leam thu, a Ioseiph; bu bheag orm an t-àrd riagh'l'ear air son m' Eabhruidheich ghràdhach. Thugamaid cliù do ghliocas agus do mhaitheas De, a chuir as d' ar n-eagal air mhodh co taitneach. Chaidh am pòsadh air an ath latha 'an làthair an righ. Bha gairdeachas mòr air an t-sluagh air a shon, agus ghuidh gach neach deadh shoirbheachadh do 'n chàraid òig.

Am feadh a shoirbhich le Ioseph ann an riagh-ladh na h-Eiphit, bu deònach le Dia Iudah deas-labhrach fhiosrachadh le mhealltaireachd roimhe so a thoirt gu 'chuimhne. Phòs Er, a mhac, 'nuair a thainig e gu aois iomchuidh, Tamar, a bha gu h-òg, maiseach, agus deadh-bheusach. Bha Er gu h-aingidh an-diadhaidh, gun suim aige de àitheanta Dhé Abrahim, agus cha robh na rùn ach anamianna neo-ghlan a shàsachadh, agus a bhi 'ga luathre ann an toileachadh feòlmhor. Thug Iudah agus Sunah, a phàrantan oidheirp air neo-stuamachd a chaithe-beatha a smachdachadh, le deadh chomhairle agus deadh eiseimpleir; ach chuir e gu h-ea-céillidh cùl r' an comhairle, agus dh'fhurain e bàs ann am mearachd a shlighe. Bha 'inntinn calg-dhireach an aghaidh inntinn Ioseiph; b'e deadh-bheus tlachd Ioseiph, ach b'e dubhailc agus dò-bheart sòlas an fhir eile. Thachair air là àraidh gu'n deach' Er air ghnothach tamull air falbh, agus an uair a bha e dol seachad air doire dlùth uaigneach, gu'n do leum leòghann beucach a mach as agus reub e as a chéile e. 'Nuair nach do thill e aig an àm shuidhichte, chaidh teachdairean a chur a mach chum 'iarraidh, agus fhuair iad e gu dòineach air a bheubaineachadh leis a bhèist alluidh ud. 'Sann an sin a thuig Iudah ciod an inntinn a bh' aig 'athair 'nuair a thug iad còta ca'dath no breacain a mhic d'a ionnsuidh làn fala. An sin thainig tagradh dùrachdach a bhràthar arson a bheatha gu' chuimhne leis gach ni drùigheach a bha na charamh. Agus maille ri call a mhic, bha chuir-iomchuir chràiteach so aige gur

breitheanas cothromach a bh' ann o Dhia, arson gu'n d'aontaich e le bhràithre ann an toirt triob-laid air Iacob taghta.

Chum nach biodh ainm a mhic bu shine cailte ann an teaghlaich Iudaih, chaidh Tamar a thoirt do Onan, chum gu'n togadh e suas sliochd d'a bhràthair a dh' eug. Ach bha cridhe Onain an tòir air leannan eile, agus bha fios aige ged a bhiodh sliochd ann nach b'ann airson a shloinne iad ; uime sin thug e 'n aire nach biodh iad ann, ge nach do chuir e tur-chùl ri toil-inntinn na leaba phòsda. Thug an ni a rinn e oilbheum do 'n Ti is àirde, agus a chum luigheachd a thoirt dha 'an éirig a mhi-ghniomha, dh' òrduich Dia a bhualadh marbh le meall dealanaich o shoireach-aibh na feirge.

O a Iudaih ! cionnas a dhrùigh an dara buille o laimh Dhe ort ? Cionnas a leugh thu do pheacadh ann ad pheanas ? Do dhà mhac air an toirt uait le bàs 'an tréin an neirt. Bha 'n cràdh-cridhe aig Tamar gu'n d'adhlaic i a dithis fhear m' an robh i ach an àird' a sunnd. Cha robh ach Selah gu ainm an teaghlaich a chumail suas, agus e gu h-òg maoth. Cionnas a bha eagal air 'athair gu'n rachadh Selah an déigh a bhràithrean, agus gu'm fàgta gun sliochd e. Cha do chum aon ni ach eagal roi Shimeon agus Lebhi e o làn aidmheil air a chionta a dheanamh ris a phriomh-athair urramach. Ach chum an eagal-san air ais e, gu h-àraidh o nach cual e ciod a rinn na h-Ismaelich ri Ioseph.

AN SEATHAMH EARRANN.

BHA na h-uiread dhearbhaidh aig Pharaoh mu ghliocas agus mu ionracas Ioseiph, 's nach do chuir e tomhas air a chumhachd ; ge b' e ni a rinneadh 'an tìr na h-Eiphit, 's esan a rinn e, agus shoirbhich leis gach ni a rinn e. 'Se 'uidheam bu tinne air uidheam Pharaoih fein, agus 's ann a mhàin air an righ-chathair bu mhò Pharaoh na esan. Chaidh e feadh na rioghachd uile, sholair e tighean-taisg, shocraich e daoine anns gach mòr-roinn a cheannach gach gnè shil, ni cha 'n e 'mhain a bha chum buannachd nan Eiphiteach, ach gach rioghachd eile mu'n cuairt.

Leis mar bha a dhleasdanas agus a shòlas a ruidh san aon sruth-chlais, chruinnich e na h-uiread shil rè nan seachd bliadhna pailteis 's a dh' fhògnadh do 'n Eiphit rè a dhà uiread de dh' ùine, ged bu toil le Dia a ghort a bhuanachadh rè na h-ùine sin ; agus bhrosnuicheadh e chum so a dhèanamh le 'fhiughantachd nàdurra, chum gu'n rachadh aig' air cobhair air airc dhaoin' eile. Cha robh duine riamh a fhuair uiread urram o na h-Eiphitich 'sa fhuair Ioseph, 'n uair a chunnaic iad gach ni a' teachd gu crìch mar thubhairt e. Agus mheas iad gu'n robh e ro mheasail aig na dée ; agus cha chreideadh mòran diubah nach bu dia beag e fein, air teachd a nuas an riochd duine chum an rioghachd ghràdhach a choimhead. Oir cha robh teagamh air bith aig na h-Eiphitich, nach b'iad fein an t-aon sluagh a b' ionmhuinne le Dia. Nach bu chomharraighe am mùghadh a mhothaich Elisah o shluagh Israeil, an uair a

roi'innis e m'an ghorta a thachair r'a linn-san. Mheasadh gu'n do chuir e dragh air Israel, agus b'éiginn da teicheadh arson a bheatha.

Bhuanaich Ioseph air ceannach sìl fad nan seachd bliadhna pailteis; ach b' i nise toil an Fhreasdail nach do shil an t-uisge co mòr 'sa b' àbhaist da air beanntaibh Abisinia, a chleachd làn mòr a chur san abhainn *Nile*; ionnas nach d'éirich i idir co àrd 'sa b' àbhaist di. Uime sin cha robh ach droch cinneas ann, agus bha na dh' fhàs coltach ri diasan seargta Pharaoih, gur gann a b' fhiach iad am buain. Mhothaich iad a nis gu'n robh 'ghainne air tòiseachadh ann an tir Chanaain; agus dh' iarr na h-Eiphitich lòn fa chomhair an teaghlaichean air an àrd fheariaghlaidh.

An uair a thuig am priomh-athair aosda gu'n robh 'n t-acras a' bagradh a theaghlaich, ranns aich e gu cùramach c'àit am faichte siol arson airgid; agus air dha a chluinntinn gu'n robh siol san Eiphit a mhàin, chruinnich e a shliochd agus labhair e riu air a' mhodh so. Tha sibh, mo chlann, a' faicinn gur deòin le Dia, arson peacaibh dhaoine, an ceud agus an t-uisge deireannach nan àm a chumail air an ais. Cha 'n 'eil e air a cheadachadh do na tuiltean mòra thu snàmh sna neulaibh, frasadh a nuas a dh' uisgeachadh an fhuinn thartmhoir. Tha sibh a' faicinn nach 'eil aon chuid cur no buain ann, cha mhòr nach do theirig ar lòn, agus tha 'ghorta gu soilleir a' teachd 'nar caramh. Ach c' arson a tha siun mar so ag amharc air a chéile? Gnàthaichead na meadhona chum ar cumail suas am fad 's a dh' fheudas sinn. Cha bhàsaich sinn gus

am fairtlaich a' chùis oirnn. Chuala mi gu bheil pailteas lòin san Eiphit, ged a tha gort' a' buadh-achadh 's na h-uile ceann eile do 'n domhan; agus gu bheil an t-àrd fhear-riaghlaidh na dhuine fialaidh, 's nach cuir e aon neach air falbh falamh. Falbhaibh, uime sin, a chlann, rachaibh sios do'n Eiphit, agus ceannachaibh teachd-an-tìr dhuinn le airgiod, oir ciod am feum a ni airgiod duinn 'nuair a ghearrar uainn lorg an arain. Mar so tèarnaidd sibh ur mnài agus ur clann o dhol bàs le gorta.—Rachaibh air falbh uile ach Beniamin. Is iomchuidh gu'm fuirich esan a thoirt an aire air na gnothaichean aig an tigh. Cha robh aig an duine mhath de shliochd Racheil a nis ach Beniamin, agus cha dùraigeadh e a chur an cunnart turuis co fada.

Dh' aontaich mic Israeil gu h-ealamh leis an iarrtus, agus dh' imich iad air an là-màireach do 'n Eiphit. Mun d'ràinig iad Memphis, mu mheadhon na h-oidhche san tigh-ósda, bhruadair Simeon gu'n robh e aig Dotan maille r' a bhràithribh, a' cur an cinn r'a chéile cionnas a chuireadh iad Ioseph gu bàs; an uair a chuir iad romp' a dheanamh, air leis 'nuair a bha iad 'ga leige sios do'n t-slochd, gu'n d'thainig làmh neo-fhaicinneach a nuas o rèamh, gu'n do spion i Ioseph o'n chunnart san robh e, 's gu'n deach' a thoirt as am fradharc. Agus an uair a chaidh Ioseph a thogail suas, gu'n do thuit Simeon san t-slochd san robh e los a bhràthair a chur. Chlisg e leis an eagal, agus dhùisg e mu'n d'ràinig e iochdar an t-sluichd. Ge bu chruidh a chridhe thug cunnart a bhruadair so air gu'n do mhoth-aich e cràdh inntinn Ioseiph air là a thrioblaid.

Agus ge bu mhòr a chruadal agus a mhisneach, bha e fo eagal gu'n robh 'n aisling a' cur mishealbh eiginn air a mhanadh. Uime sin bha chuid eile de 'n turus ro neo-shunndach leis.

Le spiorad fàisneachd bha fios aig Ioseph gu'n robh a' ghorta mòr, 's gu'n d'ràinig i tir Chanaain; agus smaointich e, a measg na mòr bhuidhinn a thainig a dh'iarraidh sil, gu'n tigeadh a bhràth-re fein mar an ceudna; uime sin chuir e 'n céill an dreach d' a fhear-riaghlaidh, agus dh'àithn e, nan tigeadh iad, nach rachadh an riarachadh gus an rachadh an toirt d'a ionnsuidh. A réir na h-earail sin 'nuair a thainig iad a dh'iarraidh sil, chaith an seòladh a dh'ionnsuidh riagh-l'ear Ioseiph, a thuirt riu nach bu chomasach freagradh a thoirt doibh gus an tigeadh an t-àrd riagh-l'ear dachaidh. Ach, o nach robh e ach a' gabhail sràid leis an righ, gu'n tigeadh e an ùine ghearr, agus iadsan a dh'fhuireach dlù do laimh. Rinn iad sin, agus chunnaic iad am barrachd mòr-chuis agus riomhaidh mu uidheam an righ agus Ioseiph na chunnaic iad riamh roimhe.

'Nuair chaidh 'n toirt am fianuis Ioseiph dh' aithnich e gu math gach aon diubh, ach cha robh 'n aithne bu lugha aca air-san; agus ged a bha e gu séimh caoimhneil, cha b' urra dha gun an reasgaichead na aghaidh a chuimhneachadh. Thug am faicinn a thrioblaid uile na aire. Chrom iad sios da leis an urram bu mhò, a feòraich ciod a b'aille leis riu. Thug so mar an ceudna a bhruadair na aire, agus gu stràiceil dh' fhiosraich e dhiubh ciod an gnothach ris-san, agus shocraich e a shùil gu dil air Simeon.

Fhreagair Iudah air a shon fein agus arson chàich. Le cead do mhòrachd, tha sinne o thir Chanaain. Air dhuinn a bhi air ar cùradh leis a ghorta 'nar tìr fein, chuala sinn gu'r robh siol r'a sheachnadh san Eiphit, agus mu fhialachd an àrd riagh'l'ir; thainig sinn a nuas a cheannach bìdh dhuinn fein, d' ar mnathan, agus d' ar cloinn bhig, chum nach d'théid iad eug leis a' ghainne.

Na h-innis dòmhса a' deir e, gu coimheach riù, gur luchd malairt sibhse. Tha ni-eiginn 'nar n-aogasg a tha dearbhadh nach daoine neo-inbheach sibh; oir a thaobh bhur coltais dh' fhaodadh sibh a bhi 'n ur mic do righ. 'Se m' amharus gur daoin' uaisle sibh, a thainig o thir ghaisgeil eiginn, chum lomnochd na dùthcha arannsachadh.

Cha 'n e, mo thriath, a deir athair nan Iudhach; cha luchd-brathaidd sinn, ach daoine firinneach; a tha tre bhochduinn ar dùthcha fein air ar co' éigneachadh gu lòn iarraidh ann an tìr is mò tha air a beannachadh leis an Fhreasdal. Tha sin 'nar coigrich do ghreadhnachas lùchaint, agus cha 'n 'eil cuid againn de ghniomhara gaisgeil. Ge b'e air bith is coltas duinn, feudaidh do mhòrachd a chreidsinn gur ann mu chuallachadh, agus mu bheathachadh spréidhe a fhuair sinn ar n-àrach; oir cha 'n ann an cùirt righ a bheathaicheadh sinne, ach 'nar n-àirich mu thimchioll spréidhe; agus cha robh gnothach againn do 'n Eiphit ach a cheannach bìdh d' ar teaghlaichibh, arson a' bheil sinn toileach aon luach is àill le m' thighearn iarraidh iocadh.

Cha 'n ann mar sin a tha, a deir Ioseph, Cha 'n ionann d' ar coslas-sa 's do bhuachaillibh. Cha mhò tha do dheas-chainnt a nochdadadh gur h-ann a gleidheadh nan caorach a bhà thu. Cha bhiodh sibh iomchuidh air bhi nar luchd-brathaidh an aghaidh ar tire mar biodh sibh co carach 's gu'n ceileadh sibh e le mealltaireachd agus le ceilg. Tha mi 'g innse dhuit gur h-ann le droch rùn a thainig sibh do 'n tìr.

Gun ma fada uainn e, a thighearna, a deir Iuda, a bhi ciontach de 'n mhealltaireachd m' an do labhair thu. Gu cinnteach is buachaill-ean sinne, mar bha ar n-aithriche ré ioma linn. Is sinne gineil Abrahaim, mu an cuala, theagamh, do mhòrachd iomradh. Is deichnear bhràithre sinne, mic aon duine ann an tìr Chan-aain. Tha fear, eile aig an tigh le'r n-athair, agus mo thruaighe!—tha fear nach maireann, nach àirmhear a nis a' measg a bhràithre.

Ro mhath, arsa Ioseph, tha sibh a' tagradh 'ur neo-chiontachd a thaobh cealgaireachd. Ach cha ghabh mi 'ur focal air a' chùis; agus ma dhearbas sibh sibh fein nar daoine firinneach bithidh mis a' m' charaid duibh; agus bithidh comas agaibh dol air ur n'-ais agus air ur n-aghaidh, agus ur malairt a dheanamh air feadh na h-Eiphit uile; ach ma gheibhear a mach gur mealltairean agus luchd-brathaidh sibh, cuirear gu cinnteach gu bàs sibh. Leis a so dearbhaidh sibh gur daoine firinneach sibh. Rachadh fear agaibh dhachaidh do thigh ur n-athar, agus thugadh e 'an so 'ur bràthair a's òige m' an do labhair sibh, 's an sin creidimh mi gu bheil sibh ag innse na firinn. Mar dean sibh so,

dearbhaidh e gu bheil ur rùn gu h-olc, agus co cìnnteach 's a tha Pharaoh beo is luchd-brathaidh sibh.

Cha 'n eadh, mo thighearn, air chor air bith, fhreagair Iudah, gu h-iriosal, gidheadh tha aon aobhar arson nach feud sinn géill a thoirt do àithne do mhòrachd. Agus cha 'n ann air eagal gu'm faighte nar mealltairean sinn; ach air eagal gorta ar teaghlaichean. Oir cha d' fhàg sinn de bhiadh ach gann aig an tigh na dh' fhòghnad, le deadh bhanas-tighe, gus an ruigeamaid dachaидh. Nan deanamaid mar dh' àithn mo thighearna, an sin gheibheadh tigh ar n-athar uile bàs a chion làin m' an ruigeamaid, agus bhiomaid ciontach de 'm ful. Uime sin mur toilich ach sin mo thighearna m 'ar timchioll, is fearr dhuinn pilleadh dhachaидh, agus a bhi sealltann air an olc a dh' éir'eas doibh; oir cha 'n urrainn duinne bhi beo an deigh tigh ar n-athar a bhi air a sgrios.

Thug Ioseph òrdugh do'n fhreiceadan a bha 'ga choimhead iad a chur an deichnear bhràithre ann an laimh, far an do ghléidh e iad rè thrì làithean; ach thug e sparradh teann d'a àrd fhear muinntir an aire mhath a thoirt doibh, nach biodh aon ni feumail 'gan dìth, no dhìth air an seirbhisich no air an càmhuilean. Gu moch air an treas mhadainn co luath 's a shoillsich a' ghrian an talamh, dh'òrduich e iad uile na làthair. Agus thuirt e riu, Thug mi fainear do gach ni a labhair sibh, 'nuair a chunnaic mi roimhe sibh; agus leis mar a dh'fheudas 'ur sgeula bhi fior, cha chuirinn an seann duine an cunnart, m'an do labhair sibh, no idir 'ur mnài

agus ur clann a chur fo chomhraich na gorta; oir tha eagal De orm, agus cha 'n 'eil faireachduinn no daonnachd an aineol orm. Iarram aon chumhadh oirbh, ni leis an éiginn duibh aontachadh, agus 'se sin, gu'm fuirich fear agaibh ceangailte anns a' phriosan, an geall ri sibh a philleadh; agus theid a' chuid eile dhibh chum ur teaghlaichibh leis na dh'fheudas sibh a ghiùlan do shìol; agus 'nuair a thig sibh a ris bithibh cinnteach gu'n d'thoir sibh leibh ur bràthair a's òige; ni ma bheir, theid esan a dh' fhàgar an geall 'fhuasgladh dhuibh, agus pillidh sibh uile ann an sìth chum ur n-athar. Ach mar pill sibh, diòlaidh am fear a dh'fhagas sibh air le 'bheatha.

O ! a deir Iudah, cionnas a bheir aon olc olc eile na cho'long ! Thuit Er agus Onan fo bhuelle a' cheartais sin a tha dioladh àmhghair Ioseiph. Tha fear eil' a nis air iarraidh, agus cò aig a 'bheil fios c'ait an sguir e ? Tha cionta fala ar bràthar 'gar ruagadh, agus a' fàgail gach freasdail searbh neo-shòlasach. Tha ar Dia 'gar fàgail gu tagradh an diomhain, a chionn 'nuair a chunnaic sinn cràdh 'anma, nach nochdamaid bàigh dha, ged a ghuidh e oirnn e le deuraibh goirt. A Thighearna, tha do dheanadas-sa cothromach, is sinne a mhàin a tha ciontach.

Nach d' rinn mise na dh'fheud mi, a deir Reuben, chum ur cumail o'n ghniomh nàrach agus ghràineil ? Ghnàthaich mi gach cainnt a b' urra mi, chum gu'n caomhnadh sibh beatha an leinibh; ach bu diomhain mo shaothair. Agus 's ann a chum gu'm faighinn 'aiseag gu saor slàn do ghlacaibh 'athar a ghéill mi a leige

sios do'n t-slochd; agus dheanainn e an ath oidhche, mar bithinn air mo bhacadh leis mar reic sibh e ri coigrich, agus nach b'aithne dhomh cia 'n taobh a thug iad e. Ach cha'n 'eil teagamh agam nach do ghabh freasdal De cùram dheth, 's gu bheil e nis ann an dùthaich is càirdeile na mhothaich e ann an tigh a chàirdean, am feadh a tha sinne, a luchd-geur-leanmhuinn, gu ceart-bhreitheach air ar ruagadh le laimh dhioghaltais De Iacoib.

Tha mi, a deir Simeon, gu saor ag aideachadh nach do mhothaich mi agartas mo choguis arson mar rinn sinn air mo bhràthair, gus o chionn chùig oidhchean, gu'n do thuig mi cràdh a chridhe ann an aisling. Agus o na mhothaich mi 'n sin, cha 'n 'eil mi saor o eagal gu bheil ni-eiginn ro chràiteach a' feitheamh orm; oir, air leam gu'n robh mi direach mar bha Ioseph, 'nuair a chuireadh sios san t-slochd e; o sin cha robh m'inntinn saor o smuainteach' air iomaguin an òganaich, no air mulad anabarrach ar n-athar bhochd 'nuair a nochd Lebhi agus mise an còta fulteach dha aig Mamre. Ach ge b'e ni a dh'éireas domh, 's airidh mi air. Bu mhiann leam a bhi co striochdta a' m' thrioblaid 'sa bha mi adhartach 'an cur an gniomh na cionta.

'S beag a bha fhios aig macaibh Iacoib, gu'n robh an t-àrd riaghlear a' tuigsinn an cainnt, oir chum a dhàimh riu a chumail an cleth, 's ann a labhair e do ghnà riu tre eadar-theangair, air an d'thug e dol amach, co luath 'sa thòisich iad ri labhairt ri chéile. A dh'aindeoin gach coimheachais a nochd Ioseph, agus an rùnsuidhichte chuir e roimhe, thuig e nach robh e

comasach stad a chur air an reachd a bha na bhràighe, ullamh gu sileadh o dhà shùil, 'nuair a chual e cainnt aithreachail a bhràithre; uime sin chaidh e leth-taobh do ionad uaigneach, agus thug e saor chomas do għluasad diomhair a chridhe. Co luath 's a shocraich e thainig e d' an ionnsuidh, agus labhair e riu mu ghnothaichibh an tħid-dhutħcha, gus an robh an soireachan làn, 's an do luchdaicheadh an càmhuilean agus an asailean le siol. Ach cha robh riamh a leithid de spàirn eadar fior-ghliucas agus gràdh bràthaireil 's a mhøthaich Ioseph na inntinn iomaguinich. Bha gràdh-bràthaireil 'ga bhrosnach-adh gu grad fhàilt a chur air a bhràithribh, ach dh'earalaich fior-ghliucas air gun fhàilt a chur orra gus an dearbhadh e an gradh do Bheniamin. Bheir crionnachd buaidh air tog-radh, far a' bheil gliucas a' riaghladh.

Thachair mar chuir Simeon air a mhanadh, oir shocraich Ioseph air gu fuireach mar gheall e gus am pilleadh càch; ged a bha e nis an aghaidh a thoile smuairean a chur ar Simeon, a chionn gu'n do thuig e gu'n robh aithreachas air mar rinn e. Ach b' éiginn da fear ac' a ghleidheadh, no e fein a dheanamh aithnichte dhoibh; ni nach fac' e iomchuidh a dheanamh fhathast. Uime sin chaidh Simeon a cheangal nan làthair, agus a thoirt do 'n phriosan; am feadh a chaidh càch a mach o Ioseph agus dh'imich iad do thìr Chanaain. Cha'n ann gun iomachuir chuir air a chéile m' an chrudas san robh iad, agus air an an-iochd do Ioseph mar mhàthair-aobhair an iomlain. An uair a ràinig iad an tigh-òsda, 's a dh'fhosgail Isachar a shac

a thoirt bìdh d'a asail, fhuair e na thug e dh' airgiad arson a shìl ann am beul a shaic; le ioghnadh m' an chùis, dh'innis e d'a bhràithribh e. Le shamhuil de iongantas ruidh gach fear chum a shaic fein gu rannsachadh, agus feuch ! ann am beul a shaic fhuair gach fear 'airgiad fein gu h-iomlan. Gu tosdach smaointeachail dh'amhairc iad air a chéile. Bha fhios aig gach fear gu'n robh e fein saor o'n chùis; ach cha b'urra dha fios a bhi aige mu chàch. Mheas iad uile gu'n robh làmh Dhe orra chum uilc; ach cha b'urra dhoibh a smaointeachadh cionnas a philleadh an cuid airgid. Dhealaich an cadal riu air an oidhche sin, oir bha fiuthair aca gach uair gu'n d'thigeadh iad air an tòir, chum an toirt air an ais chum an uachdarain. Mu dheire smaointich iad gur foill a chaidh a ghnà-thachadh orra, chum an riobadh gu bhi nan tràillean. Agus air dhoibh deadh-fhios a bhi aca gu'n deanadh an cumail san Eiphit sgrios a tharruing air tigh Iacoib, chuir iad rompa nach géilleadh iad mar chladhairean d'an luchd mì-ruin, agus gu'm b'fhearr leo bàsachadh far an robh iad, na bhi nan tràillean d' a leithid de mhealltaireachd, agus gu'n reiceadh iad am beatha co daor 'sa dh'fhaodadh iad. Bha iad a nis deacair gu'n robh Simeon g'an ì, a chionn gu'n do dhearbh e a threubhantachd roimhe sin. Ach bu diomhain an eagal, agus b'fhaoin an rùin cheannsgalach. Oir thug Ioseph àithne dhìomhair d'a àrd fhear-riaghlaidh an airgiad uile a chur nan soireachaibh fa leth, 's a cheart riaghailt san d'fhuaradh e; air chor 's nuair a thainig a' mhadainn, cha robh neach air an tòir.

Luchdaich iad an ainmhidhean, agus dh'imir iad air an turus, ag amharc an dràst agus a ris nan déigh a dh'fheuch an robh cunnart air bith am fagus; agus mar so chaidh iad air an aghaidh o là gu là, gus an d'ràinig iad an ionada còmhnuidh.

Chunnaic an seann duine còir iad fad as a' teachd gu fòill, a chionn gu'n robh iad trom-luchd-aichte agus sgìth; agus aiteas air gu'm fac e iad a' tighinn dachaidh tearuinte le lòn d'an teaghlaichibh! Ach 's grad a chaidh crioch air 'aoibhneas 'n uair a chunnaic e nach robh Simeon ann! B' éiginn doibh gach ni a thachair eadar àrd-riaghleas na h-Eiphit agus iad fein innse, agus gu'n d'iarradh orra Beniamin a thoirt leo an ath-uair a rachadh iad sios. 'Nuair a chual e sin dh'fhàilnich a chridhe, agus thug e achmhasan mar so dhoibh arson an giùlain. Nach b'urra dhuibh, daoine thainig chum 'ur n-aois, agus nach robh riamh air 'ur meas neo-thugseach, lòn a cheannach air ar son, gun dol a dh'innse m'ar teaghlaichibh? Ciod am feum a bh' air sibh a ràdh gu'n robh bràthair eil' idir agaibh? Ciod an gnothach a bh' aig an uachdaran ris, agus cha mhò a dh'fheòraicheadh e mu thimchioll, mur labhradh sibh fein gu neo-thùrail uime. Cha'n fheud mi aontachadh gu'n d'théid Beniamin ann. 'S ann mar bheadradh ruibhse gu'n do chaill mi Ioseph. Cha'n 'eil truas agaibh ri m'shean aois, 'nuair a b'aill leibh Beniamin a thoirt uam mar an ceudna. Tha na nithe sin uile a'm' aghaidh-sa.

Thainig Reuben gu h-ùmhail dlù dha, agus fhreagair e gu modhail 'athair. Na'm biomaid

neo-chùramach mu mhulad agus mu thrioblaid athar co urramach, bu mheasa sinn na na brùidean fein. Na cuireadh Israeil cion caomh-iochd as ar leth, ma dh'aithris sinn tre eiginn an ni bu mhiann leis a chleth. Air mo shon fein deth, air leam gu bheil gnùis an uachdarain gu mòr a' cur an aghaidh a chridhe, m'as ion eagal a bhi oirnn roimhe. Tha nì-eiginn co gradhach agus co gaol-thàirneach ann, 's gur e air leam gu'n earbainn mo bheatha ris. Agus mar dhearbhadh gur i'n fhìrinn a tha mi labhairt, ma leigeas m'athair le Benjamin dol leinn, mar gheall sinn, gu'm fàg mi mo dhà mhac, Hanoch agus Palu mar gheall na éirig gus am pill e; agus ma thig dochair air, dioladh iad air a shon.

Mo thruaighe, a Reubein! a deir an seann duine, tha thu labhairt mar dhuine gun fhiosrachadh. Ged a bhiodh Benjamin air a chall, cha deanadh bàs mo dhà ogha ach mo lot ni bu chràitiche. Tha Ioseph cheana marbh, agus cha'n 'eil agam a làthair de ghineil Racheil, ach Benjamin, arson an d'rinn mi seirbhis rè cheithir bliadhna deug d'ar sean-athair; agus nan rachadh e maille ribh, 's gu'n tigeadh sgiorradh air mar thachair air Ioseph, thigeadh an ceann liath so agams' a nuas le bròn gun tomhas chum na h-uaighe. Cha d'theid mo mhac Benjamin sios maille ribh.

Mhothaich an t-athair aosmhòr, Iacob, gu'n roch dà-thrian do'n lòn air a chaitheamh, agus chuir e 'n cuimhne a chuid mac gu'm b'äm dhoibh bhi smaointeach' air dol a rìs do'n Eiphit, a dh'fhaighinn an tuille, chum nach rachadh as 'doibh le gorta. Rachaibh, a deir e, a chlann,

do'n Eiphit agus ceannaichibh dhuinn beagan tuille bìdh arson an teaghlaich. Theid sinne, 'athair, arsa Iudah, ma théid Benjamin leinn; ach mar d'théid cha'n urra dhuinn dol ann : oir dh' eitich uachdaran na tire an aghaidh sinn a dhol ann, mar d'thugamaid ar bràthair a b' òige leinn; agus nan d'thugamaid ann e, gu'm biodh comas againn malairt a dheanamh ann an earrann air bith de'n Eiphit. Smaointich, uime sin, O 'athair ! ciod a ni sinn, oir bithidh a chlisge gainne againn.

Thuirt an duine naomh, 'sa chridhe 'ga fhàsgadh le bròn, C'arson a Iudaibh, a bhuin thu co olc rium, 's gu'n d'innis thu do uachdaran na tire gu'n robh bràthair eil' agad, oir 'tha mi tuigsinn gu'm bu tus' a b' fhear-labhairt do'n ionlan.

Mo thruaighe ! arsa Iudah, rinn an duine ar ceasnachadh gu teann mu thimchioll ar cor, ar dàimhich, aireamh cloinne ar n-athar; agus dh'innis sinn an fhìrinn anns gach ni. Am b' urra dhuinne fios a bhi againn gu'n iarradh e ar bràthair oirnn ? Agus ged a bhiodh fhios againn gu'n abradh e thugaibh a nuas ur brathair d'am ionnsuidh, cha bhiodh a chridh' againn car no cealg a dheanamh sa chùis, oir an sin chuireamaid corruiich air ar Dia; agus bhiodh mi-thlachd ort fein arson ar cionta. Ceadaich dhomh a ràdh, gu bheil m' athair caomh ann am mearachd a thaobh a churaim mu 'mhac Benjamin. Tha sinn uile 'nar mic dhuit cho math 'sa tha esan; agus na h-uiread chòir againn air do chùram. Ach tha Simeon 'an geimhlibh an tir chéin, tha gorta a'bagradh oirnn féin, air ar mnathan agus air ar cloinn. Cha'n fheud aon ni beatha Shimeoin

a shaoradh, ach sin dhol do'n Eiphit le'r bràthair Beniamin ; agus cha 'n fheudar ar teaghlaichean maoth a chaomhnadh, ach le lòn as an tìr sin. Cuir leamsa e, agus bithidh mis a'm' urras air a shon, agus uamsa iarraigd tu e. Ma chuireas tu leinn e, falbhaidh sinn gun dàil ; ach mur cuir, cha d'theid sinn ann. Feudaidh sinn co math fuireach aig an tigh agus dol bàs le gorta maille ri'r mnathan agus ri'r cloinn, 'sa bhi air ar sgrios leis a' chlaidheamh ann an dùthach choigrich. Smaointich mata, ciod a ni sinn. Mar biomaid maidheanach dh'fhaodamaid bhi air pilleadh an dara uair. Agus thugadh Israel fainear gu'm bàsaich sinn uile, mur ceadaichear do Bheniamin dol leinn, agus cha 'n 'eil esan a' ruidh cunnart sam bith le e dhol ann. Cuimhnich, athair, gu bheil Dia Bheteil, anns a bheil do mhuinghinn anns an Eiphit co math 's an tìr Chanaain. Tha e comasach air do Bheniamin a dhion ge b' e àite sam bi e.

Le so a ràdh dh'fhan e na thosd, agus fhreagair am priomh-athair gu smuaireanach. Is drùighteach a labhair thu, a Iudaih. Ni sinn guth air a' ghille agus leigidh sinn g'a thoil fein e : ma bhios e fein deònach, cha chuir mise na aghaidh, ach mar bi, cha chuir mi ann d'a antoil e. A' bheil thu toileach, a Bheniamin, dol maille ri d' bhràithribh air turus eile do'n Eiphit ? Tha iad ag ràdh nach d'théid iad ann gun thu dhol leo, agus tha mise ro neo-thoileach do leigeil ann air eagal gu'm bi turus co fada goirt ort. Labhair gu saor do bheachd m'an chùis, a mhic. Fhreagair Beniamin, Cha b' airidh mi air Jacob a bhi na athair agam nan

seachnainn aon chunnart d' a' bheil mo bhràithrean buailteach. Gu ma fada uamsa bhi'm shlaodaire diomhanach aig a bhaile, am feadh a tha iadsan gu saoithreachail aghartach a' cothachadh air mo shonsa agus air son mo chloinne bige. Cha 'n e mhàin gu bheil mise toileach dol leò, ach tha mi ro dheònach dol ann; agus labhrainn roimhe so uime, ach bu duilich leam mulad a chuir ortsa, athair; tha toil agam àrd-riaghlear so na h-Eiphit 'fhaicinn. Cha'n fhios domh cionnas a thachair e, ach o na chuala mi Reuben ag innseadh uime, tha mi gun fhios c' arson, ro dhéigheil air. Agus an raoir bhruadar mi gu'n do sheas mi na fhianuis maille ri m' bhràithribh, 's air leam gu'n robh nì eiginn co ro thaitneach ann 's nach b' urra mi gun ghràdh a thoirt dà. Ach 'nuair a thainig e chur failte orm, air leam gu'n do mhothaich mi a chàirdeas, ni's blàithe na aon ni dh'fhairich mi riamh. Air mo shon fein, thachair dhomh mar tha Reuben am barail, nach 'eil an t-àrd-uachdaran na chulaidh eagail. Ro mhath, a mhic, a deir an seann laoch, le osna throm, 's eiginn dòmhsha géilleadh. Gu'n d'thugadh Dia dhuibh nach meall an duine sibh.

Ach, a chlann, thugaibh leibh airgiod dù-bailte nar làimh, a bhàrr air na philleadh 'nar sacaibh, agus ath-dhiolaibh e; theagamh gur ann gun fhios a rinneadh e le cuid de luchd-riaghlaidh nan tighean-taisg. Agus na rachaibh lamh-f holamh a dh'ionnsuidh an duine, do bhùi gu'n caisg tiodhlac fearg; ach thugaibh leibh tabhartas eireachdail de 'n toradh is fearr nar tìr; mar tha ioc-shlaint, mil, spìosraidh, mìrt,

cnothan, agus almoine. Agus, O ! Dhe Uile chumhachdaich, bi maille ri m' mhacaibh, agus deònaich dhoibh deadh-ghean ann am fianuis an duine.

Dh'fhalbh mic Israeil ; dh'fhoillsich an Tigh-earn e fein do Iacob ann an taisbein na h-oidhche, ag ràdh ris, *A Iacoib, ciod a tha thu faicinn?* Fhreagair Iacob, Chi mi craobh Almoin, ro bhòidheach, mìn, agus dùmhail, air an robh dà mheanglan-dheug, a tha air sgaoileadh a mach nan cunntas 'gun àireamh de mheòir, agus iad uile a' giùlan toraidh ro àluinn. Fhreagair an taisbein, 's math na chunnaic thu a Iacoib. 'S tus' a chraobh àluinn almoine sin, uaitse thainig dà mheanglan-dheug, a bheir sliochd a mach mar ghaineimh na fairge thaobh lionmhoireachd. Na feòraich cionnas a dh'fheudas sin tachairt, a chionn gu bheil aon gheug air a gearradh o'n stoc. Gu ma leòir leat a thuigsinn, na chuir gliocas neo-chriochnach roimhe, gu'n dean uile chumhachd a choi'lionadh ; fàg cùram Bheniamin air a Dhia, oir pillidh e t-ionnsuidh ann an tearuinteachd. Mar so labhair an sealladh, agus an àm dealachaidh dh'fhàg e gàir neamhaidh ann an cridhe an aosmhoir, ionsamhuil mar mhothaich e aig Peniel, 'nuair bha cumhachd aige mar cheannard ri Dia, agus a thug e buaidh.

AN SEACHDAMH EARRANN.

AIR do mhic Iacoib teachd do'n Eiphit, thug-adh an làthair an uachdarain iad, air an robh gairdeachas a chionn gu'm fac e a bhràithrean

air pilleadh gu slàn fallain, agus Benjamin maille riu. Seadh, thuirt e riu, choi'lion sibh an cùmh-nant, air ur taobhsa, 's iomchuidh dhòmhsha gu'n coi'lion mise mo chuibhrionn fein deth; bheir mi grad àithne gu'n d'thoir iad ur bràthair as a' phrìosan. An uair a chunnaic e cò'lath uile iad, dh'òrduish e d'a fhear-riaghlaidh beathach biadht' a mharbhadh agus cuirm phailt uidheamachadh; oir, ars' esan, gabhaidh na daoine sin an dinneir maille riums' an diugh. Air dha riaghailt fhàgail air a theaghlach, agus dol mu thimchioll a ghnothaichean, dh'fhàg e a bhràithrean leo fein gu meadhon là. Thainig Iudah a nis a dh'ionnsuidh an fhir-riaghailt, agus ghabh e an lethsgeul mu'n airgiod a fhuair iad nan soirichean. O mo thighearna! tha sinne fo mhòr iomaguin sa cheart àm so, agus tha feum againn air do chàird-eas a nochdadadh dhuinn, o'n a tha maoidhein mòr agad air an àrd fhear-riaghlaidh. 'Nuair a thainig sinn air tùs a nuas do'n Eiphit, ged a shaoil do thriath gu'n robh, cha robh gnothach air bith againn ach a cheannach bìdh d'ar teagh-laichean. Cheannaich sinn an siol, agus shaoil sinn gu'n do dhiol sinn air a shon; ach, ni a chuir duilichinn oirnn, 'nuair a dh'fhosgail sinn ar soireeachan, gu'n d'fhuair gach fear a chuid airgid fein am beul a shaic. Cha'n urrainn duinn a thuigsinn cionnas a chuireadh 'an sin e. Ach air dhuinn a bhi toileach roinn gu cothromach ris gach neach, thug sinn leinn an t-airgiod a chuireadh oirnn gun fhios duinn, a thuilleadh air airgiod gu thoirt an eirig sil a bheir sinn leinn san àm so. An deòin leatsa, mata, an t-airgiod a philleadh a ghabhail, agus a lughadh dhuinn ge

b'e dòigh air 'n do thachair e? Thug sinn mar an ceudna a dh'ionnsuidh an 'ard-uachdarain tiodhlac beag de thoradh ar dùthcha, agus bithidh sinn a' d' chomain ma bheir thu dha e 'n ar n-ainm-ne.

Thuirt an riaghlaire riu, gu'n gabhadh e gu toileach mu laimh an tiodhlac do'n àrd-uachdaran a liubhairt; ach arson an airgid, cha ghabh mi e, oir làn dhìol sibh arson ur sil 'nuair a fhuair sibh e. A thaobh an airgid, a fhuair sibh 'nar sacaibh, na biodh iomaguin oirbh air a shon. Is gibht a th'ann o' ur Dia, arson nach d'thig aon bheud 'nar caramh. Socraichibh ur cridheachan, agus na biodh càram oirbh, oir tha 'òrdugh agams' innse dhuibh gu bheil fiuthair aig mo thighearna ribh na lùchaint chum ur dinneir a ghabhail maille ris an diugh. 'B fhearr leo gu mòr an cuireadh so a sheachnad, agus dinneir bu neo-shòghmhoire 'ghabhall san tigh-òsda; ach cha'n fhaigheadh iad cùl a chur ris a chuireadh, agus dh'aontaich iad dol ann.

'Nuair chaith am fear-riaghlaidh a mach, 'sa bha iad 'nan aonar, thuirt fear aca. Tha Simeon a chuireadh fa sgaoil ag amharc gu math air taobh an àrd-uachdarain, ach cha 'n 'eil tlachd agam de'n chuireadh so. 'S minic tha 'n rùn is mealltaiche fo sgàile cairdeis. Thug sinn air a thuigsinn nach bu luchd-brathaidh sinn; ach tha eagal orm nach 'eil a dhi air ach lethsgeul eile fhaotainn chum ar cumail 'nar tràillean san tìr. 'S éiginn domh 'aideachadh, arsa fear eile, gu bheil cuireadh a bhi againne ar dinneir a ghabhail maille ris an dara fear is àirde san rioghachd, ag amharc ro mhi-chiatach. Air mo shon fein,

a deir Beniamin, cha 'n 'eil mi fo eagal air bith m' an chùis. Tha mi faicinn nì-eiginn san àrd uachdaran a tha cur an céill gur neo-chomasach dha bhi na mhealltair. Ciòd i do bharails', a Shimeoin? Tha 'm barrachd eòlais agadsa na th' againne mu nòs nan Eiphiteach.

Gu fìrinneach a bhràthair, arsa Simeon, Cha 'n aithne dhomh ciod a their mi mu'n chùis so. Is iongantach an ni mise nach d'rinn ach tighinn á priosan, gu'n gabhainn mo dhinneir ann an lùchaint. Gidheadh feudaidh mi a ràdh, nach d'fhuair mi mi-shuaireas air bith fheuchainn domh, ni 's mò na gu'n robh mi 'n làimh. Chunnaic sibh gu'n deachaidh mo cheangal 'n ar làthair, ach co luath 'sa dh' fhalbh sibh, chaidh mo thoirt do ionad a bha air gach dòigh taitneach, ach a mhàin gu'n robh mi air mo chumail ann. Bha gu leòir de bhiadh math air a thoirt domh, ach cha b' aithne dhomh, co uaithe thàinig e. Thainig an t-àrd-uachdaran fein gu tric ga m' fhaicinn, agus labhair e gu h-ionmhuinn rium mu thimchioll nan Eabhrui-each, (oir 's aithne dha mu Abraham, ged is Eiphiteach e) mu'r n-athair agus mu Bheniamin; agus gu sònruichte, mu thimchioll bàis Ioseiph. Agus 's tric a chunnaic mi, 'an am bhi labhairt mu na nithe sin, gu'n sileadh na deòir gun fhios o shùilibh. Cha 'n fhaod mi ràdh gu bheil aon eagal orm roi' dhroch gnàthachadh, o 'n a choilion sibhse ur cuid fein de 'n cho'cheangal.

Mar bha iad mar so a co'riasanachadh r'a chéile, thainig Ioseph dhachaидh agus thug e àithn' an toirt a stigh do thalla na lùchaint. Thug a stiùbhard, mar dh' iarr iad, seachad an

iocshlaint, am mirr, &c. ni ris an do ghabh e le taitneachd fhollaiseach, a thug mòr thoileachadh d'a bhràithribh. An sin dh' iarr e orra suidhe, agus dh' fhiosraich e m'an slàinte.

An robh sibh gu math, mo chairde, a deir e, on dh'fhalbh sibh? An d'fhuair sibh ur deadh shean-athair gu math? A' bheil ur mnathan agus ur clann nan slàinte?

Fhreagair Iudah, agus thuirt e, Chaidh sinn gu math dhachaidh, agus fhuair sinn d'òglach ar n-athair co math's a b' ion fiuthair a bhi r'a leithid de sheann duine; fhuair sinn fòs ar mnathan agus ar clann gu math. Ach tha eagal oirnn as ar n-athair 'nuair a philleas sinn, oir ràinig e 'chridhe dealachadh r'a mhac a b' òige.

An e so ur-bràthair is òige m' an do labhair sibh? a deir e, Gu'n robh Dia gràsmhor dhuit a mhic. Tha dòchas agam nach bi aobhar gearain aig t-athair a chionn do chur 'an so.

Le sin a ràdh, cha b' urra dhà cumail ni b' fhaide air fein. Cha b' fhios da cionnas a chumadh e o fhàilt' a chuir air a bhràthair; Uime sin dh' fhàg e 'n seòmar, mu'n d'thugadh a bhràithre an aire d'a iomaguin, agus chaidh e do sheòmar uaigneach, far am feudadh e leige le bhròn sileadh gu frasach. Mar biodh chum an dearbhadh an robh an rùn gamglasach aca do Bheniamin a bh' aca dha fein, chuireadh e gu luath fàilt' orra, 'gan aideachadh mar a bhràithrean. Ach, mar rinn e roimhe thug a ghliocas buaidh air a thogradh, agus cheil e a ghràdh dhoibh gus an tuigeadh e ciod an rùn san robh iad a thaobh Bheniamin.

'Nuair dh' fhalbh an luchd a bh' air 'inntinn, dh' ionnlaid e na deòir o 'aghaidh, chaidh e chum

a dhinnearach le mic 'athar, a shuidh maille ris aig a bhòrd a réir an aois, o Reuben sios gu Beniamin. Air bhi dhoibh san uidheam so, chuir e cuibhrionn a chum gach aoin aca, a' tòiseachadh aig Beniamin agus a 'sgur aig Lebhi, nach d'thug fhathast aon dearbhadh mu aithreachas. Ach bha cuibhrionn Bheniamin a chùig uithir ris na thug e do aon neach de chàch, a leigeil dha fhaicinn gu'n d'fhuair e caraid ann an àrd-uachdaran na h-Eiphit. Mar sin dh' ith agus dh' òl iad gus an robh iad subhach na fhanuis.

Ach a chum an gràdh do Bheniamin a dhearbhadh, chuir e roimhe gu'n glacadh e e mar chiontach, a dh' fhaicinn ciod an drùghadh a dheanadh e orra. Chum sin a dheanamh thug e àithne d'a sheirbhiseach ag ràdh, cha 'n 'eil mi fhathast cuibhte 'sna daoinibh sin; 's eiginn duit mo chòmhgnadh ann an innleachd a dhealbh mi chum deuchainn is tinne a chur orra. Theirig agus lion an saic le siol, agus cuir airgirod gach fir na shac, agus cuir an cupan airgid so agamsa 'm beul saic an fhir is òige maille ri airgirod a shil. Ach dean fein e, chum nach bi fios aig aon neach air ach agads' agus agamsa.

Cha d'imich iad fad air an turus, mu'n d' àithn e do riaghleas a thaighe cuideachd de eachaibh lughor a ghabhail, an leantuinn, a bhraid a chur as an leth, agus an toirt air ais chum an àrd uachdarain. Bu mhòr an ioghnadh 'nuair dh' amhairc iad nan déigh 's a chunnaic iad cuid-eachd de mharcsaluagh fo 'n armaibh gu dian air an tòir. Stad iad le 'n asailibh, agus dh' fhiosraich iad m' an chion-fàth. An ann mar so, a deir an ceannard, a bheir sibh co'leas-

achadh an éirig caoimhneis mo thighearna? Nach b'urrainn duibh co'roinn a ghabhail d'a bhia-tachd gun chuibhrionn de shoithichean airgid a ghoid? Thug sibh libh cupan mo thighearna, an cupa leis an dean e fàisneachd, agus as am bi e 'g òl. Is olc a fhuaradh sibh, olc a dhìoladh 'an éirig math.

'S mòr m' ioghnadh, *arsa Iudah*, ri leithid de chainnt a chluinntinn o bheul mo thighearna. Nior leige Dia gu'm biodh a h-aon de shliochd Israel ciontach de ghniomh cho gràneil. Smaointich cia co mi-choltach 's a tha e gu 'n goid-amaid cupan do thighearna. 'Nuair a chaidh ar n-airgiod a chur air ais 'n ar sacaibh gu'n fhios duinn thug sinn air ais e o thìr Chanaain. Nam biomaid toileach eucoir a dheanamh, b' fhurasda dhuinn a ghleidheadh dhuinn fein. Cionnas, mata, a ghoideamaid o d' mhaighstir airgiod no òr? Ach 's e do bheatha gu 'r rann-sachadh, agus thu fein a thoileachadh; agus ma gheibhear againne e, cuirear esan aig am faighearn e gu bàs, agus bithidh a chuid eile dhinn deònach a bhi 'n daorsa aig do mhaighstir.

Biodh a chùis mar sin *a deir e*, theid esan aig am faighearn e a ghleidheadh na thràill do m' mhaighstir, ach feudaidh càch triall air an turus. Ghradh leag iad an saic, agus thòisich seirbhiseach Ioseiph air rannsachadh, a'tòiseachadh aig sac an fir bu shine, gus an d'thainig e gu sac Bheniamin, as an d'thug e an cupan nam fianuis uile, chum e suas e, agus thuirt e riu, an do chuir mi 'n eucoir oirbh a nis? Ann an anabhairra eu-dòchais reub iad an aodach, luchdaich iad an ainmhidhean agus phill iad do 'n bhaile;

oir cha rachadh iad dachaидh gun am bràthair Beniamin a bhi maille riu.

Bha Ioseph fathast san talla, a' feitheamh gus am pilleadh iad, agus air dha gach danarrachd a chur air a choslas, thuirt e, Ciod e so a rinn sibh? An robh sibh am barail nach faighinns' a mach 'ur mealltaireachd? Am math a thig e dhuibh mo choimhneas a dhìoladh mar so?

Thuit iad uile sios na làthair le 'n aghaidh an gu lär, agus labhair Iudah gu h-iriosal mar so ris: Mo thruaighe! mo thighearna, 's diomhain duinn ar neo-chiontas a thagradh, do bhrì gu'n d'fhuaradh an cupan againn; ged nach cuir Dia nan uachdaran as ar leth-ne a chur ann. Cha 'n ann as leth so ach as leth sean chionta a tha t-òglach a' fulang. Cha 'n i do lamh-sa ach lamh Dhe a th' oirnne. Tha sinn ag aideachadh gu bheil a phreitheanais cothromach. Tha sinn a' strìochdadadh d'a bhinne, agus a' géilleadh gu bhi 'nar tràillean an tìr choigrich. Gabh sinn, a thighearn, agus dean ruinn ni's áill leat. Slàn leat Israeil, aosda urramaich! gu'n robh Dia Abrahaim 'ga d' chòmhnhadh, oir cha'n fhaic thu do chuid mac tuille am feasd. Cha 'n 'eil Ioseph ann, agus tha meirle air a cur as leth Bheniamin, agus chuir a chuid eile do d' mhic rompa nach fàgadh iad e na airc. Cha ghiùlain e cionta a bhràithrean na aonar. Bean-nachd leibh a mhnathan gràdhach, agus a chlann bheag chridhe, cha mhothaich sibh tuille fàilte chridheil ur cuiid fear no ur n-àithrichean! A Ioseiph chaoimh! cha d'éigh fuil Abeil riamh ni b' àirde arson dioghaltais, na tha t-fhuilsa a' deanamh! Thuit Er agus Onan cheana mar

chobhartach chum do dhìoladh. Agus a nis tha uile shliochd Iacoib air an iarraidh. A Bheniamin neo-chiontaich, c'arson a dh' fhuil-ingeadh esan maille r'a bhràithribh ciontach? Le so a ràdh, thainig stad air a chainnt le meud a bhroin, agus bhrùchd e, mach le tuireadh cràiteach; agus thuirt e, na cum sinn an teagamh, a thighearn, oir tha sinn deas chum a chuid a's measa a choinneachadh.

Nior leige Dia gu'n deanainn eucoir oirbh, arsa Ioseph, aon chuid nar cur gu bàs, no idir 'nar gleidheadh uile fo dhaorsa. Cha bhi ach esan aig an d'fhuaradh an cupan buailteach do pheanas. Arson chàich rachadh iad dachaidh gu tigh an athar ann an sìth; agus thigibh agus deanaibh ceannachd san tìr mar fhreagras duibh. Tha reachd cothromach ann is còir a thoirt fainear leis gach neach ann an ùghdarras; 'se sin gun an ciontach a leigeil as saor, no idir peanas a dheanamh air an neo-chiontach, cia air bith co dlù an daimh 's a bhios e air a chiontach. Tha eagal Dé orm. 'Se a reachd mo riaghait-sa; tha e ceadachadh dhomh peanas a dheanamh air a' chiontach, ge b'e àit am faighear e; ach tha e bacadh dhomh fòirneart a dheanamh air an neo-chiontach. Tha sibhse, a dheichnear air chomas bhur coise; 's ann a mhàin ris a' chiontach a tha mo ghnothach-sa.

Mo thruaighe! a bhràthair Bheniamin, a deir Lebhi, an ann mar so a thainig gach deadh bharail a bh' agad m'an àrd-uachdaran? Cionnas a bha do chridhe gun ghò air a mhealladh? O! mo bhràthair, cia meallta bha do bhruadar, leis an do shaoil thu gu'n do chuir fàilte chairdeil

an àrd-uachdarain crith-bhlàis air feadh do chuim uile? O! a bhràthair, a bhràthair, cha phill mi am feasd do thìr Chanaain as t-eug'ais.

Thainig Iuda a nis air aghaidh a dh'aslachadh tròchair an uachdarain. Mo chreach? mo thighearna; caombain an t-òganach, ar bràthair, o chuibhrich, o phriosan, agus o bhàs. Mur bithe cionta a bhràithrean, dh' fhaoidte fiuthair a bhi ri nithibh a b' fhearr. Dh' fhaoidte mòran a ràdh 'an lethsgeul ar bràthar. Tha e òg gun fhiosrachadh, agus cha 'n fhac e ach beag de'n t-saoghal. Bha a ghiùlan san àm a chaidh seachad neo-lochdach; agus cha tric le uachdarain thròcaireach peanas goirt a dheanamh air a' cheud choire. Dh' fhaoidte a ràdh na aobhar, nach robh 'n gille a làthair 'nuair a chaidh na soireachan a lìonadh; agus theagamh gu'n deach' an cupan a chur ann gun fhios da. Gidheadh tha chùis, do brìgh coslais, na aghaidh, cha'n 'eil sinn a' tagradh chum sinn fein a shaoradh, ach tha sin 'gar fàgail an taice ri iochd an àrd-uachdarain. Ge nach fàgar a chiont' ach air aon 's éiginn gun tuit am peanas air an iomlan. Tha na tha'n dàn duinne air a thuaimleadh na chor-san. Ceadaich dhomh a ràdh, oir tha mi nis a' labhairt arson beatha no bàis, gur i tròcair a' bhuaidh a's àirde san Diadh achd, agus uime sin, uaill phrionnsachan agus uachdaran; 's ann a mhàin air tràillean agus daoine nach fiù a tha fearg agus dioghaltas iomchuidh. Thug sinne sinn fein thairis do d' mhòrachd, agus air leam nach b' ann gu cliù no urram na h-Eiphit, gu'n cuireadh a h-àrd nachdaran àireamh dhaoine gu dì a tha toileach

a bhi fo fhiachaibh g'a thròcair arson am beatha. Rinn thu roimhe so fòir oirnn, 'n uair as eug'ais, a b' éiginn duinn bàsachadh le gorta : gu ma deònach leat an tròcair cheudna a ghnàthachadh ann am buileachadh saor mhaitheanas orrasan a tha toileach a bhi air am meas ciontach. Ciod nam b' ann a dh' fhuilingeadh Dia ar n-aithriche, a tha ghliocas do-rannsachaidh, agus a bhreitheanais nan doimhneachd mhòr, do d' òglaich tuiteam san airc mhòir so, chum an tuille cothrom a thoirt do d' mhòrachd air do dheadhbheus a nochdad. Nochdaidh e gun teagamh deadh rùn ann am thighearna, 'nuair ghabhas e tlachd ann am buileachadh beatha agus tròcair, a roghainn air dioghaltais teann a chur an gniomh arson dochair a rinneadh air fein.

Tuigeadh mo thighearna, nach ann m'ar beatha agus m'ar tèaruinteachd fein a tha sinn co ioma-guineach. Cha 'n ann, chaill beatha a tlachd a's àirde, o na h-uiread sgainnil a thoirt air Israel. Ach 's ann arson caomh iochd ri'r deadh athair aosda a tha chean' air 'aomadh sios le cruidh-fhortain. Agus bheir call a chloinne 'fhalbh liath urramach sios le bròn chum na h-uaighe. Tha deadh fhios agam, a thighearna, ciod a tha mi 'g ràdh. Mhothaich mi cràdh cridhe athar le call obann mo dhà mhic fein. Chunn-aic mi bròn anabarrach m' athar arson call a mhic Ioseiph. Agus ma chailleas e Benjamin, anns a bheil a bheatha ceangailte, 's furasd' a smaoointeachadh ciod a leanas. Theagamh gu bheil aig mho thighearna athair aosmhòr beo. Abair gu bheil e mar tha ar n-athair-ne, agus biodh a cheann liath na fhear-tagraidh as leth

òganaich neo shona, a tha 'm beatha ann ad làimh. Tha mic agad fein, a thighearna. O d' chaomh bhàigh dhoibhsan, smaointich air ni's éiginn d'arr n-athair-ne a mhothachadh arson call a chuid cloinne. Tha ni-éiginn caomhail ann an ainm athar, uime sin thagh an Ti a's àirde e, mar aon de na h-ainme càirdeil, leis a bheil e 'ga fhoillseachadh fein d'a shluagh, agus leis an deòin leis iad a labhairt ris. Ath-dhiolaidh Dia, t-athair nèamhaidh, dhuitse gach caoimhneas a nochdas tusa do'n ghille so, agus dhuinne annsan. Guidheam, a thighearna, leis gach ni tha caomhail agus caidreach, leis gach ni tha taitneach ann am ball co'chomuinn, agus leis na comaine is càirdeala fo bheil sinn do Athair nan uile thròcair, gu'n caomhain thu'n t-òganach chum e bhi na cho'fhurtachd d'a athair aosmhòr.

Thainig mise fo fhiachaibh gu'n liubhairinn d'a athair e a rìs, agus cha phill mi as eug'ais. Ma tha e ri bàs fhulang, fuilingidh mise na ionad. No ma's i daorsa a bhinne, theid mise na ionad. Tha bàs agus daorsa co'ionann leam. Le mi ràdh so cha 'n 'eil mi ach a' labhairt dùrachd mo bhràithrean uile, oir tha iad soираichte air seasamh no tuiteam maille ri Benjamin.

Le so a ràdh, shleuchd e sìos aig casaibh an uachdarain, agus càch uile mar an ceudna, ann an co'eadar-ghuidhe arson am bràthar bochd. Ach do bhrì coslais, cha diongadh e a bheag.

Thuirt Benjamin le ciùineachd thaitneach, agus le gràdh bràthaireil, Mo bhràithre, ma tha iochd agus truacantas an an-fhios do chridhe an àrd-uachdarain, cha 'n eagal leam ni's urrainn e a

dheanamh orm. Cha'n'eil ann ach dol gu bàs, agus cha chomas da fein a sheachnad. Ach fanaihbse beo, mo bhràithre; air sgàth Israeil gabhaibh ris a bheatha a tha 'nar tairgse. Bithidh e na chàil-eiginn de thoileachadh d'ar deadh athair gu bheil a Bheniamin saor o'n chiont arson am fuiling e. Aithriseam a rìs m'iarrtas, mo bhràithrean, oir cha'n'eil am bàs na eagal orm.

Le strìgh mhòr chum Ioseph air fein gun an luchd a bh' air a chridhe a bhrùchdad a mach agus le càileiginn de smachd dh' àithn e do'n fhreiceadan breth air a phriosanach.

Leum Simeon agus Lebhi o'n ionad san robh iad, tharruing iad an claidhean, agus ghrad sheas iad eadar na maoir agus Beniamin, agus le frionas mòr thuirt iad, Ma chuirear Beniamin gu bàs, cha bhàsaich e na aonar no gun dioladh. Dhòirt na claidhean so ful nan ceudan roimhe so, agus cuiridh iad fhathast na ceudan gu bàs mun dòirt-tear gu neo-thoilltinneach ful Bheniamin. Cha dòirt sliochd Haim ful nan Eabhruidheach gun dioladh. M'as bàs duinn reiceamaid ar beatha **co** daor 's a dh'fheudas sinn.

Cumaibh air ur lamhan as gach taobh ! a deir Ioseph, is leòir e, rachadh gach neach a mach ach **an** t-aon-bhrathair-deug, agus chaidh iad uile a mach. Na aonar maille r'a bhràithribh, thuirt e, Dhearrb mi 'ur crualal mo bhràithre, agus tha aiteas orm 'fhaicinn. Is mise Ioseph, ur bràthair fein, Ioseph. Agus shil a dheòir gu frasach air muineil Bheniamin, agus ghuil e gu h-àrd, ionnas gu'n cuala na h-Eiphitich e. Sheas a bhràithrean fo'n ioghnadh bu mhò, agus bha amhluadh air gnùis gach fir. Thug sealla d'am bràthair air

an d'rinn iad dochair, an cionta na uile dhuaich-neachd gu'n cuimhne. Cha robd a dhàandas aca na thigeadh dlù dha, ged a bha iad aoibhneach gu'n robh e beo.

Chuir e fàilte chridheil orra a lion fear agus fear. agus gu sònruichte thuirt e ri Simeon agus Lebhi gu'n d'thug an cruadal duineil a nochd iad 'an aobhar am bràthar Beniamin, air falbh gu tur an diumb a bh' aige dhoibh arson an giùlan mhi-chneasta dha fein.

'Nuair a thraigheann an othail air gach taobh, 's a bha iad nan suidhe ann an talla Ioseiph, labhair e riu air an dòigh so.

Mo bhràithrean gaolach, cha 'n 'eil e'm chom-as an toil-inntinn a thug ur spéis do Bheniamin an diugh, 'ainmeachadh. Tha deadh fhios agaibh nach b' ann gun chion-fàth a bha amharus agam mu'r gràdh do shliochd Racheil. Chum dearbh-adh a thoirt domh sa chùis so, dhealbh mi 'n t-innleachd leis an do nochd ur deadh bheus e fein gu gaisgeil. A Reubein, is airidh thu air mo thaing a's mó, arson a chaoimhneis a nochd thu dhomh aig Dotan; ach cha b' fheairde sinn an diugh nan soirbhicheadh le d' rùn : Am feadh a bha sealladh agamsa o neamh a nochd dhomh toil De, mu m' thimchioll fein, agus a dh' aom mi chum aontachadh leis na bha 'n dàn tachairt domh. Air leam nach 'eil gnùis Shimeoin agus Lebhi saor o chàileigin de eagal. O mo bhràithre, fògraibh uaibh gach iomaguin. Bu mheasa mi na ana-creideach, mar daighnicheadh ur seirc dhuineil an diugh do Beniamin, sibh ann am mheas. Seadh, mo bhràithre, cuiridh mi mòr earbs' á treubhantas gaisgeil Shimeoin agus Lebhi.

Chunnaic mi na h-uiread de laimh Dhe ann am ghnothaichibh, 's gu'n do chaill mi sealladh air dara aobhair; no gur mòid mo ghràdh dhoibh, a chionn gu bheil mi fiosrach gu'm bi agartas goirt an co'-lorg droch rùin. Tha mi'g aideachadh gun amharus, gu'n robh 'ur rùn olc san àm, ach bha rùn Dhe math. Agus bhithinn ro chiontach an làthair Dhe, mar bithinn làn toilichte leis na meadhona a ghnàthaich e chum mis' àrdachadh.

Gu deimhin, mo bhràithre, tha gach dochair a chaidh seachad, leamsa, mar nach biodh iad idir ann; agus tha aoibhneas orm fhaicinn gu bheil spiorad Abrahaim, Isaaic, agus Iacoib, gu soilleir ri fhaicinn na shliochd. Olamaid gu cridheil deoch-dhì-chuimhn' do gach droch ni a chaidh seachad. Agus a nis, mo bhràithre, tha sibh a' faicinn na rinn Dia, ach theagamh nach 'eil sibh fhathast fiosrach air an aobhar. Tha mis an so air m' àrdachadh gu inbhe agus urram san Eiphit; cha'n ann air mo shon fein, ach air bhur sonsa, agus air son tighe m' athar, chum moràn sluaigh a ghleidheadh beo. Tha dà bhliadhna do'n ghainne air dol thairis. Cha d'éirich an abhain an uraidh mar dhà-throidh-dheug g'a h-àirde ghnàthaichte; agus am bliadhna tha i ochd-troidhe-deug fodha. Tha cùig bliadhna eile ri teachd anns nach bi aon chuid cur no buain. Air do'n chùis a bhi mar so feumaidh sibh striochdadadh do'n ni' tha orduichte; agus feudaidh sibh fhaicinn gu'n d'aom Dia ur droch rùn chum leas Israeil a chur air aghaidh. An déigh dhuibh fois a ghabhail car latha no dhà maille riumsa, théid sibh dhachaidh a dh'ionnsuidh Iacoib, m' athair, agus innsibh dha gach ni a rinn Dia air

mo shon an tir na h-Eiphit. Mar rinn e mi mar athair do Pharaoh, agus a'm' uachdaran air an rioghachd uile. Innisibh dha gu bheil mi toirt cuire do thigh Israeil uile iad a thighinn a dh'-fhuireach san Eiphit, gus am bi a' ghorta thairis. Agus feuch, cuiridh mi libhse carbadan eutrom a dh' iomchar m' athar, 'ur mnathan, agus 'ur clann bheag, chum an toirt a nuas do'n Eiphit.

Mu'n àm so bha fios ann an tigh Ioseiph gu'n robh a bhràithre air teachd; chaideh'n teachdair-eachd o aon gu aon air an t-sräid mar dhealanach, gus an cual' am baile uile e. Bha aiteas mòr air muinntir a' bhaile, 's a chum am meas a bh' ac' air an àrd-uachdaran a nochdadhl chuir iad suas tein-éibhin anns gach sràid, bheum iad na cluig, agus ghnàthaich iad gach àbhachd a bha san àm sin aithnichte. Bha gàirdeachas air Pharaoh fein 'nuair a chual' e gu'n d'thainig bràithrean Ioseiph do Mhemphis.

Dh'àithn Ioseph a nis Manaseh agus Ephraim a thoirt d'a ionnsuidh, agus chuir e 'n làthair a bhràithrean iad; agus bha aiteas mòr air Asenat arson i dh'fhaighinn a choilion bràthair tlachdmhor. Thug Pharaoh àithne do Ioseph e chur lòn agus carbadan iomchuidh chum Iacob, agus a theaghlaich a thoirt a nuas, agus cuireadh a thoirt dhà o'n righ fein, agus dearbh-chinnt a thoirt dhà gu'm faigheadh e dion agus-teachdan-tìr am feadh 's a mhaireadh a' ghorta. Rinn an righ gu glic air an dòigh so, chum nach biodh cuir-iomachuir aig aon neach farmadach ri Ioseph, arson aon chaoimhneas a rachadh a nochdadhl do theaghlaich Israeil.

Air dhoibh dà là a chur seachad gu sòghail

maille ri Ioseph, 's a chunnaic iad gach ni ion-gantach agus luachmhòr 'am baile mòr na rioghachd, chuir e air falbh iad, an déigh dha comhairle chairdeil a thoirt doibh.

An déigh na suipearach, an oidhche mu'n d'fhalbh iad air an turus, thuirt Ioseph riu, Mo bhràithre gaolach, tha sibh a nis a' dol a dh' ionnsuidh an athar is fearr agus a's urramaiche, gu naidheachd gu'n d'fhuaradh a mhac, a bha co fad' air chall innse dha. Bithidh sibh faicilleach, tha dòchas agam, mar leigeas sibh ris da a' chùis; air eagal gu'm bi sgeula mo bheatha cho docharach dha 's a bha sgeula mo bhàis roimhe so. Deanaibh e le cùram a chuid 's a chuid. Math a dh'fhaoidhте gur éiginn duibh an fhìrinn uile mu thimchioll ur ceud oidheirp a'm' aghaidh-sa innse dha, chum a shoilleireachadh dha mar tha mi fhathast beo. Ach, a bhràithre, na bithibh a' cuir-iomachuir air a chéile : cuimhnichibh gur h ann o Dhia a thainig e. Tha co'-mhothachadh agam leatsa, a bhràthair Iudaih, fo throm challdach do dhà mhic. Ach tha mi roi'fhaicinn gu'n bi Iudah àrd ann an tigh 'athar, agus is ann o do shliochdsa a thig iad a tha ri riaghladh. Dì-chuimhnichibh gu tur na nithe a dh'fhalbh, agus bithibh gu cairdeil caidreach mu chéile. Am feadh 'sa bhios sibh a dh'aon rùn, mar bha sibh gu duineil, an latharoimhe, an aobhar mo bhràthar Beniamin, cha d'thoir cumhachd air thalamh buaidh oirbh; ach mar bi sibh aon-sgeulach, bithidh e so-dheanta buaidh a thoirt oirbh.

Tha sibh ri imeachd am màireach : ach cha téid sibh air falbh falamh. Gu ma deònach

leibh so a ghabhail, mar chomharradh beag air mo spéis do chloinn m' athar. Le so a ràdh thug a do gach fear aca dorlach mòr airgid agus culaidhean aodaich, ach thug e a thri uiread do Bheniamin 's a thug e do aon fhear eile : luchdaich e mar an ceudna deich asailean, leis na nithibh a b' fhearr san Eiphit, mar thiodhlac d'a athair; agus deich eile le biadh fallain agus sòghmhòr a bhiodh ac' air an t-slighe. An sin bheannaich e iad, ghabh e 'chead diubh, agus dh'fhàg e iad a dhol far an robh Asenat, a chéilidh gràdhach, a dh'innseadh an iomlain di.

AN T-OCHDAMH EARRANN.

BHA 'm priomh athair urramach, mi-fhoighid-neach mu theachd air ais a chuid mac, agus iomaguineach mu Bheniamin, na sheasamh air uchdan àrd dlù air 'ionad comhnuidh, le shùil gu furachair air an rathad do'n Eiphit : 'nuair a chunnaic e a mhic fad as, ruidh e co luath 'sa leigeadh a neart leis, nan cò'dhail a chur fàilt orra. Smaointich e 'na chridhe, an d'fhuair mo mhic deadh-ghean o àrd-uachdaran na h-Eiphit, gu 'n d'thainig iad co luath agus co tearuinte air an ais. Gu ma beannaichte gu'n robh Dia m'aithriche, a chuir co sàbhailte dhachaидh sibh. Agus gu ma beannaichte gu'n robh 'n duine, uachdaran na tire, a bhuin gu séimh ri Beniamin maoth. 'S ann mar so a labhair e mach taingealachd a chridhe, am feadh a bha a chuid mac a' teachd am fagus, agus a' fuasgladh

an cuid asail. Gu faicilleach dh' fhàg iad na carbadan as an t-sealladh, fo riaghladh àraidh, chum gu'm bu lughaid ioghnadh an athar, gus an innseadh iad gu fòill an ait-theachdaireachd na chluasaibh aosda. 'Nuair a ràinig gach ni, an sprèidh, na seirbhisich agus an lòn nan àite iomchuidh, gus an d'thigeadh àm freagarrach, thainig a mhic am fianuis an athar urramaich, chum, maille ris-san gu'n d'thugadh iad suas iobairt bhuidheachais do 'n Dia sin a thug o'n tigh iad ann an sìth, agus dhachaидh gu tearuinte; oir o shean bu mhiann leis a ghineil chràbhach Dia aideachadh anns gach sochair. 'Nuair a chriochnaich iad an aoradh diadhaidh, 's a chaidh deatach na tùise suas maille ri taing ealachd agus aoradh iriosal, chruinnich am priomh-athair a theaghlach uile, eadar mhic, uigheana, agus odhachan, agus le mòran seirc chuir e fàilt a rithist orra; agus dh'fhiorsaich e dhiubh ciod a thachair dhoibh o chaidh iad sios do'n Eiphit. A Iudaih, a deir e, chaidh thus' an urras arson do bhràthar Beniamin; innis domh, a mhic, cionnas a choilion thu do ghealladh?

Athair, arsa Iudah, 's ann le taitneachd a dh'fheudas mi innse dhuit gu'n robh againn turus tearuinte agus sòlasach; agus co luath 'sa ràinig sinn, chaidh ar toirt am fianuis an uachdarain, a thuig sinn a bhi na dhuine tuigseach agus daonnachdail, comasach air thruaige a cho'chreutairean a mhothachadh. Co luath 's a thuig e gu'n do choilion sinn ar cuidne de'n chùmhñanta, dh'òrduich e ar bràthair Simeon a bhi air a liubhairt duinn. Dh'fhiorsaich e gu

caoimhneil mu thimchioll ar slainte o'n chunnaic e roimhe sinn ; gu sònruichte mu thiomchioll ar n-athar aosmhoir, ar mnathan agus ar sliochd ; 'an aon fhacal, air leinn gu'n robh na h-uiread chùram aige dhinn 's ged a b'e ar bràthair e. Cha'n urrainn duit a smaointeachadh an tlachd leis an d'amhairc e oirnn, agus an fhàilt a chuir e air ar bràthair Beniamin. Cha 'n e mhàin gu'n d'thug e airgiod ar sìl duinn air ais, ach bu deònach leis am barrachd airgid agus culaidh aodaich a thoirt do gach fear againn, agus do Bheniamin thug e tri cheud bonn airgid agus cùig culaidhean riomhach, osbari air gibhte luachmhor dhuitse, a nochdas sinn duit sa mhadainn am màireach.

Gu ma beannaichte gu'n robh an Tighearna Dia ! *arsa Jacob*, a thug dhuibh na h-uiread de dheadh-ghean an sùilibh an duine. Agus O gu'n robh gach caoimhneas a bhuilich e oirbhse, a mhaca, air an ath-dhioladh dha a dheich uiread, le Dia cumhachdach Iacoib ! Bu bheag m' aobhar eagail umads' a Bheniamin ! Bha mo chridhe air chrith gu'n éireadh dochann duit a mhic ! agus bha mi am barail nach robh mi comasach air do chall fhlàng. Ach tha fios agaibh, a chlann, gu'n robh calldach Ioseiph 'ga m' dheanamh ni bu ghioragaiche, na theagamh a bhithinn. Bha gràdh agam air arson a mhàthar ; chunnaic mi mòran taitneachd ann, agus air leam gu'n robh mi faicinn spiorad fàisneachd sna bruadair a dh'aithris e dhuinn. Gidheadh an déigh nan nithe sin uile, chaidh Ioseph a reubadh as a chéile.

Cha deachaidh, athair, a deir Simeon, Ioseph

a reubadh as a chéile. Buinidh e dhomhs' a nis rùn-diomhair na h-aingidheachd fhoillseachadh, nach b'urrainn Israel smaointeachadh gu'm biodh a mhic ciontach dheth. Chuir a bhruadar, athair, mosgladh fodhainn ; agus thuig sinn nam maireadh e ann an tìr Chanaain, gu'm bio-maid fo 'smachd, chuir sinn romhainn a mharbh-adh. B'e so ar ceud rùn, oir tha mi nis co mothachail m'an olc 's nach iarr mi a lughdach-adh. Sheas Reuben a mhàin an aghaidh a ghniomh ghràineil, agus leis a sin chuir e e fein an cunnart ar corruiich. Gidheadh bha ar n-oidheirp air a bacadh, agus an ionad a chur gu bàs, reic sinn e ri ceannichean Midianach. B'e chòt' a bhi air a thumadh ann am fuil, inn-leachd a thùr sin chum ar ciont a chleth. Och ! athair, na h-agair do mhic, oir 's daor a dhìol sinn e. Dh'oibrich ar ciont an t-agartas coguis is cràitiche ; agus cha 'n urra dhuinn gruaim ar n-athar fhulang. Ach cha 'n 'eil Ioseph ann, a Shimeoin, a deir Iacob,—Tha Ioseph am dhi, agus ciod an coi'leasachadh is urrainn duibh a dheanamh dhomh ? Ge nach do reubadh as a chéile e mar shaoil mi, feudaidh e bhi 'n ciomachas ann an tìr eiginn fad as, far nach faic mise gu bràth e. Cha 'n 'eil e, a deir Iudah, na phriosanach ; chunnaic sinn e, dh'f'hàiltich sinne e, agus bha sinn a' cainnt ris. 'S esan a tha na àrd-uachdaran air iompairreachd na h-Eiphit uile. Och ! ciod a tha thu ag innse dhomh ? a deir am priomh-athair, 's e tuiteam sios na ionad suidhe. 'Nuair a bheothaich e beagan thuirt e, A' bheil Ioseph beo ? Am feud e bhith ? Ma tha e beo, O ! gu'm faighinn aon uair a' m' ghlac-

aibh aosda e. Tha e beo ! 'athair, a deir Beniamin. Tha Ioseph mo bràthair beo ! Phòg mi e. Ghuil e air mo mhuineal, agus ghuil mis airsan ; agus chuir e leamsa cuireadh a d' ionnsuidh thu dhol agus còmhnuidh a ghabhail maille ris san Eiphit gus an tig crioch air a' ghorta, a mhaireas cùig bliadhna fathast.

O a Bheniamin, ciod a tha thu 'g ràdh ? A bheil thu cinnteach gur h-i 'n fhìrinn a chanadh leat ? Chunnaic mi a chòta ioma-dathach, reubta as a chéile, air 'eabradh na fhuil. Cionnas a tha e fhathast beo ? Cuimhnich, athair, na thuirt Simeon an ceart uair, gu'n do mharbh iad meann òg, gu'n do thum iad an còta anns an fhuil agus gu'n do liubhair iad dhuitse e. Tha Ioseph beo, agus tha e na àrd riagh'l'ear air tir na h-Eiphit uile. Osbàrr chuir e carbadan chum thu fein agus gach ni a bhuineas dut a ghiùlan sios do'n Eiphit ; oir dh'innis e dhuinn gu bheil cùig bliadhna gorta fathast ri teachd, anns nach bi aon chuid cur no buain.

Tha mi taingeil arson gu bheil e beo, a deir Iacob, cha 'n 'eil umhaill agam d'a mhòr-chuis. Ach 's leoir e gu bheil e beo. Builichidh mi am beagan a tha romham de m'bheatha a dhol air thurus a chur fàilt air mho mhac. 'S mòr a chaoi dh a rin mi air do shon, a mhic ! Ach, O mo Dhia ! ceadaich dhomh ach a mhàin iathadh ann am ghlacaibh, agus grad dhi-chuimhnichidh mi gach cumhadh agus bròn a rin mi as a leth. Théid, a Ioseph, mi ga d' fhaicinn ! Tha Israel a' dol a chromadh sios air a mhuineal-san a sgaradh o a bràithribh. Deanaibh deas, a chlann, chum gu'm falbh sin gun dàil. Tha

snàthain mo bheatha dlù air ruith a mach. 'S éiginn na ni mi a dheanamh gu grad, mu'n glac am bàs mi.

Ach, O a chlann ! tha eagal orm gabhail ri cuire Ioseiph air 'ur sonsa agus air son 'ur cuid cloinne. Ciod an t-aobhar a th' agad na aghaidh ? a deir Reuben. Tha pailteas ann an tir na h-Eiphit. Tha siol, fion, agus oladh, air an tasgadh suas le cùram freasdalach Ioseiph. 'S e 'm pailteas sin roi' bheil m' eagal, a mhic ; agus gu'm feud e bhi co cronail d'ar beusaibh 'sa bhiodh a ghorta d'ar teaghlaichibh. Ciod nan deanadh am pailteas coirce agus feòla a tha 'n sin a thoirt air mo shliochd socrachadh san tìr choigrich sin, agus cur an aghaidh rùn an Tighearna, le 'r cur 'an seilbh air tìr Chanaain. 'S ann a tha m' eagal d'ar taobhsa, a chlann. Tha sibhs' òg, agus comasach air toileachadh saoghalt' a mhealtainn. Nan rachainnse a'm' aonar a dh'fhaicinn mo mhic, bhiodh an cunnart ni bu lugha, leis mar tha mi aosmhor, neo-chomasach air toil-inntinn a shealbhachadh. Ach cha robh Iacob na urrainn cur an aghaidh dian-earail a chuid cloinne, gu h-àraidh Beniamin, a thagair gu dùrachdach gu'm feudadh e dol ann, agus a chuid eile d'a làithibh a chaitheamh dlù air a bhràthair Joseph.

Ro mhath, a chlann, théid mise libh, ach tha mi 'g asluchadh oirbh air an ainm is àirde, nach smaointich sibh air tuineachadh, san Eiphit, no sibh fein a cho'mheasgadh maille ri gineil Haim.

Dh' éirich e gu moch air an là màireach, e fein, a mhic, mnài a mhac, agus an clann, agus dh'imich iad o choimhearsnachd Shaleim, air dhoibh air tùs iobairt mhaidne thoirt suas air

an altair El-elohe-Israel, agus ràiniig iad air an là sin tobar-nam-mionn, far an do sgaoil e a bhùth, agus ghabh e mu thàmh an òi'che sin anns an doire a shuidhich Abraham, agus far am bu ghnà leis ùrnuighean maidne agus feasgair a thoirt suas do'n Tighearn a Dhia. An sin thug Iacob, maille r'a theaghlaich suas iobairtean do'n Dia is ro àirde. Agus feuch ! ann an dara faire na h-oi'che, bha pobull Israel air a shoillseachadh le solus mòr neamhaidh, gu mòr ni bu shoilleire na ghrian aig àird a mheadhon là ; agus chual e guth nach robh 'na aineol air, ag ràdh, A Iacoib, a Iacoib. Fhreagair athair an t-sliochd thaghta. Tha mi 'n so ! *Labhair a Thighearna, tha t-òglach a'cluinntinn.* Fhreagair an guth, Na biodh eagal ort, a Iacoib, oir is mise do Dhia, Dia t-aithriche Abrahaim agus Isaac. Chunnaic mi t-iomaguin mu thimchioll do chuid cloinne, agus is taitneach leam do chùram diadhaidh mu ghealladh do Dhe. Ach, tuig, O Iacoib, gur e do Dhia a sgar Joseph o 'bhràithribh chum a dheanamh na athair al-truim do thigh Israel. Thug mi dha urram, saibhreas agus cumhachd, ann an tìr na h-Eiphit air do shonsa, a Iacoib ; chum trid-san gun tear-uinn mi sluagh mo choi'-cheangail. Na biodh eagal ort, uime sin, do shliochd a thoirt sios do'n Eiphit far a' bheil am pailteas. Tarlaidh do Dhia, O Israel, riut san ionad sin, oir theid mi sios leat, agus air do sgàth-sa fiosraichidh mi 'n Eiphit. An sin ni mi do shliochd lionmhor, agus coi'lionaidh mi gach ni a labhair mi ri Abraham umpa. 'Nuair a ni mi cinneach mòr dhiot, bheir mi do ghineil a mach le iongantasaibh agus comh-arraibh anns na neamhaibh shuas, agus air an

talamh a bhos ; seadh, le laimh chumhachdaich sìnte mach saoraidh mi do shliochd. Air do shon fein, gheibh thu bàs ann an deadh shean aois ann an tìr choigrich ; agus do mhac a chaidh 'fhògradh uait druididh e do shùilean aig àm do bhàis. Gabh, uime sin, ri cuire Ioseiph agus theirig sios do'n Eiphit, le làn mhuinghinn á làthaireachd agus tearmunn Dia t-aithriche. Le so a ràdh, dh'fhalbh an taisbean. Dh'eirich Iacob sa mhadainn, agus dh'fhalbh e le 'mhic, le nigheana, agus le'n cloinn bhig, an spréidh agus a mhaoin uile a bh' ac' ann an tìr Chanaain, agus ghabh iad an turus do 'n Eiphit. Thug an sealladh a chunnaic Iacob mòr mhisneach dha, agus dh'imich e gu sunndach air a thurus, gus an robh e mu leth na slighe, 'nuair a chuir e Iudah agus Naph-tali air thoiseach air a dh'innse do Ioseph gu'n robh 'athair a' teachd : agus cho luath 'sa chual' e sin, thug e leis àireamh mhòr de sheirbhisich fhoghluimte ùmhail g'a choinneachadh, agus chum an còmhnad air an t-slighe. Choinnich iad a chéile aig baile Heropolis, far an robh Ioseph aithnichte mar fhear-teasraiginn na h-Eiphit. Bha 'n t-athair agus am mac 'gan neart-achadh fa chomhair na coinneamh. Gidheadh a dh'-aindeoin na b' urra dhoibh a dheanamh cha robh nan comas nàdur a chumail fodha. Thainig Ioseph gu h-ùmhail iriosal 'an co'dhail 'athar, thuit e aig a chasaibh, chum a bheannachd 'aslachadh ; ach leis an othail a bh' air cha robh e 'n comas da facal a ràdh ; bha Iacob toileach air a mhac a thogail, ach, air d'a aiteas a bhi co mòr, 's ann a thuit e sios r'a thaobh 'sa cheann air ceann a mhic, agus bha iad air so rè tamuill gun

chainnt, ni a chuir maoim agus clisg air na cairdibh uile, an t-eagal gu'n cuireadh na h-uiread ghairdeachais nàdur as a céill, agus nach mosgladh iad tuille ann an tìr nam beo. Fa dheire fhuair gach cridhe an luchd a bh' air a thaosgadh a mach ann an deuraibh paitl, a shil an t-athair air a mhac, agus am mac air an athair. 'Nuair a fhuair iad comas labhairt, cha chluinnte ach O mo mhac ! O m' athair ! a mhic ! 'athair ! gus an do thraoigh an deòthas. An sin bha'n cridheachan araon air am mosgladh suas le aideachadh taingeil mu mhaiteas De na fhreasdal cùramach, a bheannaich iad le coinneamh ris nach robh aon uair fiuthair aca. 'Nuair a leig 'athair as e, chaidh e gu grad a chur failte air mnathan a bhràithrean, agus O co beadarrach 's a chuir iad furan air a chéile ! B'e O mo Ioseph ! mo Shuah ! mo Ioseph ! mo Thamar ! mo Ioseph ! mo Shilah ! &c. &c. na bh' aca ri ràdh. Agus air an dòigh cheudna rachadh iad air an aghaidh gu dol fodha na gréine mur cuireadh Iudah nan cuimhne gu'm b'éiginn doibh triall air an turus.

Chomhairlich iad gu'n gabhadh Jacob agus a chuideachd an turus gu h-athaiseach, mar dh' fheudadh iad ; agus gu'n rachadh Ioseph agus cuid d'a bhràithribh air an aghaidh gu Memphis, chum gu'n innseadh iad do'n righ gu'n robh 'n athair a' teachd. Thagh e, uime sin, cùignear d'a bhràithribh, agus dh'fhalbh iad ; agus co luath 'sa ràinig iad, thug e'm fianuis an righ iad, a bha ro thoilichte gu'n d'thàinig iad. Ma bha'n Eiphit co sealbhar le aon Eabhruidheach a bhi san rioghachd, nach mòr an tairbhe a shruthas o theaghlaich Israel uile a bhi nar measg ? Ciod

is ceaird duibh, mo chàirde, a deir an righ. Fhreagair Ioseph air an son, Le cead do mhòrachd, is buachaillean mo bhràithre. 'S ann mu thimchioll sprèidhe a bha iad o aois an òige. Smaointich Ioseph gu'm b'fhearr dha fein freagradh air an son, chum gu'm faigheadh e'n cur gu còmhnuidh ghabhail ann an *Gosen*, maille r'an athair, air leth o na h-Eiphitich; agus chum nach gnàthaicheadh Pharaoh iad ann an dreuchdaibh riaghlaidh, chum mi-thlachd a chur air na h-Eiphitich.

An sin a Ioseiph, a deir an righ, m'as buachaillean do bhràithre, bu mhath leam gu'n socraicheadh tu iad far am faigheadh iad pailteas feòir d'an cuid sprèidhe. Ciod i do bharail mu *Ghosein*? A deir Ioseph, A roghainn air gach àite, m'as e toil an righ, e, ghabhainn-sa *Gosen* mar ionad còmhnuidh dhoibh. Ro mhath, ars' an righ, gabhadh iad còmhnuidh ann an *Gosen*; Agus bheir mise dhuit fo m' làimh sgriobhaidh còir air sin a dheanamh.

'Nuair a thainig Iacob, agus a theaghlach do Mhemphis, chaidh 'n cur do *Ghosen*, far an robh an deadh sheann duine Potipherah 'gam feitheamh, agus a shònraich ceithreannan iomchuidh dhoibh ann an *Heliopolis*. Chaidh Iacob do thigh Ioseiph, far an d'fhuaire e gabhail ris le anabharra taitneachd o Asenat, a dh' asluich gu dùrachdach air a dà ghlùn a bheannachd. Rinn Manaseh agus Ephraim pris agus beadradh mòr d'an sean-athair, a theannaich gu caidreach r'a uchd iad.

Air dha giullachd mhath fhaotainn, agus fois shocair an déigh a thuruis, bheothaich a neart,

agus thug Ioseph leis 'athair chum a nochdadadh do'n righ, a bh'air a bhualadh le fiamh eireachdail a choslais. Bha e, le ioghnadh, na thosd ré seal, gus an do labhair Iacob fein 'sna briathraibh a leanas. Beannaichte gu'n robh an Tighearna Dia nèimh agus na talmhainn, a thog suas Pharaoh gu bhi na athair-altruim do ioma rioghachd mar air an là 'n diugh. Agus beannaichte gu'n robh Pharaoh leis an Tighearna mo Dhia, a nochd caoimhnèas do 'm Ioseph maoth a bh'air 'fhògradh, agus do shliochd Israeil air sgàth Ioseiph. Gu'n robh do rioghachadh buan agus buadhar; agus gu'n robh sìth a chòmhnuidh ann ad chòm rioghail. Agus gu'm builicheadh an Dia sin tre a' bheil thu san àm a rioghachadh. coron fireantachd ort 's na neamhaibh shuas, an déigh dhuit an crùp neo-chinnteach so a thoirt suas do d' oighre. Air sgàth Ioseiph, a deir an righ, tha mi cur failt air 'athair, agus ag innse dha gur e bheatha am *mùr* rioghail Mhemphis. Ach guidheam ort, a shaoi aosda urramaich, an cead leat 'innse ciod is aois duit? Cha chuimhne leam gu'm faca mi riamh coslas co urramach.

Fhreagair Iacob, Cha 'n 'eil làithe bliadhnaidh' mo chuairt ach tearc agus olc; tha mi a' dol a m' shèa fishead 'sa deich bliadhna; ach dh' fhàg a choilioni sgorradh a thàin' am charamh, neul na h-aois orm roi 'n àm.

Fhreagair e le mòr ioghnadh, ag ràdh, An e nach 'eil thu meas na h-aoise sin mòr? Bu mhòi an t-iongantas leinne fear fhaicinn a bhiodh beo co fad' ann an tìr na h-Eiphit.

O a righ! a deir Iacob, theagamh gu'm measar

le cuid gur aois mhòr i, ach leamsa, a mhair m' athair agus mo shean-athair, corr agus ochd fichead bliadhna 's a deich, cha mhòr i. Bha Abraham, mo shean-athair beo gus an robh e ochd fichead agus cùig-bliadhna-deug a dh'aois; agus mhair Isaac m'athair beo gus an robh e naoi fichead agus cùig bliadhna dh'aois; air chor 's nach d'ràinig mise aois m'aithriche.

Abraham, a deir an righ, le càileiginn de ioghnadh; tha seanachas againn mu fhear d'am b' ainm Abraham, duine foghainteach, a thug buaidh air feachd aontachail ioma righ. An ann d'a shliochd thusa? M'as ann, bu mhiann leam fios cinnteach fhaotainn mu fhìrinn na cùise; a chionn gu'n do mheas mi riamh e mar fhaoin-sgeul, nach b' airidh air creideas.

Cha sgeula faoin idir a th'ann, a deir Iacob; b' ann mar so a thachair. Ann an làithibh Amrapheil, righ Asiria, rinn e fein agus righre eile a bha'n co'bhoin ris, cogadh ri Bera righ Shodoim, agus na maithean a bha 'n cairdeas ris; chuir ceithir righrean am feachd r'a chéile, agus choinnich iad cùig righre Shodoim, Ghomoraih, &c. ann an gleann Shidim, far an do chuireadh an ruaig air feachd Shodoim, agus rinn iad na h-uiread dhiùbhail orra, 's nach b' urrain iad seasamh nan aghaidh, agus b' éiginn doibh sìth 'asluchadh; ni nach faigheadh iad ach air chumhadh bhi fo chìs doibh. B' éiginn doibh gèilleadh dha so, ge bu chruaidh e. Dh'iochd iad cìs dhoibh rè da-bhliadhna-dheug, agus air an treas-bliadhna-deug, rinn iad ar-amach nan aghaidh, agus cha dioladh iad a' chìs ni b' fhaide. Air an aobhar sin thainig

na h-Asirianaich a bha'n co'bhoinn a rìs nan aghaidh, agus thog iad creach nan cinneach a bha'n cairdeas ri muinntir Shodoim, Ghomor-aih, &c. Dhrùigh am fearg air na Rephaim-ich, na Susimich, na h-Eimich na Horich na h-Amalecich, agus na h-Amoraich. Fa dheireadh, air do rìghribh Shòdoim armait mhòr a chruinneachadh, chaith iad a mach nan aghaidh, agus chuir iad an cath ann an gleann Shidim. Ach mar dh'éirich roimhe dhoibh, cha b' urra' do mhuinntir Shodoim seasamh an aghaidh feachd Asiria. Thuit mòran diubh sa chath, agus chaith 'n ruaig air a chuid eile; chaith Sodom a chreachadh agus a shlad, agus chaith Lot, mac bràthar Abrahaim a thoirt an ciomachas. Co luath 'sa chuala mo shean athair gu'n robh a charaid am bruid, chuir e roimhe gu'n saoradh se e; chuir e fo 'n làn armachd tri cheud agus ochd fir-dheug, de dhaoine gramaill, a rugadh na thigh fein; chaith e air an tòir gu Dan, far an d'fhuair e iad gu neochùramach gun umhail, ri làn-aighear agus ri sùgradh. Chuidich dorchadas na h-oi'che le 'oidheirp; roinn e 'fheachd beag nan tri cuid-eachdaibh, dh'aithn e do dhithis diubh iad a dhol agus ionnsuidh a thoirt air a champ air an taobh thall, am feadh a bheireadh e fein oidheirp air an taobh a b'fhasige dha. Cha luaithe chaith 'n iorghuill feadh nan Asiranach, na chual' agus a dh'aithnich Lot cainnt nan Eabhruidheach. Chuir iad na priosanaich uile fa sgaoil, agus dh'armaich iad iad le aim nan Asiranach a chaith a mharbhadh. 'Nuair a

dhlùthraig iad ri muinntir Abrahaim, thug iad sgrios air na h-Asirianaich, agus thuit na mìltean diubh sa chasgradh. Dh'iarr iadsan a theich as a champ tèaruinteachd o luas an cas, agus lean iad iad gu Damascus; lean Abraham an ruaig co duineil, 's gu'n d'thug e o na creachadairean gach priosanach, agus gach ni a thug iad as na bairlibh a chreach iad; agus léir-sgrios iad na ceithir creachadairean. Bha mi daonna am barail, a deir an righ, gu'n d-thainig Ioseph o dhaoinibh foghainteach; agus tha do chunntas-sa mu Abraham 'ga dhearbhadh. Sholair do theaghlaichsa, mo dheadh charaid aosda, fear-teasraiginn do'n Eiphit ann am pearsa Ioseiph, agus cha chòir dhuinn a chomain a dhìoladh air dhòigh a's lugha, no 'n aire thoirt do theàghlach 'athar rè àm na gainne. Imich, a dhuine chòir, gabh còmhnuidh san tìr, 's a chuid is taitniche leat di. Agus a Ioseiph, cuimhnich gur i toil do righ, gu'n dean thu uidheamachadh freagarrach do theaghlaich t-athar, agus g'un òrduich thu ionad còmhnuidh dhoibh a réir am miann.

Bha cruas na gorta aithnichte anns gach earrann de'n tìr, agus cha robh 'bheag de lòn ri fhaotainn ach na gheibhte a tighe-taisg Ioseiph, leis an d'fhàs ionmhas an righ ro shaibhir. Chruinnich e'n toiseach gach airgiod a bha san Eiphit an iomlaid sìl; 's an uair a theirig airgiod, ghabh e'n spréidh 'na ionad; 's an uair a fhuair an righ an spréidh uile, thug iad an tràillean agus an ciomaich an iomlaid lòin. An sin reic gach duine 'fhearann saor chum biadh

a cheannach, agus fadheòidh thug iad iad fein suas nan tràillean do Pharaoh chum gu'm beath-aicheadh e iad le lòn iomchuidh. Mar so bu le Pharaoh tir na h-Eiphit uile, agus gach **ni** a bh' innte; agus cha d-fhàgadh aon ni aig neach a dh'fheudadh e a ràdh bu leis fein.

Thainig crìoch air an t-seachdamh bliadhna de 'n ghorta, agus thug Ioseph gairm, a' toirt cuire do gach neach seilbh a ghabhail san fhearrann a bh' aige roimhe; iad a theachd a dh'fhaighinn siol-cuir á tighean-taisg an righ, agus iad a chur am fearainn. Thug e nis air an ais do gach duine, 'eich, a chàmhlaile, agus a bhuar, agus gach ni ris am b' éiginn doibh dealachadh ach an t-airgiad: Ach a mhàin gu'n d'òrduich e gu'n rachadh an cùigeamh cuid de thoradh na talmhainn a liubhairt gu neo-mhearachdach aig tigh-ean-stòir an righ. Ach cha robh am barrachd ioghnaidh air sluagh riamh na bh' orra 'nuair a fhuairead, gu'n fhiuthair aca ris, an cuid fearainn air ais, agus gach ni eile a bh' aca, o'n righ. Agus cha robh righ riamh ni bu toilichte le dèanadas àrd fhir-riaghlaidh na bha Pharaoh, le bhi faicinn tre ghliocais Ioseiph, gu'n robh a shluagh air an saoradh o dhaorsa, ni a chuir mòr urram air an righ. Le làn toil an righ agus a shluaign, chaidh a shocrachadh le lagh na rioghachd, gu'n sealbh-aicheadh an sluagh am fearann, agus gu'm bu le Pharaoh an cùigeamh cuid de'n fhàs am feasd.

Mu 'n àm so dh'fhàs Sabrina bean Photiphair ro thinn, dlù do'n bhàs; agus leis mar bha i socraichte ann an deadh-bheus, dh'iarr i gu'm faiceadh i Ioseph, chum gu'm biodh cothrom aic'

air a h-amaideachd 'aideachadh dha 'am fianuis a fir-phòsda, agus gu'n iarradh i maitheanas air arson gach trioblaid a dh'fhuiling e air a son.

O Ioseiph ! thuirt i, is lughà nàire peacadh 'aideachadh na bhi ciontach dheth. Cha ruig mi leas aingeachd mo thograidh ainmeachadh dhuitse, aig a bheil deadh fhios air. Bha mi toileach t-fhaicinn chum gu'n leiginn ris mo rùn duit am fianuis mo dheadh fhir, mu'm faigh mi bàs. Is ciatach leam an cruadal leis an do sheas thu 'n aghaidh a' bhuairidh leis an do bhuair mi thu. Tha mi o'n ùine sin ag oidheirpeachadh do dheadhbheus a leantuinn, agus tha e taitneadh gu math rium. Feudaidh mi innse dhuit, nan aontaicheadh tu le m' anamianna dian agus mi-laghail, gu'm biodh tu nis a'd' aobhar fuath leam, mar dh'innis thu féin domh san àm. Ach mo thruaighe ! 's ann duits' a bhuiineadh an deadh-bheus agus an t-urram air fad, an ciont', an nàire, agus an diùbhail dòmhosa. Agus am feud an t-àrd riaghlar maitheanas a thoirt do laigsinn boirionnaich a thug gaol a h-anma dha ? Am feud Sabrina dòchas a bhi aice gun d'théid i eug an càirdeas Ioseph chòir ? gu bheil gach fuath agus gamhlas air am fògradh o 'chridhe bàigheil, agus gur h-urrainn da maitheanas a thoirt do'n neach a's déine a rinn a gheur-leanmuinn ?

A bhain-tighearna, a deir Ioseph, tha gamhlas agus fuath an ainfhios do m' inntinn, agus bha chùis mar sin o thùs : an uair a bha mi fo chumhachd do mhì-ruin, 's ann a bha thu ad chuspair air m' iochd. Mhothaich mi e mar olc deuchainneach, d'am b' fhearr dhomh géilleadh, na do olc

peacaidh. Mheas mi gu'n d' thugadh an Dia uile-làthaireach, tre mheadhon éiginn, math dhomhsa as an olc; uime sin ghiùlain mi leis gu neosmuaireanach. Bu mhi-naomhachd ro mhòr dhomhsa, nan di-chuimhnichinn na meadhona tre an d' àrdaich mo Dhia mi gu cumhachd, agus bu mhallaicht' an ni nan àraichinn fuath do na h-inneil a chunnaic esan iomchuidh chum sin a dheanamh. 'S ann as do leth-sa, a bhean uasal, a chuireadh sa phriosan mi, far an do thachair mi air a' ghille-chupain agus air an fhuineadair; far, mar an ceudna, a fhuair mi' cheud sealladh air m' Asenat ghràdhdaich. 'S ann mar sin a fhuair Pharaoh fios ormsa, agus a chaidh m' àrdachadh gu cumhachd; ionnas leis a mhòr mhaiteas a dh' éirich dhomh o'n bheagan ana-cothrom a rinneadh orm tre bharail mhearachd-aich mo bhana-mhaighstir, bu mheasa mi na anacreideach, mar tugainn o m' chridhe maitheanas do Shabrina. Bha aiteas orm ri' chluinntinn gu'n robh do dheadh-bheus air pilleadh chum a chleachdaidh ghnàthaichte; agus gu bheil t-aigne air a socrachadh air a cuspair iomchuidh; agus tha sòlas orm 'fhaicinn gu bheil thu san t-suidheachadh aithreachail inntinn so; oir ge b' e dh' aidicheas agus a thréigeas a pheacadh, gheibh e tròcair.

An uair a phill Ioseph dhachaidh, fhuair e duine bochd aig a dhorus, ag aslachadh deirc air a chuid seirbhiseach. Le 'choslas, chitheadh neach gu'm fac e làithean a b' fhearr, oir bha a dhreach eireachdail. Bhuilich na seirbhisich gu fiughantach air, agus chruinnich iad nam measg

leth-cheud bonn airgid da, agus chliùthraig iad d'an tighearn e. Bha Ioseph co iochdmhor, 's nach do dhruid e riamh a dhorus air an fheumach; gidheadh 's ainmig a dheònaich e cobhair, mu'n do rannsaich e m' an fheum.

Air do'n choigreach teachd na làthair, thuirt e ris caileiginn de chunntas a thoirt mar thainig e gu bochduinn.

A deir e, Is Ismaileach mi a thaobh breith, a bha ri ceannachd o thìr Ghileaid do'n Eiphit. O chionn beagan bhliadnaiche dh'fhàs mi ro shaibhir. Shanntaich mi dealachadh ris a chuideachd leis am bu chleachda' leam imeachd; a' smaointeachadh gu'n deanainn an tuille cabhaig a' m' aonar, seach a bhi cuibhrichte ri riaghailtean na mòrbhuidhinn. Ach ghrad mhothaich mi gu'n tigeasan a ni cabhag gu fàs saibhir an ùine ghearr gu bochduinn: oir a' cheud turus air an deachaidh mi le m' sheirbhisich fein, thugadh ionnsuidh fhiadhaich orm le cuideachda mhòr de chreach-adairean Arabach, a thug buaidh orm. Thug iad uam gach ni a bh' agam; chaidh mi fein 's mo sheirbhisich a ghlacadh, ar cur 'am priosan, agus bha mi air mo dhroch gnàthachadh leo am feadh a bha mi aca. Air an treas oidhche fhuair mi'm fàgail, ged nach robh e saor o chunnart. Choisich mi san oidhche, air dhomh a bhi mion-eòlach 'san fhàsach, agus ghabh mi fois ann an doire dlù uaigneach rè an latha, gus an d'thainig mi air criochaibh na h-Eiphit; thainig mi do bhaile mòr na rioghachd, far an robh fiuthair agam gu'm faighinn fuasgladh uapasan a bha 'm ainfhiach arson bathair a fhuair iad

roimhe sin. Ach, mo thruaighe ! thuig mi gu'n robh iad cho bochd 's nach robh ac' a bheag a gheibhinn. Rinn a' ghorta a bh' ann o chionn ghoirid, ioma duin' onarach neo-chomasach air 'fhiachan a dhìoladh. Bha mi gu cùramach ag iarraidh for'ais air òganach àillidh Eabhruidh-each, a thug mi nuas do'n Eiphit, agus a reic mi ri Potiphar, an t-àrd cheannard, o chionn fichead bliadhna. Tha làn chinnt agam, ma tha e fathast beo, gu bheil e ann an dreuchd mòr éiginn ; agus nan tàrlainn air, tha dearbh fhios agam gu'm fuasgladh e orm a' m' fheum.

Ciod is ainm dhut, a charaid, ars' an t-àrd-uachdaran ; agus c' ainm a bh' air an Eabhrui'-each òg ? Fhreagair e, 'S e m' ainmse Albhah, agus b'e ainm mo charaid Ioseph, mac Iacoib, Is mise Ioseph, a deir an t-uachdaran. Dh' amais thu air Ioseph, t-Eabhrui'each òg ; agus bithidh mis' 'am charaid do Albhah. Leum e gu grad d'a ionnsuidh, a' cur fàilte chridheil air ag ràdh. O m' Albhah ! mo charaid, is duilich leamsa do chor, agus tha eibhneas orm gu bheil e a' m' chomas do chòmhnad. Ach ceadaich dhomh sa cheud àite m' ainfhiach dligbeach fein a dhìoladh dhuit, airson an airgid a chuir thu dh' aindeoin orm an uair a bha sinn a' dealachadh, a thoirt duit. An sin dh' àithn e seachd ceud bonn airgid àireamh sìos do Albhah, ag ràdh ris, gun e ràdh facal na aghaidh, ach a ghabhail eadar riadh agus chalpa. Agus innis domhsa cò air a tha fiachan agad de na h-Eiphitich agus diolaidh mise dhuit e. Air a lionadh le taingealachd, cha b' urra do'n deadh

Ismaeileach facal a ràdh. 'S gann a bha fios aige co dhiùbh bu bhruadar a bh' ann no nach b' fheadh. Fa dheireadh, fhuair e comas labhairt le cead a thoirt do'n luchd a bh' air 'inntinn sile gu frasach; agus an sin thuirt e, Buidheachas do Dhia, fhuair mi thu, a mhic; agus is tu daonnaan Ioseph! Cha b'urrain saibhreas, no meud-mhòr do shubhailcean ^ a sgaradh o d inntinn luachmhoir.

A' CHRIOCH.

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

	s. d.
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, cloth,	2 0
Hall's (Newman) Come to Jesus,	0 6
Haughton's "A Saviour for You,"	0 2
Highlanders' Book of Days. A Birth-day Book in Gaelic and English,	3 6
History of Prince Charles, and Jacobite Songs, ...	3 0
James' Anxious Inquirer,	1 0
Job to Ecclesiastes, 12mo, bound, 0 6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, cloth,	... 1 6
Laoidean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, cloth,	0 6
Lessons on the Shorter Catechism, by Forbes, 18mo,	0 4
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4 0
Maccallum's Sop as Gach Seid, 18mo, 2 pts., each	0 3
Macdonald's (Rev. Dr) Waters of Jordan, 18mo,	0 2
Macdonald's (Rev. Dr) Poems and Hymns, ...	2 6
M'Innes, (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with preface by Professor Blackie,	1 0
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, cloth, 3 6
Mackenzie's, (J.) Beauties of Gaelic Poetry, large paper edition, royal 8vo, 21 0
Mackellar's Tourist's Hand-Book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation, ...	0 6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, sewed,	... 0 6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, half-bound calf, 18 0
MacLean and Macgregor's Gaelic Hymns, 18mo,	2 0
Macneill's Neniae, and other Poems, cloth,	... 2 0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, ...	3 6
Muir's Sermon "Cumail Gu Daingean samhladh Bhriather Fallain," translation by the Rev A. Macintyre, 0 2
Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo, 2nd edition,	6 0
... The same, large paper, 4to,	... 21 0
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, cloth,	3 0
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. MacColl, 12mo, 1 0
Proverbs of Solomon, 8vo, sewed, 0 2
Psalm Book, Smith's or Ross's, large type, 18mo,	2 0
Psalm Book, Gaelic and English, on one page,	... 1 6
Queen (H. M.) Our Journal in the Highlands, Illustrated, translated into Gaelic by Rev. I. P. St Clair,	3 6

Gaelic Books Sold by MacLachlan and Stewart.

	s. d.
Sankey's Hymns, translated by Rev. A. MacRae,	0 1
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ...	0 3
Smith's (Rev. Dr J.) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ...	2 6
... Gaelic Prayers for Families, <i>sewed</i> , 1s., cloth	1 6
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0 2

ENGLISH WORKS RELATING TO THE
HIGHLANDS.

Antient Erse Poems Collected among the Scottish Highlands, in order to Illustrate the OSSIAN of Mr Macpherson, 8vo, <i>sewed</i> , ...	1 0
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , ...	6 0
Brown's History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, with Port- raits and Tartans, by Keltie, 2 vols., 56s. for	40 0
Cameron's Gaelic Names of Plants, ...	7 6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols., <i>plates</i> , 28s. for	15 0
Macgregor's Life of Flora Macdonald and her adventures with Prince Charles, <i>cloth</i> , ...	3 6
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language, 8vo, <i>sewed</i> , ...	1 6
Mackenzie's Tales and Legends of the Highlands, ... History of the Macdonalds, 8vo, <i>cloth</i> , ...	2 6
... Prophecies of the Braban Seer, <i>cloth</i> , 1s.,	25 0
... History of the Highland Clearances	2 6
... The Isle of Sky in 1832-3, ...	7 6
Maclagan's Scottish Myths, Notes on Scottish History and Tradition, 8vo, <i>cloth</i> , ...	3 6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings; or, Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	7 6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian, 8vo, <i>sewed</i> , ...	0 6
Masson's Vestigia Celtica: Celtic Footprints in Philology, Ethics, and Religion, cr. 8vo, <i>sewed</i> ,	2 0

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
AT VARIOUS PRICES AND BINDINGS.
